

DAIN SPIORADAIL.

---

GRANT'S  
GAELIC HYMNS.

---

Price 1s. 6d. Cloth.

G. a. H.M. 222.  
 Scots p. 146


# LIST OF GAELIC BOOKS

*And Works on the Highlands*

PUBLISHED AND SOLD BY

MACLACHLAN & STEWART,

6  
 A libe  
 M'Al  
 ...  
 ...  
 ...  
 M'Le  
 Allein  
 ...  
 Alma  
 An T  
 Assu  
 Baxto  
 ...  
 Beith  
 Bible



I.  
 tation  
 s. d.  
 9 0  
 11 0  
 5 0  
 5 0  
 10 6  
 1 6  
 0 6  
 0 6  
 1 6  
 0 6  
 1 6  
 2 6  
 0 1  
 7 6

Blackie's (Prof.) Language and Literature of the Scottish Highlands, 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	6 0
Boston's Fourfold State, 12mo, <i>cloth</i> , ... ..	4 0
Bonar's (Rev. Dr H.) Christ is All, 18mo, <i>sewed</i> ,	0 3
... God's Way of Peace, ... ..	1 0
Buchanan (Dugald) of Rannoch's Life and Con- version, with his Hymns, 18mo, <i>cloth</i> ,	2 0
... The Hymns, separately, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0 3
Bunyan's Come and Welcome, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2 0
... World to Come, or Visions from Hell, <i>cloth</i> ,	1 6

64 South Bridge, Edinburgh.

# New Morrison

Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart.

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Bunyan's Grace Abounding, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... Pilgrim's Progress, ( <i>three parts</i> ) <i>cloth</i> , ...	2	6
... Water of Life, <i>cloth</i> , ...	1	0
... Sighs from Hell, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
... Heavenly Footman, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Burder's Village Sermons, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Catechism, Shorter, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
... Mother's, 1d. Gaelic and English, ...	0	2
... Brown's Shorter, for Young Children, ...	0	1
Confession of Faith, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Dairyman's Daughter, <i>sewed</i> , ...	0	4
Dàn an Deirg agus Tiomna Ghuill (Dargo and Gaul), with a new Translation, Notes, and Introduction, by C. S. Jerram, ...	2	6
Dewar's (Rev. Dr) The Gaelic Preacher, 8vo, ...	0	4
Doctrine and Manner of the Church of Rome, ...	0	3
Doddridge's Rise and Progress, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Dyer's Christ's Famous Titles, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	6
Earle's Sacramental Exercises, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Edwards' (Rev. Jonathan) Sermon, <i>sewed</i> , ...	0	2
Elegy on Dr Macdonald of Ferrintosh, 12mo, ...	0	6
English Poems, with Gaelic Translations, ar- ranged on opposite pages, 12mo, <i>Part 2</i> , ...	1	6
Finlayson, (Rev. R.) Brief Sketch of the Life of, by Rev. J. Macpherson, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Flavel's Token for Mourners, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	0
Forbes' (Rev. J.) Baptism and the Lord's Supper, ...	0	4
... An Lochran: Dialogues regarding the Church, ...	0	6
... Long Gheal: The White Ship; a Spiritual Poem, ...	0	4
Gael (The), a Monthly Gaelic Magazine, bound in <i>cloth</i> for 1873, 74, 75, and 76, each, ...	7	0
The same in Numbers, Monthly, each, ...	0	6
Gaelic First Book, 18mo, 2d.; Second do., ...	0	4
Gaelic Spelling-Book, 18mo, <i>cloth</i> , ...	0	6
Gaelic Tracts, 50 different kinds, <i>sorted</i> , for ...	2	6
Gaelic Tracts, 8 sorts, ... 100 for	1	0
Grant's (Rev. Peter) Hymns, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Guthrie's Christian's Great Interest, 18mo, <i>cloth</i> , ...	2	0
Hall's (Newman) Come to ...	0	6

64 South Bridge Edinburgh.





DAIN  
SPIORADAIL.

LE

PADRUIG GRANND,

AN STRATHSPEY, SGIREACHD ABERNEICH.

---

“Seinnidh iad ceol ann an slighibh IEHOBHAH,”

*Ps.* 138 : 5.

“Le salmaibh, le oran, a’s le laoidh ;”

*Eph.* 5 : 19.

“’S le beachd air a mhorachd, a’s seinn air a throcair,”

*Ps.* 89 : 1.

“Ni e na smuaintean feolmhor a chlaoidh.”

*Ps.* 119 : 113.

---

Thirteenth Edition.

EDINBURGH :

D. R. COLLIE & SON, HILL STREET LANE ;  
MACLACHLAN & STEWART, SOUTH BRIDGE.

1875.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

64

## AN CLAR-INNSIDH.

	PREFACE,.....page	v
	Creidimh Dhaoin taghte Dhé,.....	9
	Oran mo Leanabh og,.....	15
	Gradh m' Fhir-Saoraidh,.....	19
	Gealladh an t-Slanaighear,.....	21
ℰ	Xifeachd a'm Fuil an Uain,.....	25
	Buachaillean Israeil,.....	27
	Calbhari,.....	30
	Coigrich,.....	34
	An Dachaidh Bhuan,.....	37
	An Deagh Shaighdear,.....	40
	An Turus,.....	43
	Garaidh Edein,.....	48
	Oran Gaoil,.....	51
	Truaigh Shiorruith,.....	55
	Staid Naduir,.....	58
	Oran do'n t-Saoghal,.....	62
	Gairdeachas an Fhirean,.....	66
	Aonachd an Spiorad,.....	68
	Glaodh na Martaraich,.....	75

La Bhreitheanais,.....	page 90
Gloir an Uan,.....	96
An Geata Cumhann,.....	102
Am Biobull,.....	103
Gearan Nan Gael,.....	107
Comhairle do'n Oige,.....	111
Oran do'n Aoise,.....	116
Bas an Fhirean,.....	120
Rìgh nan Uamhas.—Bas an Aingidh,.....	124
Caraid is dluith na Brathair,.....	127
Tobar na'n Uisgeachain Beo,.....	133
Oran nam Missionaries,.....	136
An t-ait bh'aig Eoin,.....	142
An t-aon ni Feumail,.....	143
Beatha an Duine,.....	145
An Fhois Shiorruith,.....	149
Oran do'n Uaigh,.....	151
A Chulaidh Sgiamhach,.....	154
Strìth ann an Sion,.....	157
<b>An Soisgeul,.....</b>	<b>159</b>



## PREFACE TO THE FIFTH EDITION.

It is now twenty-eight years since the first edition of these Poems was laid before the public. Since that time, three other editions have been exhausted; and as the Author still finds that there is a demand for them, (although six thousand copies have been already circulated,) he hopes that, in some measure, they have been found beneficial to the spiritual interests of many. Under this impression, he has great pleasure in sending forth this, the fifth edition, carefully revised, and considerably enlarged. If, by the Divine blessing, they edify, direct, and comfort those who take the statutes of the Lord to be their song in the house of their pilgrimage; and if, by the same blessing, they be the means of turning sinners from the error of their ways, awakening the

careless, and directing the weary and heavy laden to the Lamb of God: if such be their effect, the desire of the Author will be abundantly realized.

PETER GRANT.

STRATHSPEY, *September 6, 1837.*

## PREFACE TO THE SIXTH EDITION.

IN this enlightened age, it is an acknowledged principle, that no religion should be forced on any people ; that the supply should be according to the demand. As far as I know, I am not transgressing this rule, by publishing another edition of my Gaelic Poems. The fifth edition has been sold off in a short time, although it was large ; but from the fine paper, and the neat manner in which the book was bound up, with a portrait, the proprietor required a price which put it out of the reach of some poor people to buy them. Finding that there is still a great demand for them, the sixth edition is now published in a cheap form. so that most of the poor Highlanders may buy copies for themselves, and that those who cannot, may be supplied gratis by their rich neighbours, who wish to see the poor rich in faith, and partakers of the unsearchable riches of Christ.

Since the last edition was published, several pious young men have made an effort to bring the knowledge of salvation to the long-neglected Highlanders, in a similar manner. Instead of being envious, I hope I can say, like Moses, I wish that all the Lord's people were prophets. I would wish by all means to encourage them: yet there is room—much land yet to be possessed. I would say to the Lord's people of all denominations, who have been praying and using means to enlighten the dark places of Scotland: Brethren, be not weary in well-doing; your labour has not been in vain in the Lord! I can testify, from personal knowledge, that a wonderful reformation has taken place on the manners and morals of the people in general; besides, I hope many are truly converted. That your efforts may never cease, till all shall know the Lord, from the least to the greatest, is the prayer of your well-wisher,

P. G.

# DAIN SPIORADAIL.

---

## CREIDIMH DHAOIN TAGHTE DHE.

'S e creidimh Dhé their iad rium san tir so,  
'S tha suil ro-gheur agam anns an fhirinn,  
'S na shiubhlas buan ann mo cheumaibh buadhach,  
Bithidh gaol an Uan ac', bithidh buaidh a's sith ac'.

'S mise bheir dhaibh colas air mend a ghaoilsan,  
Chunnaic mise Iehobhah 'nuair rinn e an saoghal,  
Chunnaic mi Adhamh a's Eubha sa gharaidh,  
'S an cruth cho-aluinn le mais' na naomhachd.

Ach thainig Satan an Nathair lubach,  
A's mheall e Eubha, a's dhall e suilean,  
Chunnaic mi Eubha a' toirt nuas nan geugan,  
'S dh'ith iad le cheile do'n mheas bha ciurrail.

Dh'ith iad le cheile, 's thug sud am bas orra,  
'S tha garaidh Edein dhaibh nis mar fhasach,  
Chaill iad iomhaigh a's gloir na Diadhaidheachd,  
A's dh'fhas iad cianail dh'easbhuidh laithreachd.

Chunnaic mi ruisgte iad measg craobhan a gharaidh  
'S iad strith ri currachd chuir air an naire,  
Ach c'aite an d'theid iad bhon t-suil do 'n leir iad  
'S mo thruaigh leir gun do chaill iad dh' fhabhoir

Ach dh'eirich grian, 's thainig la nan gras o.r ,  
 A's dh'eigh an Traith e'aite am bheil thu Adhamh,  
 Thig nis a'm' fhiannuis 's mo ghaol gu siorruidh  
 Is feuchidh mi rian leis am bi thu tearuinte.

Oir eiridh slanaighir dheth 'n t-sliochd aig Eubha,  
 'S bithidh buaidh gu brath leis gach taobh a theid e,  
 'S e chlaoidheas Satan 's bithidh cheann fo shailtean  
 'S bith' shluagh leis tearuint 's gum paidh e an eirig

Chunna mi Abel toirt suas na h-iobairt,  
 Ni b'fharr na Cain 's bha obair fireant',  
 Bha chreidimh slainteil 's bha an Ti a's airde  
 Toirt fiannuis dha gun robh e na fhirean.

Chunna mi Enoch air steidh na firinn,  
 Bha creidimh Dhé aig 's bha cheumain direach,  
 'S le carbad slaint chaidh e suas gu Parras,  
 'S cha do bhlais e bas anns an tir so.

Chunna mi Noah san Airce 's e duinte ann,  
 'S an tuil ga dortadh air sluagh gun churam,  
 Ghlac eagal trath e on chreid e an t-Ard-Rìgh,  
 'S thainig am bas 'nuair bha each gun suil ris.

Chunna mi Abraham a's dh'fhag e an tir aige,  
 'S na choigreach dh'fhas le gradh na firinn,  
 Bha chreidimh laidir, 's bha shuil ri Parras  
 'S 'nuair fhuair e an aithne, cha da chaoin e Isaac.

Chunna mi Maois a' dol sìos do an Eiphit  
 Do'n t-sluagh thoirt saorsa 's bha 'n gairdean treun leis,  
 Thug e mach le buaidh as an daorsa chruaidh iad  
 'S Pharaoh 's a shluagh, anns a chuan gun eiridh.

Chunna mi an t-saorsa thug a ghairdean treun dhaibh,  
 'S chuala mi ghaoir a bha an tir na h-Eiphit,  
 Nuair shaor e shluagh, a's le fuil an Uam sin,  
 'S an t-aingeal buadhach a' sgrìos nan ceud-ghin.

Chunna mi an sluagh ud dol sìos do'n rùsaen,  
 'S chunna mi uamhasan beinn Shinai,  
 'S tha gaoir mo chluaise leis gach mallachd chual' mi,  
 Air an t-shluagh sin nach gluais na aitheantean.

Chunna mi Israel a' tionail Manna,  
 'S a'g ol do'n fhìor uisge on charraig aluinn,  
 'S bu shamhladh fìrinneach sud air Iosa,  
 Cha ghabh e sgìos a' toirt dhuinn a lanachd.

Ach theirigeadh uine domh mo thimchiol Dhaibhidh,  
 Mu thimchiol Shamuel a's na faidhean,  
 Mu Shamson buadhach a's Gideon suaire ud,  
 A's Mnathan uaisle agus sluagh gun aireamh.

Chunna mi 'ga'n ruag' iad air feadh na fasaich  
 Le acras, fuachd, agus truaighean gabhaidh,  
 Bha creidimh beo aca 's bha iad an dochas  
 Aiseirigh ghlormhor, 's e sud a b'fhèarr leo.

Ach ruith an uine a's dhluthaich tim ruinn,  
 'S on bha mo shuil-sa ri Fear-saoraidh Israell,  
 Chunna mi san fheol e a's fhuil ga dortadh,  
 Is fhuair mi trocair le glòir na h-iobairt.

Chunna mi ainghlean a tighinn an nuas leis,  
 'S an ceol b'aoibhinnean 's bu bhinne chualas  
 Toirt sgeul san fhasach gun d' rug san stabul,  
 An leanabh aillte ud a b' aluinn buaidhean.

Lean mi na buachaillean a chual an sgeul ud,  
 'S 'nuair shir sinn fhuair sinn e 'n sud gun eiridh,  
 'S gun neach na choirsan ach Muire a's Ioseph,  
 'S na h-ainghlean glormhor nach d' rinn a threigsinn.

Thuig mise an sgeul ud gun d' eirich grian oirn',  
 'S chunna mi reult anns na speurain shìos ud,  
 'S daoine glic aig eiridh, 's lean iad an reult ud,  
 'S dh'aindeoin Herod thug geill mar Dhia dha.

Chunna mi 'm bas tighinn chur sas air Herod,  
 'S cha d' fhuair e dail ged bu laidir treun e,  
 'S thainig Muire a's Ioseph, 's an leanabh ghormhor,  
 Is ghabh iad comhnuidh an tir Iudea.

'S an leanabh dh'fhas e cho dluth ri seudar,  
 'S e ann am fabhor na h-uile creutair,  
 'S 'nuair chual e Eoin bhi baisteadh an Iordan  
 Thainig esa g'a dheon, 's chaidh e tre na cheum ud.

Thubhairt Eoin le miorbhuill am bheil thu geilleadh  
 Gu tighinn cho iosal fo lamhan creutair,  
 Ach 's e thubhairt Iosa gach Aithne san fhirinn,  
 'S coir dhuinne striochdadh, 's a bhi toirt geil da.

Tha an aon ghaoil tighinn nuas a Iordan,  
 'S an spiorad naomh air a' gabhail comhnuidh,  
 'S tha an guth aig eigheach 's e uan Dé e,  
 'S mo thlachd gu leir ann se thubhairt Iehobhab.

Chunna mi Satan a' tighinn san uair sin,  
 Ga thoirt do'n fhasaich chum a bhuaireadh,  
 Le gloir an t-saoghail tha mealladh dhaoine,  
 Ach an aon naomh ud cha d'thug e buaidh air.

Ged ghabh e cleoc fuil a's feol mar dhaoine  
 Chunna mi a mhorachd mar ghloir fear-saoraidh,  
 Bha cumhachd Dhé leis, 's bha gairdean treun aig,  
 Os ceann gach creutair bh' anns an t-saoghal.

Chunna mi sa gharaidh e is anam bronach,  
 'S a chorp ga fhasgadh a's fallus mor air,  
 'S chunna mo shuilean-s' e air a ghluinean,  
 'S e gleachd, an urnuigh 's an cup ri ol aig.

'S e thubhairt an t-uan ud ri Athair glormhor,  
 Tha crith a's uamhan air m'fhuil a's m'fheoil leis,  
 Ach so is aill leam mo shluagh bhi tearruinte,  
 A's aun nan aite ni mi 'n cupan ol as.



Chunna mi Iudas a' tighinn gu cealgach,  
 'S a chogais mhuch e le gaol an airgid,  
 'S bha cuideachd mhòr leis a's esa g'an seoladh,  
 Thug esa a phog dha 's chaidh iad-sa air falbh leis.

Lean mis do'n chuir e gu talla Heroid,  
 'S an sluagh a bruchdadh mach ceus e, ceus e,  
 'S thug Pilat binn mach chum a dhiteadh,  
 'S a chogais 'g innseadh nach d'rinn e encoir.

Ach 's ann a dhit iad le fiannuis bhreig e,  
 'S bha esa co mhin cha d'-fhosgail e bheul riubh,  
 'S lean mis' on chuir e 's iad falbh gu dluth leis,  
 'S e féin a' giulan a chranna-ceusaidh.

'S 'nuair chaidh iad suas leis do sliabh Chalbhari,  
 Chunnaic 's chual a mi fuaim nan tairnean  
 G'an cuir an sas ann na chas 's na lamh-san,  
 'S an t-shleagh an sas ann a's latha garbh aig.

'S 'nuair thog iad suas eadar talamh 's neamh e,  
 Thionail a' sluagh chum an t-uan a reubadh,  
 'S bha deamhna 'n toir air, o ait na doruinn,  
 'S chaidh an fhearg a dhortadh le Athair féin air.

'S an cupan dh'ol e an ait a shluaigh as,  
 'S na h-uile doruinn bha dhaibh-san dualach,  
 A's 's ann a dh'eigh e's na piantaibh geur ud,  
 Mo thriath na treig mi 's an cath cho cruaidh ann.

Faic neul a bhais nis tighinn air a ghruaidhean,  
 Theich a chairdean 's tha cach air suarach ;  
 Ach bha mo shuilean-s' air, a's lean mi dluth ris,  
 Gus na dhun iad uam ann's an uaigh e.

Chunna mi 'nuair dh'eigh toirt suas an 'deo e,  
 'S thug mi an sgeul gu'm 'b e Dia 's an fheoil e,  
 Na creagan reub iad 's na mairbh aig eiridh  
 S a ghrian 's na speurain a' cur culaidh bhroin oire.

Ach gheill am bas a's cho do chum an uaigh e,  
 'S mar ghaisgeach laidir 's ann thug e buaidh leis,  
 'S chunna mi gun dail e dol suas gu Parras,  
 'S fear tagraidh ard ann an ait a shluaigh e.

'S air a chrann 'nuair bha fhuil ga dortadh,  
 'Sheall e nall 's thug e sealladh mor orm,  
 'S their leam gun d' eigh e, stusa rinn mo cheusadh,  
 'S tu rinn mo reubadh a's m' fhuil a dhortadh.

'S ann chum do shaoradh thainig am bas orm.  
 On thug mi gaol dhuit chum do thearnadh,  
 A's tha mo dhuil nach dean thu mo dhiultadh,  
 Gu'm bi do shuil rium, 's nach dean thu m' aicheadh.

'S mu bhitheas an saoghal na buairean Shatan,  
 Ga 'd thoirt a thaobh gus am fuaraich gradh dhomb,  
 Teich as gu dluth mu'n dean sud do chiurradh,  
 'S gabh beachd as ur do na lotain bais so.

Dh' fharaich mi saorsa tighinn orm san uair sin  
 'S dh' fharaich mi ghaol a dol feadb mo bhuaighean,  
 'S chuir mise mo dhocas na fhuil chaidh dhortadh  
 'S bi mise ri m' bheo tuille deanamb luaidh air.

Oir tha mi 'n dochas gun eirich mo shaoghal,  
 Gu 'm bi mi beo leis, 's gu'n d' thoir mi gaol da,  
 'S gu'n iarr mi seoladh uaith chum a ghloireach,  
 'S gu'm faigh mi treorach an spiorad naomh uaith,

Se m' urnuigh an comhnuidh airson an t-saoghail,  
 Gu'm faigh iad eolas air an neach a shaor mi,  
 An sin chi iad fhein e gur fìor an sgeul e,  
 'S mar creid iad fhein e gu 'm bi e daor dhaibh.

'S tha mise an dochas gun caith mi siorruidheachd,  
 An leith ri 'mhorachd, 's a ghnuis mar ghrian dhomb,  
 'S gu 'm faic mi beo ann na uile ghloir e,  
 'S mi seinn nan orain 's nach fas mi cianail.

'S e so na neimh ris am beil mo dhochas,  
 Far am bi e féin cha bhi bas na bron ann,  
 Far am bi mi naomh, snamh an cuan a ghaoil-san,  
 Slan leis an t-saoghal is gach ni bha 'n toir orm.

---

ORAN MO LEANABH OG.

'S leanabh solasach mi,  
 Gle og chaidh e tim,  
 Chaidh mo threorach on chich do'n uaigh,  
 'S ged bu ghoirid mo thim,  
 Gabhail fradharc do'n tir,  
 'S mor th' agam ri innse do'n t-sluagh.

Nach b' e an teachdair' gun truas,  
 A thug leis mi cho luath,  
 O'n a bhroilleach 's an d' fhuair mi blas,  
 'S thug mi do'n bhanaltrum fhuar,  
 Ris an can iad an uaigh,  
 A's riamh cha b' aithne dhi truas na blathas.

Ged bu ghoirid no chuairt,  
 Fhuair mi fradharc car uair,  
 Gu'n robh am peacadh dhomh dualach og,  
 'S dh'aithneach mise gu dearbh,  
 Gu'n robh esa na ni searbh,  
 Toilltinn mallachd a's fearg ro mhor.

Ged nach do pheacaich mi riamh,  
 Ann an cleachda na'n gnìomh,  
 Cha deach mi seachad gun phian a's bron,  
 Thainig puinsean 's an fhreumh,  
 Ann an Adhamh, 's an Eubha,  
 Ruith mar phlaidh anns gach geug a's neoir.

Ach thainig m' Athair le truas,  
 S thug e dhachaidh mi suas,  
 Mu'n gann dh'fharaich mi truaigh an t-saoghail,  
 'S ghlan iad mi am fuil an Uain,  
 'S bitheadh mi sonadh gu buan,  
 A' snamh tuille an cuan a ghaoil.

Bha mi 'm chadal gu bla,  
 Ann am fasgadh mo Mhathar,  
 Is ga mo phasgadh 's a lamh fo mo cheann,  
 'Nuair thainig teachdair' on a bhas,  
 Thubhairt gu'n siubhlainn gun dail,  
 'S nach robh fuireach na tamh dhomh ann.

Thug an anshocair buaidh,  
 'S thainig piantaibh bha cruaidh  
 'S ruith an lot anns gach buaidh dheth m'fheol,  
 'S ann am mionaid na h-uaire,  
 Dh'fhas mo bhilean cho fuar,  
 'S neul a bhais air mo ghruaidhean og.

Dhuisg, mo mhathair le gaoir,  
 'S thuirte i m'aillegan gaoil a gul,  
 Coid dh'fharaich thu cha 'n fhaod thu falbh,  
 'S rinn i mo ghreimeach cho teann,  
 'S cha bhitheadh an dealachdain ann.  
 Ged bha mo chridhe cho fann 's mi balbh.

Cha robh leigheas fo'n ghrein,  
 Air an cluinneadh iad sgeul,  
 Nach do chleachd iad gu feum do m'fheoil,  
 Ach is ann sharaich iad mi,  
 'S cha robh sta ann an ni,  
 Air chor 's gu'n d'fhas mi gle sgith dheth an seol.

Ach chaidh mo mbathair 'an cuil,  
 'S m'athar dh'ionnsuidh na cuirt,  
 'S bha iad tagradh gu dluth 's iad fo l'onn,  
 'S thubhairt iad ri 'n athair air neamh,

Nis do thoil gu'n robh deant',  
Oir gu cinnteach 's tu féin 's fearr coir.

Ach 'nuair chunnaic iad mi,  
Thoiseach mulad a's strith,  
A's is e mi dh'fhuireach ris a b'aill,  
Ach leigaibh chead domh thubhairt mi,  
Chum 's gu'n siubhail mi 'n sith,  
'S e bhi maille ri Criosd as fearr.

Tha bhur comunn domh faoin,  
'S tha mi ullamh 's an t-saoghal,  
Ged thug sibh dhomh gaol gu leoir,  
Carson bhitheas sibh cho dian,  
Ga mo chumail am pian,  
'S gu'm bi mi soillseach mar ghrian an gloir.

Slan leibh air son tim,  
Gus am faic mi sibh ris,  
Anns an aite 'san d'theid crìoch air bron,  
Dluth-leanibh ri Criosd,  
Is greim las do gach ni,  
Tha sibh faicinn an tìr nam beo.

'S 'nuair dhuin iad mo shuil,  
Thainig ainghlean na cuirt,  
'S thug iad mis leo cho dluth 's cho luath,  
'S ann am priobadh na suil,  
Bha gach ni dhomh cho ur  
'S ann bha mise 's an Ierusalem shuas.

Sguir na tuitèan le'n toirm,  
'S thug iad mise as gach stoirm,  
'S mar sgiath na maidinn thug orm bhith luath  
'S chaidh sinn troimh na glinn dorcha,  
Far nach bu leir dhuibh bhur lorg,  
Ach thainig sonas nis orm bhitheas buan.

Chaidh sinn mar iolaire aig luathas,  
 Gu tir Immanuel shuas,  
 Dh' ionnsuidh an aite 's am bheil sluagh ro naomh,  
 Is le halliluia gu buan,  
 'Toirt cliu a's moladh do'n Uan,  
 'S ag ol tuille a cuan a ghaoil.

Na'm faiceadh m' athair 's mo mhathair,  
 Meud mo shonas 'san s' ait  
 Bhitheadh iad toilicht' gu'n d'fhag mi an saoghal  
 'S bhitheadh gach latha mar bhliadhna,  
 Gus am faigheadh iad triall,  
 Gu co-chomunn ta siorruith naomh.

'S ann 's an aite so tha ghloir,  
 Tha na sraidean do'n or,  
 'S meas a fas deth gach seorsa gu buan,  
 'S bithidh sinn gu siorruith aig ol,  
 As na h-aibhnaichean beo,  
 'S an gaol bith-bhuan ga dhortadh nuas.

Tha cuid an so as gach aite,  
 Air an tional le gras,  
 As gach treubh agus pairt do'n t-sluagh,  
 Ach 's ann aca ata an gaol,  
 Nach robh leithid measg dhaoin,  
 'Nuair a bha iad 's an t-shaoghal thruagh.

Is anns an aite so tha 'n ceol,  
 Nach d' theid mhasgadh le bron,  
 Tha e fantainn na oran nuadh,  
 Cliu a's onair a's gloir,  
 Do'n ti bha marbh a's tha beo,  
 Shaor e sinn-e on dorruinn bhuan.

'S ann 's an ait so tha 'n sluagh,  
 Chaidh troimh dheuchainnean cruaidh.

'S thug e féin dhoibh a bhùaidh le bhàs,  
 'S tha iad nis ann an sìth,  
 'S fhuair iad pailm mar Rìgh,  
 'S eudach geal a theid sìos gu'n sàil.

Ach se mòrachd an uain,  
 Ni is gloirmhor tha shùas,  
 'S e is òirdheirce air an cualas sgeul,  
 'S leis a ghloir tha na ghnuis,  
 Tha na neamhean dha lùb,  
 'S tha e tarruinn gach sùil na dheidh.

---

GRADH M' FHIR-SAORAIDH.

'Se gràdh m' Fhir-saoraidh a bhitheas na chèol  
 dhomh,  
 'S ann air bu chòir dhomh, bhi deanamh sgèul ;  
 O'n 's e thug coir dhomh, le 'fhuil dhortadh,  
 Air saorsa ghlòrmhor a chloinne féin :  
 'S e sud an t-oran a bheir dhomh solas,  
 Co fhad a's is beo mi sa chruinne-che ;  
 'S 'nuair theid mi dhachaidh, a gleann nan deoir so,  
 'S e sud mo cheol anns an t-saoghal chein.

Ged tha mi taireil am measg mo chairdaibh,  
 Thaobh a's gur ann dhasan a thug mi speis ;  
 Mar thubhairt Iob, Tha m' Fhear-saoraidh beo',  
 'S tha mis an dochas, gu'm faic mi e ;  
 Tha mi an dochas a' dhol na chodhail,  
 Anns na neoil 'nuair a thig e féin ;  
 Is ni 'n sealladh mor sin, dheth aghaidh ghloirmhor,  
 Na h-uile bron a chuir 'uam 's deur.

Fha doimhne 's airde ann an gradh an t-Slanaighear,  
 Nach gabh aireamh, na chur an ceill ;

Ach chi sinn moran na bhreith, a's na bhas dheth,  
 Is chi sinn pairt dheth 's na h-uile ceum :  
 Chi sinn e tighinn o staid cho arda,  
 A's gur ann dasan bha ainghlean Dé—  
 A' deanamh aoraidh, le an anamaibh crabhach,  
 A's an aghaidh sgail air le'n sgiathaibh féin.

Ach rinn e mhorachd 's a ghloir sin fhagail,  
 A's 's ann dh'fhas e na dhuine truagh ;  
 Bha 'n Ti a b'airde air a bhreith 's an stabull,  
 An t-ait' bu taireal am measg an t-sluagh ;  
 Cha 'n ann le morchuis a fhuair e arach,  
 Cha 'n ann le ailgheas chaidh thogail suas ;  
 Bu duine craiteach o bhreith gu bhas e,  
 Cha 'n fhac iad ailleachd air bith na gbruaidh.

Bu duine bronach air iomadh doigh e,  
 O 'nuair a thoiseach a thuras sgith ;  
 Air son a ghraidh thug iad fuath gu leoir dha,  
 'S bha iad ga fhogradh o thir gu tir ;  
 Bha na h-ludhaich gu dluth an toir air,  
 Chum a leonadh, 's a chur fo chis ;  
 O 'n bha dorchadas air an chomhdach,  
 'S gu'm b'e ghloirsan an solus fíor.

Cha d' rinn e tair air an dream bha ard dhiubh,  
 Ach thug e an aite dhaibh, a's phaidh e cis ;  
 A's air na sraidaibh cha chual iad ard e,  
 'S an uair fhuair e chaineadh, cha d' chain e ris ;  
 Le meud a ghairdeachas ann ar slainte,  
 Chuir e an naire an neo-bhrigh ;  
 'S le meud a ghraidh dhuinn ghabh e ar nadur,  
 Chum ar tearnadh o'n t-slochd a b'isle.

Anns a cheart nadur 's na pheacaich Adhamh,  
 'Nuair thug e am bas air a shliochd gu leir,  
 'S ann rinn an Slanaighear gach ní an aird deth,  
 'S an lagh rinn ardach le umblachd féin ;



'S a chum ar tearnadh o chumhachd bais,  
 Leig e bheatha bhain, dheanamh an aird na reit';  
 A's chum a bhrathairean a thoirt gu Parris  
 D'fhuilinn e am bas air a chranna-cheus'.

O sibhse a thainig dh'ionnsuidh' fhabhoir,  
 O 'n 's e bhas rinn ar tarruinn dluth;  
 Seallaibh an aird ri sliabh Chalbhari,  
 A's chi sibh a ghradh ann an solus ur;  
 Cha 'n e na sgailean bh'aig Maoise 's an fhasaich,  
 Tha an t-Uan-caisg air chur air chul;  
 A's tha an 'Ti a' basach rinn subhach Daibhidh,  
 A's bh'aig na faidhean am beachd an sul.

Cbi sibh an caramh tha air an t-Slanaighear,  
 Mar dhinnis Daibhidh gu'm bitheadh a chuis;  
 Tha tairbh Bhashain air tional lamh ris,  
 A's iad 'ga shabhadh 's na h-uile taobh;  
 Gach neach a dh'eirich bha deanamh sgeul air,  
 Rinn iad an treigsinn 's an cur air chul;  
 A's tha Uan-Dé aca nis 'ga reubadh,  
 'S e an deidh cheusaidh 's 'ga chur san uir.

Anns an uir chuir iad Rìgh nan ùl,  
 Gun aon duil ri e thighinn beo;  
 Ach an Leoghann do threubh Iudadh,  
 Is ann dhuisc e le cumhachd mor;  
 Dh'fhag e a naimhdean a's cinn bhruite aca,  
 Air a chul thaobh na'n luidhe leoint';  
 Thog e an uachdaranachd air a ghuailibh,  
 A's chaidh e suas, 's ann dh'ionnsuidh gloir.

---

#### GEALLADH AN T-SLANAIGHEAR.

Is ionghantach cho grasmhor,  
 A's tha Slanaighear nam buadh,

Cha 'n 'eil nithe ni sta dhaibh,  
 Nach do phairtich e ri shluagh;  
 Ged nach do gheall e saibhreas,  
 Thoirt dhaibh an taobh s' do'n uaigh;  
 Gheall e sith a's aoibhneas dhaibh,  
 S an oighreachd a tha shuas.

'S e gheall e ann na fhirinn—  
 Do na fireanaibh gu leir,  
 Gur ann trid iomadh trioblaid.  
 Theid iad stigh do rioghachd Dhé,  
 Ach annam-sa bithidh sith agaibh,  
 Deir Iosa riubh le bheul;  
 'S ged dhean an saoghal tair oirbh,  
 Cha'n fhag mi sibh, 's cha treig.

Bithidh fuath nan uile dhaoine dhuibh,  
 'S cha'n iongnadh ged bhios,  
 Airson gur ni ro fhaon leo sibh  
 Bhi leantuinn aobhar Chrìosd;  
 Ach 'mheud 's gur mise thug saorsa dhuibh,  
 'S nach ann dheth an t-saoghal sibh;  
 Ni iad tric air caineadh dh'fheuch—  
 An aicheadh sibh 'ur Rìgh.

Ach iad-san uile dh'aicheas mi,  
 An lathair an t-sluaigh gu leir;  
 Cha'n fhaigh iad coir, 's cha'n airidh iad,  
 Air pairt deth rioghachd Dhé,  
 'Nuair thig mi ris le gairdeachas,  
 Chum slainnt' mo mhuintir féin,  
 Bithidh mise an sin gan aicheadh-san,  
 An lathair ainghlean Dhé.

C'or bith dh'iarras fabhor orm,  
 'S nach gradhaich mi ni 's mo  
 Na athair, a's a mhathair,  
 A chlann, 's a mhnaoi phosda,  
 Cha'n aidich mise os aird e,

An lathair Rìgh na glòir ;  
 Mur tog e chrann-ceusaidh,  
 'S mo leantuinn féin gach lo.

Ach sibhse a lean gu dilis mi,  
 Le cridhe fìor gun gho ;  
 A threig gach nì bha priseal leibh,  
 'S a chuir fo chis an fhèoil ;  
 Ma ghluaiseas sibh 's an fhirinn,  
 Bithidh 'ur sith mar abhuinn mhor ;  
 'S le buanach chum na criche dhuibh,  
 Theid sibh do rioghachd na glòir.

Na dibiribh 's an fhasach so  
 Mo ghras a chur an ceill ;  
 Innsibh anns gach aite, gu'n  
 Do bhasaich aon Mhac Dhé ;  
 Thugadh gu saor do chach uaibh,  
 A nì thug slainnt' dhuibh féin,  
 'S ma chreideas iad san t-Slanaighear,  
 Cinnte, rinn e an aird an reit'.

An aithne nuadh a dh'fhag mi dhuibh,  
 Is ail leam cur an ceil ;  
 Gu's an aithnich iad mo chairdibh-sa,  
 Le meud an graidh do cheile ;  
 Coi'-lionaibh nis mo ghairdeachas,  
 Gu'm bi sibh ghnath gu reith ;  
 'S bith mis ag ullach aite dhuibh,  
 A stigh am Pàrras Dé.

Ged tha sibh lag, cha churam duibh,  
 A's bhur suil ri Rìgh na glòir ;  
 Is laidir air 'ur cul-thaobh mi,  
 'S mo gradh dhuibh ur gach lo ;  
 Na h-uisgeachan cha mhuch iad sibh,  
 Ged dhuisg na tuinn gu mor ;  
 'S an teine cha dean ciurradh oirbh,  
 Bithidh sibh 's an fhurnais bheo.

Ni beagan làithean doruinneach,  
 Bhur toirt gu solas buan ;  
 Slan le luchd an fhoirneart,  
 Tha bhur dochas ri dol suas ;  
 Bheir mi trid ghleann nan deoir sibh,  
 Mar cheannard seolta do m' shluagh  
 'S bheir mi thar abhuinn Iordan sibh,  
 'Gar codhalachadh aig a bhruaich.

An sin toisichidh neo-bhasmorachd,  
 'S thig slainte o mo ghnuis ;  
 'S gheibh sibh chum 'ur gairdeachas,  
 Gu brath bhi seinn mo chliu ;  
 Bheir mi le mo laimh, gu fabhorach,  
 Na deoir a bharr 'ur sul ;  
 'S tha leigheas anns an aros sin,  
 Ni slan an eridhe bruite.

Cha chluinn sibh bron, no eigheach ann,  
 No bas, no pian, no caoidh ;  
 'S cha'n iarr sibh solus greine ann,  
 Gu feuchaim air gach taobh :  
 Bithidh an 'Ti 'ta uile-leirsinneach,  
 E féin na sholus dhuibh :  
 'S ni lathairachd aoibhinn sibh,  
 'S bithidh ghradh-sa 'n'ur beul chaoidh.

Chi sibh an sin an aireamh  
 Dheth na braithrean a thug buaidh,  
 Air tional as gach aite ann,  
 O 'n airde-deas a's tuath ;  
 'Nuair bheir e stigh do'n aros sin,  
 Na traillean bha cho truagh ;  
 Nach iongantach co grasmhor,  
 'S tha Slanaighear nam buadh !!!

## EIFEACHD A'M FUIL AN UAIN.

O ! 'sann tha 'n eifeachd a'm fuil an Uain,  
 Chum ar n-eucairte ghlanadh uainn ;  
 Ach 's bochd an sgeul a ta nis ri leughadh,  
 Nach eil speis dhi a' reir a luach.

Tha daoine gorach air seol na dha,  
 Nach aill leo an dochas a chur 'na bhas ;  
 Theid iad an di le bhi dhiobhail eolais,  
 Air an fhuil chaidh dhortadh a chum air slainnt'.

'S an dream thug speis da cha dean iad uail,  
 O'n 's e chaidh cheusadh an ait a shluaigh ;  
 Cha 'n ann diubh féin a fhuair iad an reite,  
 Ach leis an eifeachd bha 'm fuil an Uain.

'S e féin do'n eiginn an cumail suas,  
 'Nuair thig deuchainnean iomadh uair ;  
 Tha mhead deth thruailleachd ag iad mu'n cuairt doibh,  
 'S nach fhaigh iad buaidh ach le fuil an Uain.

Tha daoine saoghalta an gaol gach uair,  
 'S ann air na caoraich, a thaobh a'n Uain ;  
 A's tha an leoghann beuchdach a ghnath a' saoirrach,  
 Dh' fheuch co dh'fhaodas e shlugadh suas.

O ! fanaibh dluth chum 's nach toir e buaidh,  
 Na tugaibh geill dha a's theid e uaibh,  
 'S a shaighdean teinnteach ni sibhse a mhuchadh,  
 O 'n riun sibh cumhnant le fuil an Uain.

O ! bithibh laidir fo armachd Dhé.  
 Le creidimh shlainntail mar 'ur sgeith ;  
 A's nuair bhios an namhaid ag iarraidh fath oirbh,  
 Le cainnt an t-Slanaighear dunaibh bheul.

'Nuair blitheas e' feorach am bheil sibh sgith,  
 Innseabl dha gu'n do bhasaich Criosd ;  
 'S gu'm bheil gu leoir ann na fhuil chaidh dhortadh,  
 'S gu'm bith bhur dhochas ann thun na crich.

An sin thig e an cairdeas, a's their e féin,  
 Gur sibhse an aireamh tha 'm fabhor Dhé,  
 'S ged do ghluaisceadh sibh nis mar's aill leibh  
 Gu'm bith sibh tearuinte feadh gach re.

Ach innseabl dha, gur iad cairdean Dé,  
 Aig am bheil 'aitheanta, a's ni d'an reir  
 An dream nach aicheadh an lathair an t-sluaigh e,  
 'S a leannas an t-Uan ge b'e taobh a theid.

'S e cuilbheart Shatain bhi laidir, treun,  
 Tha fagail cairdean gun gradh d'a cheile ;  
 Feuchs e failinnean dhaibh 's na braithraibh,  
 Dh'fheuchinn an tar e an cur o cheil !

O ! 's ann tha 'n feum air bhith caithris buan ;  
 'S a ghnath bhi 'g eigheach ri Rìgh nan sluagh  
 Oir cha'n 'eil ni chumas duint' ri cheil iad,  
 Mar dean an eifeachd tha 'm fuil an Uain.

Ach trid an Ti thug an t-sith mu'n cuairt,  
 Cha'n 'eil ni anns nach fhaigh iad buaidh ;  
 Co dhiteas, na leigeas sios iad ?  
 'S fear coimhid Israel gan cumail suas.

Air feadh na fasach 's e féin an cul,  
 Oir tha iad dha mar tha clach a shul ;  
 'S tha ghealladh grasmhor nach dean e m fagail,  
 'Nuair thig am bas gu 'n toirt thun na h-uir.

Trid gleann a bhais bitheas e ghnath na'n coir,  
 Gus an sabhalair iad fadheoidh ;  
 'S am bi iad tearuinte o gach namhaid,  
 Anns a Chanaan tha lan deth ghloir.

'S 'nuair bhitheas iad thall o na h-uile truaigh,  
 'S a' cur an geil co thug dhaibh a bhuaidh ;  
 Cha bhi h-aon nach cuir ris a sheula  
 Gur ann bha 'n eifeachd am fuil an UAIN.

---

BUACHAILLEAN ISRAEIL.

'S e thubhairt an t-Ard Bhuachail, tha shuas ann gloir  
 Dh'fhag mi mo chaoraich ann 'n saoghal nan deoir ;  
 Cheannuich mise gu daor iad, bha mo ghaol doibh cho  
 mor,  
 'S mar bith' gu'n do rinn mi an saoradh cha d'fhaod iad  
 bhi beo.

Nis gheibh iad an durachd mur diult iad dhomh geill,  
 Gheibh iad buachaillean iulmhor a stiureas an treud ;  
 Ni 'm beathachadh an conhnuidh le beo aran o neamh,  
 'S dhoibh a theagaisgeas eolas air orduighean Dhé.

Aithnichidh sibhs' na buachaillean a fhuair dheth mo  
 ghras,  
 'S e 'n toil-inntinn gu buan bhi toirt luaidh air mo bhas.  
 Cha chunnt iad ach suarach gach cruadal a's cas,  
 O'n tha'n suil ris an duais o na Bhuachail' is aird'.

Chaidh mo chaoraich-s' air chall air na beanntaibh gu  
 leir.

'S rinn luchd faire dall moran call air mo threud ;  
 Ach na buachaillean seolta fhuair eolas nam féin,  
 Bheir iad dhachaidh do 'm chro iad, le seoladh mo bheul.

'S 'nuair gheibh iad 'sa chro iad, 's e an solas gu leir,  
 Bhi beathachadh le eolas, gach seors' tha 's an treud ;  
 Cuid le fìor bhainne blath, mar tha an naduir am feum,  
 A's cuid le baidh laidir, 'nuair dh'fhasas iad treun.

Cha bheathaich mo chaoraich-s' air plaosgan gun sta,  
 'S ri teagasg mi-naomha cha taobh iad gu brath ;  
 Cha 'n urrain iad bhith beo, mar bhitheas moran deth  
 chach,  
 Fo eisdeachd an t-seorsa tha gun eolas air gras.

Cha 'n iarr mo chuid bhuachaillean buanachd dheth 'n  
 treud,  
 Na bhith na'n daoine saibhir os cionn oighreachd Dhé ;  
 Ach le eridheachaibh deonach, dol romhpa anns gach  
 ceum,  
 A's ag iarraidh Rìgh na gloir bhi 'gan seoladh na'm  
 feum.

Na'n cadal, is na'n duisg, 's e 'n curam do gnath,  
 Bhi neartach nan gluintean tha lubadh gu lar ;  
 'S na nithean tha bruite bhi 'gan dunadh an aird,  
 Le leigheasibh as ur thig o ughdair nan gras.

Ach buachaillean gun churam, leig dhiubh bhi ri feum,  
 'S a sealltuinn mu'n cuairt air son buanachd dhaibh  
 féin,  
 Chuir iad féin agus Satan an aird le cheile  
 'S ma fhuair iadsa an tuarasdal, fhuair esan an treud.

Tha m' faidh Esaias dol dan air an cliu,  
 Buachaillean dall, a's coin bhalbh thubhairt e riu ;  
 Caidlidh iad samhach, gun eolas gun iul,  
 'S tabhannaich cha dean iad air beul na air cul.

Tha 'm faidh Ieremias a ris' eur an geill,  
 Nach eil buachaillean Israeil dileas do'n treud ;  
 Leigheas iad gu aotrom gach aon bha fo chreuchd,  
 Le sith thoirt do dhaoine gun naombachd d'a reir.

Tha 'm faidh Eseciel, d'a reir 's mar bha each,  
 A dearbhadh a' mi bheusan, le reusan no dha ;  
 Gheall iad, le'm breugan, do'n eucoreach slaint'  
 'S a h-aon cha robh pilltinn o inntinn a bhais.



'S 'nuair thainig an Slanaighear a bhain anns an fheoil,  
Dhinnis e mu'n deibhinn, e féin agus Pol :

Thig iad an eideadh chaorach gu daoine thoirt leo,  
Ach 's madaidh-alluidh garg iad a mbarbhas gu leoir.

Bu choir do chinn-iuil bhi a' stiuradh an treud,  
'S an teagasg bhi 'gan urach, mar dhriuchd air an fheur;  
Ach tha'n dream ud gun churam, neo-iulmhor iad féin,  
'S tha Peadar agus Iude toirt an cliu dhoibh d'a reir.

Is tobraichean deothach, a's neoil iad gun uisge,  
Garbh thonnan beucaich nach geill, 's nach gabh fois;  
Ruith iad an slighe Chain, gun ghradh mar bha esa,  
'S tha inntinn Bhalaim do ghnath dol na'n cois'.

Ach buachaillean mo ghaoil-sa, tha saothreach gach la,  
'S tha beathachadh mo phobuill aig tobair na slaint';  
Tha seoladh mo shluaigh air na cluaintibh is fearr:  
'S nach dean taire air a h-aon air na shaoithreach mo  
ghras.

Ged' gheibh ioma sarach o chach anns an fheoil,  
Bithidh iadsan am Parras, 's bitheadh each an am bron;  
Theid iad thun a bhais, deanamh gairdeachas mor,  
'S 'nuair thogas iad an cinn, bitheas iad seinn ann an gloir.

'Nuair thig latha mor a chuairtich, bithidh uamhas air  
each;

Ach eiridh mo bhuachaillean-sa deanamh luathghair.  
Gheibh iad airson duais, mar chrun uail ann am la,  
An dream a bha le'n scoladh air 'n treorach gu slaint'.

Ach eiridh na cinn-iuil a bha stiuradh nan dall,  
Dh'fheuch an aidich Rìgh nan dul iad 's nach cunnt e  
an call

Ach ni dealradh a shuilean an sgiurseadh air ball,  
Gu teine nach gabh muchadh, gun duil tighinn nall.

'S 'nuair a theonndas iad, chi iad na firean gu leir,  
'S chi iad mo chiobairean a' liobhairadh an treud;

'S iad air an deanamh sgiambach le iomhaigh  
 Mhic Dé,  
 Chum dealradh gu siorruidh mar ghrian anns an  
 spèur.

---

CALBHARI.

'S tric mi smuaineach, 's mi m'aonar,  
 Gu'm bheil an saoghal so truagh ;  
 'S iomadh bron tha ri fhaotainn,  
 Air an taobh so do'n uaigh ;  
 Feumaidh oighreachan neimh,  
 A dhol trid dheuchainnean cruaidh ;  
 Ma'n ruig iad an oighreachd,  
 'S am bheil aoibhneas bith-bhuan.

Ach tha aon ni g'an leonadh,  
 Gu'm bheil an comhnuidh 's gach uair.  
 Mar bha Lot ann an Sodom,  
 A faicinn do-bheairt an t-sluaigh ;  
 A faicinn cairdean, 's luchd-eolais,  
 Agus moran cho truagh ;  
 'S gur e bhi toileach na feola,  
 An ni sonraichte tha uath.

Ciod dh'itheas, ciod dh'olas,  
 Ciod bheir solas an traths ?  
 Ciod ni sgiambach an fheoil dhuinn  
 'S e tha moran aig radh ?  
 Cuid le aighear 's le sugradh,  
 Caitheadh 'n uine gun sta ;  
 Is iad a ghnath cho beag curam  
 Ris na bruidean gheibh bas.

Nuair a chuimhnicheas mi 'n caramh,  
 'S tric a dh'fhag e mi sgith ;

'S tric a mhill e mo ghairdeachas,  
 'Nuair a b'fhearr bhithheadh mo shith,  
 Daoine truagh bhi na'n traillean,  
 Aig an namhaid fo chis ;  
 'S fearr leo strìochdadh do Shatan,  
 Na bhi na'n cairdean do Chrìosd.

Cha 'n 'eil na'n obair ach traillealachd,  
 'S cha 'n 'eil ach am bas ann na'n duais ;  
 A's iad fo chorrùich an Ard-Rìgh,  
 On 's ann dha-sa thug iad fuath ;  
 Sliochd ceannairceach Adhamh,  
 'S bochd an caramh ri luaidh ;  
 Ach tha mheud 's a fhuair tearnadh,  
 Ann am fabhoir an Uain.

'Nuair a leubhas mi 'm Biobull,  
 Gheibh mi sgrìobht' anns gach ait',  
 Gu'm bheil iad sud, leis an fhirinn,  
 Air an dìteadh mar tha  
 Dh'fhag na Sgrìobtuirean shìos iad,  
 Mar luchd di-meas air slainnte ;  
 Is mur beirear a rithisid iad,  
 'S e sud is crìoch dhaibh—am bas.

A dhuine thruagh, tha'n staid nadair  
 'S nach eil am fabhoir ri Dia ;  
 Tha thu leanntuinn na sgail sin,  
 A chaidh nach sasuich do mhiann ;  
 'S cha d'thoir lagh nan deich aitheantan,  
 Dhuit-sa tearnadh, no dìon ;  
 As euginhais umblachd 's gach pairt deth,  
 Cha d'thug e slainte do neach riamh.

Ach ma 's slainte tha thu 'g iarraidh,  
 Ruig na briathrean 'ta sgrìobht' ;  
 Fag Sinai tha fiadhaich,  
 A's teich gu Sliabh Chalbhari

'N sin chi thu ceartas 'ga riarach',  
 Agus Dia a' deanamh sith ;  
 'S Mac a ghaoil toirt lan dioladh,  
 A chum ar dion o dhol sios.

Chi thu 'n sin air a cheusadh,  
 An t-aon eirie a bh'ann,  
 Neach a ghiulan ar n-eu-ceartain,  
 E féin air a chrann ;  
 Feuchaidh a lotain, a's a chreuchdain,  
 Gu'n d'thug e speis do'n a chlann ;  
 'S feuchaidh cumhachd ais-eirigh,  
 Gur Esa e féin, a bh' ann.

'So am Prionnsa, 'so an Slanaighear,  
 'So Immanuel féin ;  
 'So carraig nan ailltean,  
 'S an daingneach laidir ri feum ;  
 'So an Ti tha toirt slainte,  
 Do shiol Abraham gu leir ;  
 'S an dream a dh'oil as a lanachd,  
 Bithidh iad tearuinnte gach re.

Sibhse tha caitheadh bhur storas,  
 A ruith nan solasan faoin ;  
 Thigibh nis, agus olaibh  
 Dé 'n uisge bheo tha gu saor ;  
 'S biadh gu firinneach m'-fheoil-sa,  
 Deir Rìgh na gloir ri clann dhaoìn',  
 'S is abhainn lan deth gach solas,  
 An fhuil chaidh dhortadh a thaobh.

O ! sibhse tha ri saothair,  
 Thigibh, is aomaidh 'ur cluas ;  
 Cha'n 'eil ni tha o dhaoine.  
 Nach eil gu saor aig an Uan ;  
 Togaibh chuing-san tha aotrom,  
 Agus foghlumaibh uaith ;

'S e creidsinn ann mar Fhear-saoruidh,  
Bheir air an t-saoghail so buaidh.

Bheir e buaidh air an fheoil daibh  
'S togradh gorach chlann daoin ;  
Air ardan, 's air morchuis,  
'S air na solasaibh faoin ;  
'S ni e an inntinn a threorach'  
Chum bhi beo air a ghaol ;  
Ann an dochas a ghloir-sa,  
Air an d'thug e coir dhaibh gu saor.

Is e dochas a ghloir-san  
Chumas beo iad 's gach cas ;  
'S gus an d'theid iad thar Iordan,  
Bithidh an dochas a fas ;  
'Nuair bhitheas dochas an fhirean ;  
A toirt sith aig a bhas ;  
'S an bhitheas dochas a chealgair,  
A dol air falbh uaith mar sgail.

'Nuair thig a chuis agus an deuchainn,  
'S mor am feum bhitheas air gras,  
Mur bi na fìor nithe féin ann,  
Cha bhi feum ann an sgail :  
Ged bhitheas cealg-fhearaibh mor,  
A cumail cleoc orra an trath-s' ;  
Cha d'theid a h-aon dh'ionnsuidh gloir  
dhiubh,  
Tha Iehobbah ag radh.

Cha b'urra' an t-aingidh bhith beo,  
'S an rioghachd ghlormhor tha shuas ;  
O'n bhitheadh inntinn cho feolmhor,  
Lan morchuis, a's uail ;  
Cha b'e gradh bhiodh 'ga threorach,  
'S cha b'urr' dha ghloir thoirt do'n Uan ;  
Cha mho thuigeadh e an t-oran,  
Tha na cheol dhaibh 's gach uair.

## CCIGRICH.

O, is mithich dhuinn gluas'd,  
 Agus siubhal gu luath,  
 Cha bhi ar laithean ro bhuan fo'n ghrein ;  
 'S coigrich sinn a's luchd cuairt,  
 'G iarraidh an duthaich tha shuas,  
 Tha ar dachaich, a's ar duais air neamh.

'S fasach ulartaich, thruagh,  
 Anns am bheil sinn air chuairt,  
 Cha'n 'eil fois dhuinn, na suaimhneas ann ;  
 Ach tha ar suilibh riut féin  
 Tha air neimhibh nan speur,  
 Thoir oirn' gu'n ruith sinn an reis gu ceann.

'S ann air t-ainm bhitheas sinn luaidh,  
 'S ma bhitheas tu leinn bheir sinn buaidh,  
 Ged robh an saoghal 'gar ruag gu teann ;  
 Dh'aindeoin Pharaoh, 's a shluagh,  
 Theid sinn thair a mhuir ruadh,  
 'S bheir sinn tuille a's buaidh aig a cheann.

Is ann a tha sinn 'san uair s',  
 Mar long air a chuan,  
 Measg nan tonn a ta uabhrach, ard,  
 Ach 's treise an 'Ti sin tha shuas,  
 Na tuithean droch shluaigh,  
 'S tu chaisgeas am fuaim 'nuair is aill.

'S tu bheir ardan an gnuis,  
 Gu tamh ghabhail 'san uir,  
 'S theid an aillteachd air chul gu leir ;  
 Ach do 'd phobull bochd, bruit ;  
 Bitheas tu féin air an cul,  
 'S le do ghras ni thu'n stiuradh 's gach ceum.

O! stiuir sinn le d' ghras,  
 Gus an ruig sinn an t-ait,  
 Anns am bi sinn gu sabbhailt beo ;  
 Far nach bi sinn gar luasg,  
 A' dol thuige a's uaith,  
 Mar long air na cuaintibh mor.

Tha ar truailleachd féin,  
 A ghnath ruinn a striobh,  
 'S toirt oirne bhi sgith deth 'n fheoil ;  
 A's luchd aiteach ar tir,  
 Nach d'thug gradh dha ar Rìgh,  
 'S ann tha 'n nainhdeas a sior dhol am moid.

Nam b'ann 'sa bheatha so a mhain,  
 Bhiodh ar suil ri do shlaint,  
 'S sinn bu truaighe do chach gu leir ;  
 Ach ma 's ann thall o'n a bhas,  
 Fhuair sinn dochas ni's fearr,  
 'S sinn is sona tha'n dras fo'n ghrein.

Is mor ar sonas r'a luaidh,  
 Seach na trailleam bochd, truagh,  
 Tha ga 'd aicheadh le gluas'd mi-naomh ;  
 'S e sud is cainnt dhaibh gach uair,  
 A Rìgh na gloir imich uainn,  
 Cha'n aill leinn eolas air 'd'bhuidhibh naomh

Ach rinn thu ionnmhas gu leoir,  
 Thasgaidh suas ann an stor,  
 Do'n dream a ghluaiseas air choir a'd' dheidh  
 Dhaibhs' is fearr sud gu mor,  
 Na bhi toileach na feol',  
 'S luidh sios ann an bron fadheidh.

B'fhèarr an roghainn rinn Maois,  
 Air teachd dha-san gu aois,  
 Ghabh e amhgar maraon ri d' shluagh ;

Dh'fhag e 'n Eiphit 'sa maoin,  
 Ma' ri solasaibh faoin,  
 'S chum e shuil air luach-saoithraich buan.

Is ann trid amhgara mor,  
 Searbh do fhuil a's do fheoil  
 Chaidh 'n dream tha nis ann an gloir a seinn ;  
 'S ma gheibh sinne dheth coir,  
 Thoir dhuinn foighidinn Ioib,  
 'S an uine ghoird bithidh 'm bron 'nar deigh.

'Nuair a dh'fhuilinneas sinn tair',  
 Agus masladh a's cul-chain',  
 Is ged' bhagair iad bas bhitheas cruaidh ;  
 Ma bhitheas e uile air do sgath-sa,  
 Bithidh ar n-aoibhneas a fas,  
 Air son gu'n d'fhuaire sinn an gras so uat.

'S fearr na'n saoghal-s' gu leir,  
 Bhi ann an aonachd riut féin,  
 O 'n nach fag thu, a's nach treig thu chaoidh ;  
 'S tu a shaoras do threud,  
 Le do ghairdeanaibh treun,  
 'S bheir gach aon diubh dhuit geill mar Righ.

Is fearr aon latha ann do chuir,  
 A faghail sgeul air do chliu,  
 Na mile latha ri sugradh baoth ;  
 'Tha beatha, slainte, agus iul,  
 Ann an dealradh do ghnuis,  
 'Nuair ni thu sealltainn de d' suilibh blath.

Deonich dhuinne, anns gach cuis,  
 A bhi fantainn riut dluth,  
 A's gheibh sinn neart uat as ur gach lo ;  
 A's an uair bhith's peacaich gun iul,  
 A tilgeadh t-aitheanta air chul,  
 Thoir dhuinn an coimhid le curam mor.



Le braithriabh do bheul,  
 Dean ar stiuradh 's gach ceum,  
 Chum air seachran nach d'theid sinn uat ;  
 Ni e call air do threud,  
 'S bheir do naimhdean toi-bheum,  
 Ma's e a's gu'n sleamhnaich ar ceumaibh uainn.

Cum ar n-anamaibh beo,  
 'S ann do t-ainm bheir sinn gloir,  
 A's is iad do statuinn ar ceol anns gach am ;  
 Gus an ruig sinn a ghloir,  
 S' am bheil aoibhneas gu leoir,  
 'S cha bhi h-aon deth luchd do-bheairt ann.

Na cuimhnich mionaid do chach,  
 Na rinn iad oirne air do sgath,  
 S ann rinn an fhoirneart aca sta do d' chlann ;  
 A's a reir saibhreas do ghrais,  
 Dean an dusgadh an trath  
 Tha iad na'n codal air bharr nan crann.

Thoir dhaibh teicheadh gu luath,  
 'S na h-uile leth-sgeul chuir uath,  
 Dh' ionnsuidh an 'Ti thug a bhuidh air a bhas :  
 'S ged' robh sinne ann san uaigh,  
 Far nach cluinn sinn orr' luaidh,  
 Thoir dhaibh eolas air fuaim na slainte.

---

AN DACHAIDH BHUAN.

Air dhomh bhith sealltainn air saoghal truagh,  
 Chi mi caochladh tighinn air gach uair  
 Chi mi daoine cuir an cul rium,  
 'S a dol gu dluth chum an Dachaidh Bhuan.

Tha sean a's og a dol sìos do 'n uaigh,  
 Air lag a's air laidir tha'm bas a toirt buaidh ;  
 'Nuair thig an t-am dhaibh an saoghal fhagail,  
 Ma's tinn na slan iad, cha tamh iad uair.

Ach 's rabhadh mor sud do chach deth an t-sluagh,  
 'S is mithich dhomhs' gun chuir fada uam ;  
 Tha rabhadh garbh ann bhi deas gu falbh as,  
 O'n tha'n tigh talmhaidh gu tighinn nuas.

Ach 'nuair a chi sinn, le'r sealladh sul,  
 An corp a pilltinn a dh'ionnsuidh an h-uir ;  
 Tha 'n t-anam priseal a' dol ris, gus  
 Am faigh e bhinne o Rìgh nan dul.

'N sin gheibh e duais aig a chaithair mhoir,  
 D'a reir mar ghluais e an tìr nam beo ;  
 Theid e air ball 's ann dh'ionnsuidh suaimhneas,  
 Air neo theid fhuadach a dh'ionnsuidh bron.

O ! dhuine, smuainich air so 'na thrath,  
 Ma's ann deth an t-sluagh thu ata gun ghras ;  
 Cha'n fhac, 's cha chuala tu ni co uamhasach,  
 Ris an t-sluagh sin a tighinn 'na lathair.

An lathair an Dé bhitheas na bhreitheamh mor,  
 'Nuair a dh'fhoillsichear e 'na ghloir ;  
 Bithidh an dream a roghnaich e deanamh eibhneas :  
 'S ni uile threubha na talmhainn bron.

O ! anam, rannsaich nach bi thu cli,  
 'S ann thig an call ort ma theid thu'n di,  
 Caillidh tu an solas tha'n Rìgh na gloire,  
 A's air do dhoruinn cha'n fhaic thu crìoch.

Ach rannsaich curamach ann an tim,  
 Dh'fheuch am bheil thu air do bhreith a ris ;  
 'S ma tha, cha churam nach dearbh do ghiulan,  
 Gur creutair ur thu th'air faotuinn sith.

Ach na cuir dochas am briathraibh faoin,  
 Ge d' fhaigh thu seoladh o chuid de' dhaoine';  
 A labhras moran mu thimchioll trocair,  
 'S iad féin gun eolas air nithibh naomh.

A dh'ionnsuidh Bhiobuill ruith gu luath,  
 Dh' fheuch am firinnich e do ghluas'd;  
 A's ma their an fhirinn sin ruit gur firean thu,  
 Bheir sith dhuit nach d'thoirear uat.

Ach ma's ann cli tha thu, so an uair,  
 Gu tighinn direach dh'ionnsuidh 'n Uain:  
 Dh'ionnsuidh an 'Ti sin thug suas an iobairt,  
 Leis 'm bheil sith air a toirt ma'n cuairt.

Na smuainich dail a chur anns a chuis,  
 'Tha latha na slainte dol seachad dluth;  
 'S mar bi thu trath anns an daingneach laidir,  
 'Nuair thig am bas ort, bithidh an dorus duinnt'.

A's bithidh tusa ris ann an doimhneachd truaigh,  
 A caoidh gu siorruidh 'sna piantaibh cruaidh;  
 Slan le solas! tha bron gun chrìoch ann,  
 A's thus' a ris aig an Dachaidh Bhuan.

Ach ma's firean thu thuig am fuaim,  
 'S do'n do rinneadh priseal an 'Ti thug buaidh;  
 Tha 'g iarruidh imeachd an ceum na firinn,  
 A's t-aighaidh direach air Sion suas.

Cha choir dhuit féin a bhi deanamh uail,  
 Ma tha thu 'g eisdeachd ri guth an Uain;  
 'S ann thug e féin ort gun chreid thu 'n sgeul air;  
 'S gach ni rinn feum dhuit 's ann uaithe fhuair.

Na h-uile cuis anns am bi ort feum,  
 'S e fantuinn dluth ris, fo sgail a sgeith,  
 Bheir ort gu'n giulan thu h-uile cuis dhiubh,  
 'Nuair bhitheas do shuil, ris na dh'fhuilinn o.

'Nuair bhithleas tu a leubhadh mu Rìgh na Gloir,  
A dh' fhuilinn deuchainnean air gach doigh ;  
Cha'n 'eil nioblaid, no bron, no eigheachd ann,  
Ris nach d'fheuch e an laithean fheoil.

'S nis ge ard e aig deas laimh Dhé,  
Tha shuil a ghnath air a chairdibh féin ;  
Na'n uile theanr eachd tha e fo amhghair,  
A's tha e teinn orra an am gach feum.

Tha sud da ziriùh na mhisneach mhoir,  
D'on dream tha dileas air taobh a ghloir ;  
Gur e an Tì sin tha dhaibh na dhidean,  
A BHEATHZ, AN FHIRINN, agus an ROD.

A's ged tha chairdean an so air chuairt,  
Bheir e an aird iad, a 's gheibh iad duais ;  
'Nuair thig am bas theid iad suas gu Parras,  
'S bithidh iad gu brath aig an DACHAIDH BHUAN.

---

#### AN DEAGH SHAIGHDEAR.

Is tric a chunnaic, 's a chi,  
Mi daoine' an t-saoghail gun sith,  
Le bhi cogadh, 's a stri ri cheile ;  
Ag iarraidh airgid a's oir,  
Ag iarraidh onair a's gloir,  
Ged theid iad seachad mar neoil nan speuraibh.

Ach 'sann tha'n saibhreas gun di,  
Aig deagh shaighdearean Ios',  
Gheibh iad neart anns gach nì mar bhith's feum air ;  
A's 'nuair a choisneas iad buaidh,  
Is mor an sonas, a's an duais,  
Gheibh iad oigbreachd tha shuas 'sna neimhibh.

Ma's ann deth shaighdearean thu,  
 Feuch gu'm foillsich thu chliu,  
 O'n tha e féin air do chul, bi treubhach ;  
 'S theid thu dhachaidh le buaidh,  
 Fo ard bhratach an Uain,  
 Dh'aindeoin feachd agus sluagh na h-Eiphit.

Ga d'robh an Saoghal 'san fheoil,  
 'S moran dhaoin' air do thoir,  
 Agus Satan toirt ordugh geur dhaibh ;  
 Dh'fheuch am faigh iad thu an sas,  
 A cleachdadh innleachdan bais,  
 Leagadh lin anns gach ait do d' cheum'aibh.

Ach na gabh eagal gu brath,  
 Tha do Rìgh air do sgath,  
 Thoir thus' urram, a's gradh, a's geill dha ;  
 'S bheir e neart dhuit, a's treoir,  
 Nach d'thig do naimhdean a'd' choir,  
 Leis an armachd a sheol e féin dhuit.

Ach seas a' daighnean 's gach tim,  
 Ann an Soisgeul na sith,  
 Agus crios ort dhe'n fhirinn cheudna ;  
 A's gluais gu treubhach, briagh,  
 Ann an eagal a's am fiamh,  
 'S ni e d' bhroilleach a dhion mar uchd-eididh.

Cum do dhochas gu teann,  
 Ris a ghloir a bhitheas ann,  
 'S ni sud mar chlogad do cheann a' chuibkrig,  
 Agus creidimh nan naoimh,  
 Bitheadh na sgiath dhuit a chaoidh,  
 'S cha d'thig saighead a'd' thaobh nach much e.

Deagh-lion do chridhe le stoir,  
 Dheth ni is priseal na'n t-or,  
 Focal firinn Iehobhah, 's eisd ris ;

'S 'nuair bhitheas Satan ri saothair,  
 Chum do tharruim a thaobh,  
 Bithidh sud na chlaidheamh da-fhaobhair geur  
 dhuit.

'Nuair bhith's tu armaicht' mu'n cuairt,  
 'S tu ri caithris gact uair,  
 Lean t-ard-cheannard gu buan, a's na treig e ;  
 'S an uair a chluinneas tu iuaidh.  
 Gu'm bheil a bhratach dol suas,  
 'S mithich dhuitsa bhi gluasad a'g eixidh.

A's bithidh e na charaid ri d' thaobh,  
 'S i bhratach tharad an gaol,  
 Dean thusa a leantainn gach taobh a theid e :  
 'S ged do thuit thu 'sa bhlar,  
 Gheibh thu aiseirigh 's fearr,  
 'S bheir e dhachaidh gu PARRAS DÉ thu.

Na gabhs' eagal 'san am,  
 Gur aireamh bheag dhibh a th'ann,  
 Ann coimeas ri camp na h-Eiphit ;  
 Ma 'se 's nach brist iad 'ur ranc,  
 Cha'n fhaigh iad sibhse ann am fanc,  
 Ma bhitheas sibh dileas an ceann a cheile.

Ma bhitheas sibh dileas a's dluth,  
 Bheir bhur Rìgh dhuibh an crun,  
 An uair a chi sibh a ghnuis mar tha e ;  
 A's an uair thig la an RAVIU,  
 Gheibh sibh onair a's cliu  
 Nach d'theid tuille air chul gu brath dhuibh

'Nuair thig Caiptean 'ur slainte,  
 Bithidh sud agaibh na lathair,  
 Gloir a's onair a's FABHOIR sìorruidh ;  
 'Nuair bhitheas na creutairean baoth,  
 Nach do gheill dha na thrath,  
 Air an iomain gu brath as fhianuis

Ged d' chuir e sgail air a ghloir,  
 'Nuair ghabh e fuil agus feoil,  
 Thig e fathast le moran eibhneas ;  
 Thig e fathast mar Rìgh,  
 Le dheich mìtibh dheth naoimh,  
 'S cha bhi rioghachd, no rìgh, nach geill dha.

---

AN TURUS.

'S IOMADH mulad a's bron,  
 Bha'n cois mo thuruis chum gloir,  
 Fhuair mi mìlis ri'n ol, a's searbh ;  
 Ach 's tu-s' Ard-Rìgh na gloir,  
 A thug nach d'fhailnich mo threoir,  
 O'n bha t-fhabhor dhomh mor gu dearbh.

Fhuair mi aoibhneas gu leor,  
 A's laithean soilleir, gun neoil,  
 Le bhi fantuinn ad choir a gluasad ;  
 Ach 's e am peacadh thug orm bron,  
 'S cìochan seasg bhi gun deothal,  
 'S iad sud bha seasamh, mar neoil, mu'm chuairt.

Air dhomh sealltainn san am,  
 Air mo shlighibh 'sa ghleann,  
 'S air na ceumannaibh cam anns do ghluais ;  
 Bheir so eolas dhomh ann,  
 Nach eil do throcairean gann,  
 S gun chomhnuich thu teann gus an uairs'.

Fhuair thu'n toiseach mi m' thraill,  
 Aig a pheacadh 's aig a bhas,  
 Leanabh feirg' mar bha cach de'n t-sluagh

Aig mo naimhdibh an sas,  
 Ann an ceanglaichean bais,  
 'S iad ga m' mhealladh gach la gu truagh.

Ach o'n runich thu, Rìgh,  
 Nach rachainis' an di,  
 Ghlachd thu greim dhìom, a's mi air a bhruaich;  
 'S air dhuit sgaoiladh an lin,  
 'S ann fhuar mi saorsa, agus sìth,  
 'S thionndaidh m'aghaidh air SION shuas.

Bu bheag m'eolas 'san am,  
 Ach 's tu bu chomhnadh dhomh ann,  
 Ga mo threorach trid ghleann nan deoir;  
 'S mur bhith gun ghreas thu mi teann,  
 'Nuair bhithinn leasg agus fann,  
 Cha robh mo shubhal ach mall 'san rod.

'S e dh'fhag mo shiubhal cho mall,  
 'S iomadh leoghan a bh'ann,  
 A seasamh romham mar bheanntan buan;  
 Ach le do leantuins' gu teann,  
 Chunnaic mise aig a cheann,  
 Nach b'e'n leoghan bh'ann, ach an t-UAN.

'Nuair shiubhlinn da cheum,  
 A's mo shuile riut féin,  
 Bhitheadh an t-slighe dhomh reidh dol suas;  
 An sin bhithinn gu treun,  
 'S bhitheadh mo chridhe rium reidh,  
 A's thairneadh sud mi 'n ceumnaibh luath.

Thairneadh sud mi gu ceol,  
 Le bhi 'faicinn do ghloir,  
 'Nuair a sgapadh nan neoil, le'n gruaim;  
 'S le bhi 'faicinn do ghaoil,  
 A deanamh taice dhomh gach taobh,  
 Bha mi 'faicinn 's a faotuinn buaidh.



'S mise a dh'aithnich mu thrath,  
 'S fhuair mi faireachd, no dha,  
 Gur tu caraid a bh'fhearr a bh'ann,  
 Gach neach 'sna chuir mi mo dhuil,  
 Fhuair mi e mar chuile bhruit',  
 'S togaidh mise mo shuil chum nam beann.

'S bithidh mi 'g urnuigh riut féin,  
 Oir tha mo naimhdean ro threun,  
 'S tha iad uile gu leir air mo thoir ;  
 Cuid mar leoghain toirt bheuc,  
 'S cuid ri miodal le 'm beul,  
 'S cuid 'g am folach fo sgeith mo chleoc.

Ach o'n tha deuchainnean ann,  
 Mar dh'fheuch thu da d' chlann,  
 Na treig mi gu ceann an roid :  
 O'n nach fhaic mi san am,  
 Am bheil mi faisg air a cheann,  
 No 'm bi mi fad ann an gleann nan deoir.

Ma's e thachair ad run,  
 Gu'n d'theid mi dhachaidh gu dluth,  
 Dhionnsuidh fois ann an uine ghearr :  
 Cum 'sa caithriseach mi,  
 Chum 's gu'n imich mi'n sith ;  
 'S e bhi maille ri Iosa is fearr.

Ach ma's e so th'ann do run,  
 Gur eiginn fuireach car uine,  
 O, bi féin air an stiur 'ga m' sheol' ;  
 'S cha bhi ataireachd thonn,  
 Air nach marcaich mo long,  
 'S thig mi tir 's ann air fonn do ghloir.

Ma tha e feumail dhomh tamh,  
 'S cuan deth dheuchainnibh shnamh,  
 Deonaich pailteas dheth d' ghras gun di ;

Le Spiorad urnuigh gun dail,  
Chum nach teichiinn o d' latbair,  
Mar rinn Ionah 'nuair chaidh e cli'.

Na leig ormsa gu brath,  
Ni bheir oilbheum, no bas,  
Air neach idir thug gradh dha'n UAN ;  
No ni bheir misneach do chach,  
Dol air 'n aghaidh gu dan,  
Gus an coinnich iad bas a's truaigh.

'S ma bhitheas roinnean gun fheum,  
Am measg na cloinne 's leat féin,  
'S iad le 'n doille, 's le 'n eud, toirt claoidh,  
Bacadh aonachd a cheil',  
Sgapadh caorich do threud,  
Ris an dubhairt thu féin do naoimh,

Deonuich dhomhsa a bhi reidh,  
Ri luchd t-eolais gu leir,  
Ma tha'n dochas a reir do shlaint' ;  
'S cum mi cialach 's gach ni,  
Chum 's nach meudaich mi 'n strith,  
'S e bhi deanamh na sith as fearr.

'S ann o aonachd a's sith,  
Gheibh sinn aoibhneas gun di,  
'S a bhitheas t-oighreachdsa a' sior thoirt  
    buaidh ;  
'S e bhitheas taitneach, maraon,  
'S e bhitheas dearbhtha do dhaoin,  
'S a dh'fheuchas do ghaol do'n t-sluagh.

O, na treig mi 'sa chuis-s',  
Ach dean féin dhomh an t-iul,  
'S cum mi iriosal, ciuin, mar bu choir ;  
'S pill mo shuilean o shannt,  
'S o gach curam a t' ann,  
'S tric a chiurr iad do chlann, 's a leon.

O'n tha curam gun sta,  
 Teannadh dluth rium gach la,  
 Cum mo shuil ris an Ard-Rhìgh mhor;  
 Bheir air na lili bhì 'fas,  
 Anns a mhachair fo bhìlath,  
 'S cha robh Solamh co aillt ann na ghloir.

Chi mi eunlaith nan sliabh,  
 Nach saothraich, 's nach sniomh,  
 'S iad eudaicht gu sgiabhach, bla' 't  
 'S ge d' nach taisg iad an loin,  
 'S nach 'eil aca tigh-stoir,  
 Gheibh iad pailteas gu leor o d' lamh.

O'n 'se do churams' is fearr,  
 Tarruinn dluth mi le d' ghradh,  
 'S bithidh mi 'n duil riut gu brath nach  
 'S teichidh curam is cradh  
 'S bheir iad umhlachd dha d' ghradh,  
 Air dhomh suil thoirt air aird, 's a leud.

B'e sud dochas gach aon,  
 A fhuair eolas do ghaoil,  
 'S e bu cheol doibh gradh saoraidh an UAIN;  
 'S ge d' bha iad beo air a ghaol,  
 'S ge do dh'ol iad deth taom,  
 Tha ni 's leor ann, cha do thraogh iad an cuan.

'S ma bhitheas m'inntinns' ag taml,  
 Ann an innleachd na slaint,  
 Gus an crìochnach mo la le buaidh;  
 Theid mo thogail do'n ait,  
 'S am bheil tobair na slaint,  
 O'm bheil na sruthanna blath teachd nuas.

'S bithidh mo dhachaidh 's a ghloir  
 'S nach d'theid baca' air mo cheol;  
 Gheibh mi cupan ri ol gu cian,  
 'Sam bi m'fhior-uisge beo.

Thig o'n Rìgh-chathair mhoir,  
'S cha d' theid a mheasgadh le bron feadh gach ial

---

GARaidH EDEIN.

NACH truagh leibhse mar dh'eirich,  
An garaidh Edein do'n t-sluagh ;  
Le cuilbheartan Shatain,  
'Mheall Eubh' agus Adhamh,  
Cum umlachd thoirt dhasan,  
An aghaidh Ard-Rìgh nan sluagh ;  
'S thug sud doruinn 's gach ait dhaibh,  
'S fhuair an bas orra buaidh."

Thug e'n naomhachd 's an glòir dhiu,  
Thug 's an eolas a's an iul ;  
'S ge d' bu mhor an cuid solais,  
Chaill iads' an sin coir air,  
Bha cheartas an toir orra,  
'S chaidh a throcair air cul ;  
A's mar d'thigeadh Slanaighear glormhor,  
Bu ro bhronach ar duil.

Ach thainig sgeul aoibhinn,  
A chum nam braighdean bha'n sas :  
Thainig Iosa, le solas,  
Chum an saoradh o'n doruinn,  
A's o'n sheas e'n coir dhaibh,  
Chaidh Esa a leonadh na'n ait-s' ;  
A's tha firinn a's trocair  
Air comhlachadh na bhas.

Nach aoibhinn an sgeul  
Tha ga leubhadh do'n t-sluagh ?

Gu'n d'thug IOSA lau-dioladh,  
 A thug do cheartas sar-riarach,  
 A's le firinnteachd shiorruidh  
 Gu'n d'thug e sith-chainnt mu'n cuairt  
 A's on phaidh e na fiachan  
 Co ris dh'iarras feich uainn ?

'S an dream a chreideas an fhirinn,  
 Bheir e ris iad o'n truaigh ;  
 Bheir e solas a's sith dhaibh,  
 'S bheir e dochas a ris dhaibh,  
 Ris a ghloir tha neo-chriochnach,  
 Anns an rioghachd thu shuas ;  
 'S bithidh na creutairean naomh sin,  
 Do'n Fhear-shaoraidh mar dhuais.

Sibhse a chreid an sgeul aoibhinn,  
 'S a rinn e saibhir le ghras ;  
 Feuch gu'n gluais sibh gu dileas,  
 Anns gach ceum mar rinn IOSA,  
 Mar is cubhaidh do'n fhirinn,  
 A's do rioghachd a ghras ;  
 Ann an eud, a's ann an naomhachd,  
 Ann an aonachd, a's an gradh.

Na bitheadh mi-run, no farinad,  
 Na bitheadh seannachas gun bhrigh ;  
 Na bitheadh diteadh gun dearbhadh,  
 'S na bitheadh strith no eud searbh ann,  
 Am measg nam firean a ta 'g ainmach,  
 Gu'n d'fhuair an anamanna sith ;  
 A's bitheadh an teo-chridheachd cairdeal  
 Le gradh brathairel 's gach tim.

Ge do tha sibh 'san trath-sa,  
 Ann am fasaich bhochd, fhuar ;  
 Air bhur cuartach le trioblaid,  
 A's am peacadh a' strith ribh,  
 Ma 's e a's gu'n gleachd sibh gu dileas,

Tríd Iosa bheir sibh buaidn ;  
 S an uair thig e chum slainte,  
 Ni sibh gairdeachas buan.

Ni sibh gairdeachas siorruidh,  
 'Nuair thig Iosa ann a ghloir ;  
 Bithidh a ghnuis mar a ghrian dhuibh,  
 Mar mhadin chiuin an deigh sianntan,  
 Theid bhur dusgadh 'na iomhaighs',  
 A's bith' sibh sgiamhach gu leor ;  
 As eugais peacadh no truailleachd,  
 'Theid sibh suas na chomhail.

'Nuair thig e ris bheir e a shluagh leis,  
 Dh'ionnsuidh suaimhneas a's gloir ;  
 A meud 's a luidh anns an uaigh dhiubh,  
     an dream a choidil 'sa chuan diubh,  
 Bheir e o'n deas a's o'n tuath iad,  
 'S theid iad suas air na neoil ;  
 An sin slan le truailleachd 's mi-naomhachd,  
 An sin slan le saoghal nan deoir.

'Nuair a shuidheas an Ti ud,  
 Air a Righ-chaitheir mhor,  
 'S thig gach creutair 'na fhianuis,  
 A dh'fhaighail reir a's mar bha 'n gníomh'ra,  
 Thig talamh 's neamh a thoirt fianuis,  
 Gur ceart a riaghlas e'n slogh ;  
 'Nuair ni e 'n t-aingidh a dhiteadh,  
 'S a bheir e'm firean chum gloir.

An sin gheibh na firinnich fabhor,  
 Ann an lathair an t-sluaigh ;  
 'Nuair their iads', so ar Slanaighear  
 An sin, cha dean e sa' aon diubhs' aicheadh  
 Their e riubh sibhsa mo bhrath'rean,  
 Sibhs' mo cairdean 's mo shluagh ;  
 Siubhlaibh dh'ionnsuidh na h-oighreachd,  
 Anns an bheil coibhneas bith-buan.

An sin bithidh iads' air an tearnadh,  
 O gach bas, a's o'n uaigh ;  
 Siubhlaidh iad le luath-ghaire,  
 'S iad neo thruaillidh, 's neo-bhasmhor,  
 Theid iad gu luath dh'ionnsuidh 'n arois,  
 Anns am bheil lathaireachd an UAIN :  
 'S bithidh iad a' seinn an sgeul aoibhinn,  
 A shaor na braighdean o'n truaigh.

---

ORAN GAOIL.

TOGAIBH, naoimhaibh, luath-ghaire,  
 Deanaibh gairdeachas ur ;  
 O' fhuair sibh bhi'n fabhor,  
 Ri Ard-Rìgh nan dul ;  
 O'n shaor e o'n bhas sibh,  
 'S o'n trailleachd bu mho ;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint' sibh,  
 Thugaibh dhasan an cliu.

Na'm b'e gu'm b' urrainn mi cainnt air,  
 Thug e gradh dhuibh bha mor ;  
 Chaidh e seachad air Ainglibh,  
 'Nuair a chaill iad an gloir ;  
 S' ghabh e greim deth shìol Abraim,  
 Chum a's gu'n tearuint' iad leis beo ;  
 A's rinn e sgiamhach le shlaint iad,  
 O'n bha ghradh dhaibh cho mor.

So an gradh tha gun samhladh,  
 'S nach do rannsaich neach riamh ;  
 Cha b'e cairdean, ach naimhdean,  
 Ann an cainnt 's ann an gnìomh  
 Cha b'e dream a bha araidh

Ach na traillean nach b'fhiach ;  
 A rinn e sgiamhach le shlainte,  
 O'n bha ghras dhaibh cho fial.

Ma's neach thu th'air do naomhach',  
 Faic a ghaol tha gun cheann ;  
 'Nuair chaidh fhoilseach 'san t-saoghail-s',  
 'S e t-Fhear-saoraidh a bh'ann ;  
 Mu'n d' fheud e do thearnadh,  
 Fhuair e 'm bas air a chrann ;  
 S o'n rinn e sgiamhach le shlaint' thu,  
 Thoir do ghradh dha 's gach am.

Feuch gu'n lean thu a cheum' na,  
 Mar rinn Enoch a's Pol ;  
 'S na h-uile aon a thug speis dha,  
 Cha b'ann dhaibh féin bha iad beo ;  
 Cha sgaradh beatha, no bas iad,  
 O Ard-Rìgh na gloir ;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint' iad,  
 O'n bha ghradh dhaibh cho mor.

'S thuirt an te fhuair cinnt air,  
 'S a bha 'ga innseadh gu saor ;  
 Sgapaibh ubhlan mu m' thimchioll,  
 Oir tha mi tinn, 's ann le gaol ;  
 Tha mo chridhe air failinn,  
 O'n bha ghras dhomh cho saor ;  
 'S gu'n d'rinn e sgiamhach le shlaint' mi—  
 'S e mo Shlanaighear caomh.

'S e thuirt nigheana 'n t-saoghail-s',  
 Ma 's e ghaol thug ort buaidh ;  
 Innis dhuinne ciod an t-aobhar,  
 Ma'm bheil do ghaol dha cho buan ;  
 Chunnaic sinn e 'san fhasach,  
 'S 'se bu taireil deth an t-sluagh ;  
 Cha robh sgiamh ann, no ailteachd,  
 'S ghabh e tamh anns an uaigh.



O ! nigheana gaolach,  
 'S ann na aodanns' bha ghloir :  
 'S e dh'fhag sibhse gun speis dha,  
 Nach bu leir dhuibh fo 'n chleoc ;  
 'Nuair a ghabh e ar nadur,  
 Thug sud sgail air a ghloir ;  
 Ach chunnaic mis' e ni bu sgiambach,  
 No ghrian troimh na neoil.

Chunnaic sibhs' e gu taireil,  
 'S e' dol gu tamh anns an Uaigh ;  
 Ach chunnaic mis' e ag eiridh,  
 'S ann aige féin bha bhuaidh ;  
 Chunnaic mis' e gu glormhor,  
 Air na neoil a dol suas ;  
 'S ann air deas-laimh na morachd,  
 A tha e chomhnuidh gu buan.

'S maisich e na clann-daoine,  
 Ann an naomhachd gu mor :  
 'S ann da tha ainglean ag aoradh,  
 'S lion e 'n saoghal le ghloir ;  
 Fhuair mi beatha agus siochaint,  
 Ann am firinn a bheoil ;  
 'S e mo ghradhsa RIGH SHION,  
 'S tha 'n t-slat rioghail na dhorn.

Mun an d' fhag e an tir so,  
 Bha e firinneach leam ;  
 'S fhuair mi chomhairlean dileas,  
 'S iomadh ni thuirt e ruim ;  
 Fhuair mi gheallana priseal,  
 Na'm bithinn dileas gach am ;  
 'S tha mo dochas as fhirinn,  
 Ise mo Righ e 's mo cheann.

Thubhairt e rium, tha thu an saoghal,  
 A bhitheas ri caochladh gach uair ;  
 Feuch nach meall iad do ghaol uam,

'S mis' a shaor thu o'n truaigh ;  
 'S mis' a cheannaich o'n bhas thu,  
 'S daor a phaigh mi do luach ;  
 'S ma bheir thu umhlachd a's gradh dhomh,  
 Sud amhain na bheil uam.

Ge do tha mi ga d'fhagail,  
 Anns an fhasach air chuairt ;  
 Tha mi 'g ullachadh ait' dhuit,  
 Anns an aros thu shuas ;  
 'S ge d' robh trioblaidean craiteach,  
 'Ga do sharach car uair,  
 Le ainglibh mo lathairachds',  
 Bheir mi tearuinte thu suas.

Tha mi 'g innseadh sud trath dhuit,  
 'S ann is fearr bheir thu buaidh,  
 Gu'm bheil fearg air an *Dragon*,  
 O'n a ghradhaich thu'n t-UAN ;  
 A's gheibh thu diomb' o do chairdibh,  
 Ach gheibh thu gairdeachas uams' ;  
 'S biths-s' ri caithris a's urnuigh,  
 Gus an tuirlinn mi nuas.

O Shlanaighear Ghrasinhor !  
 'S tu is fearr dhomh tha beo ;  
 'S an uair a chuimhnich's mi t-fhabhor  
 Tha m' aobhar gairdeachas mor ;  
 'S cha 'n e idir bhi taireil,  
 Air do sgaths' rinn mo leon ;  
 Ach se mo ghiulan mi-rianail,  
 Is tric a mheudaich mo bhron.

'Se mo pheaca a's m' eas-umhlachd,  
 A dh'fhag bruite mi chaoidh ;  
 'S gur ann 'leigheas mo chreuchdain,  
 A cheus iad mo Rìgh ;  
 Chaidh t-fhuil phriseal a 'thaomadh  
 Air son gach aon deth do naoimh .

'S e sud an gaol rinn mo chiurradh,  
A's rinn do shuilean mo chlaoidh.

Ach o'n dh'fheuch thu do gradh dhomb  
Na fasga mi a chaoidh ;  
Gus am faic mi na d' ghloir thu,  
'S cha bhi bron ann, na caoidh ;  
S 'nuair a thig an latha mor sin,  
A's saorsa ghlormhor do naoimh,  
Bithidh mise a deasach mo lochran,  
Gu dol an comhail mo RIGH.

---

TRUAIGH SHIORRUITH.

'S tric a smuainich mi chairdean,  
Na'n rachadh agam air dan a chur sios,  
Gur ann air uamhas an Ard Righ,  
Agus saibhreas a ghrais th'ann an Criosd ;  
Dh'fheuch an duisgeadh e aireamh,  
Dheth an dream tha'n codal aig Satan an lion ;  
Tha 'g eigheach sith agus tearuinteachd,  
'S iad an cunnart gach la dhol an di.

Ach tha mi faicinn mu thrath dheth,  
Mur d'thig cumhachd o'n aird oirne a nuas ;  
Gu'm fuirich iad mar a tha iad,  
'S nach bi h-aon diu gu brath air an gluasad,  
'Nuair tha neart agus slainte ac',  
Cha'n 'eil cuimhne ac' air bas, no air truaigh  
'S 'nuair tha na nithibhs' 'ga am fagail,  
'S ann tha'n cridhe do ghnath dol n's cruaidh.

O dhuine gun eolas,  
Tha cuir cul ri Iehobhah, 's ri 'reachd ;

'N anns an t-saoghal, no'n storais,  
 No'n ann an aighear na h-oige tha do fhlachd  
 Ma's ann tha t-inntinn-se feolmhor,  
 'S tha thu fathasd an domblas do pheuc' ;  
 'S ma thig am bas air an doigh s' ort,  
 'S eiginn duitse a bhi 'n doruinn gu beachd.

No'n e coslas na diadhachd,  
 Air 'n d' shocraich thu t-iartas gu leir ;  
 A' feuchainn sgail ann am briathraibh,  
 'S gun a cumhachd bhi riamh ort do reir ;  
 Mur d' 'rinn eolas na firinn,  
 Do thoirt a dh'ionnsuidh fuil phriseal mhic Dhé,  
 Co fhad 's is leir dhomh o'n bhiobull,  
 'S ann tha do thaice ri t-fhirinnteachd féin.

'S ma ghoideas am bas ort,  
 Bheir e sios thu do'n aite 'sam bheil caoidh .  
 'S co dhinnseas do charamh,  
 Far nach d'thig furtachd gu brath ort, no faoidh ;  
 Mur d'fhuair thu gairdean co laidir,  
 'S nach dean cumhachd an Ard-Rìgh do chlaoidh ;  
 'S coir dhuit-smuaineach na thrath air,  
 'S aobhar uamhais am bas do na daoibh.

Smuainich thusa air an truaigh,  
 Tha feitheamh air an t-sluagh tha dol sios,  
 A dh'ionnsuidh 'n doruinn bith-bhuan sin,  
 'S dhaibh tuille cha dual tighinn a nios ;  
 Na'm b'e gu'n tuigeadh tu an caramh,  
 Their leam gun'n eigheadh tu os-aird, gun bhi sgith  
 Aig radh, fheara, 's a bhraithraibh,  
 Ciod an doigh air an sabhalar mi ?

Na'm b'e 's gu'n tuigeadh tu trian  
 Dheth na tha ri fhulang de phian, a's deth bhron.  
 Anns an t-slochd tha gun iochdar,  
 Fo chorruch an Dia sin tha mor,  
 Cumaidh cumhachd neo-chrìochuach,

Ann's na lasraichaibh dian sin thu beo ;  
 Ged d' robh deatach am piantan,  
 'G eiridh suas ann gu siorruidh mar cheo.

Dh'ionnsuidh an dorchadas shiorruidhs',  
 Cha d'thig solus no grian ann gu brath ;  
 S cha 'n 'eil solas ri iarraidh,  
 Ach guil a's giasgan air fiaclaibh do ghnath,  
 Cha bhi aighear, no ceol ann,  
 'S cha bhi aon ann bheir solas do each ;  
 'S cha bhi duil ann ri trocair,  
 Ach gul, a's caoidh, agus bron feadh gach al.

Is searbh an deoch tha ri h-ol,  
 Aig an dream a bhasaich gun eolas air Dia ;  
 Cuan feirg tha gun trocair,  
 Teine, pronnasc, 's stoirm mhor dhiubh gun dion,  
 'Nuair thig na nithean sin comhlath,  
 Bhitheas na'n tonnana beo feadh gach ial ;  
 Gheibh iad sud mar am porsan,  
 Lan cup deth 's gur leoir dhaibh a mheud.

Ge bochd an gearan, 's ge truagh e,  
 Ann's a chuan sin nach fuarich ni's mo,  
 Righ nan dul cha ghabh truas dhiubh ;  
 'S e sud a gheall e mar dhuais dhaibh o thus ;  
 Thuirt luchd nan cridheachan uabhrach,  
 Co an Dia bheir nuas sinn do 'n uir ?  
 An ti th'air neamh bheir e buaidh orra,  
 'S ni e 'n ioman, 's am fuadach e ghnuis.

Ma 's iad briathran na firinn,  
 A tha mi nis air cuir sios ann mo dhan ;  
 'S ann tha druigheachd da riridh,  
 Air neach nach seall ann an tim air son slaint' ;  
 Tha na laithean ro phrisail,  
 Ag caithidh seachad, bheir sios iad gun dail ;  
 'S chi iads' aig' a chrich,  
 Gu'm bi chuis mar tha'm Biobull ag radh.

Ach nise gu co-dhunadh,  
 Bheiream comhairle le durachd 's le gradh,  
 Do'n dream tha fuireach gun churam,  
 Anns an t-slighe do'n dachas am bas ;  
 Iad a philltinn gu dluth aist',  
 Dh'ionnsuidh Iosa o'n 'se Ughdar na slaint :  
 'S esa' a dh'ol anns chupan,  
 Meud an doruinn nach giulanadh each.

'S an dream a chuireas an duil ann,  
 Agus aig a bheil suil ris chum slaint',  
 Rinn e'm peacadh a ghiulan,  
 'S thug e dioladh le umhlachd chum bais,  
 'S air a mheud 's gan d'thig dluth dha,  
 Cha chuir e uaith iad, 's cha dhiult iad le tair ;  
 S ann ni e an saoradh o'n doruinn,  
 'S bithidh gach aon diubh toirt gloir dha gu brath.

---

#### STAIID NADUIR.

'S e dhinnis Dia na firinn duinn,  
 Muir beirte ris an sluagh,  
 Nach fheud iad dol d'a rioghachd-saas,  
 'S tha sud na firinn bhuan ;  
 Mur bi iad air an naombhachadh,  
 Cha'n fheud iad a dol suas,  
 A dh'ionnsuidh an arois sholasaich,  
 Anns am bheil gloir an UAIN.

'S ma tha mi cuir mo sheula ris,  
 Gur eigin da bhi fìor,  
 'S coir dhomh an cor a leughadh dhaithe,  
 O fhocal Dé ata sgriobht',  
 A's ge d' dhiult iad eisdeachd ris,

No geill thoirt do'n Rìgh,  
 Gu cinnteach 's comhar bronach e,  
 Mur doirt mi mach mo chri.

'Se chuimhnich ban-rìgh Ester dhombh,  
 Aon dleasdanas bha fìor.  
 Cha'n fheudadh i bhi suaimhneach.  
 A's an sluagh bhi dol an di ;  
 'S le trasg a's le urnuigh bhuaidhaich i,  
 A's fhuair i run a cri ;  
 'S cha d' sguir i dh'iarraidh fabhor—  
 Gus an d' fhuair iad fainne an Rìgh.

O ! ma ta, dean trocair oirn',  
 Oir is bronach cor ar tìr,  
 Tha'n sluagh a dhiobhal eolas—  
 Air Iehobhah, tha na Rìgh ;  
 'S tha blath na h-inntinn fheolmhor,  
 G innseadh an stoir th'ann sa chri,  
 'Deth tharcuis air a mhorachd san,  
 'Ge bronach a bhith ga innse'.

Tha breugan a's cul-chaineadh ann,  
 A's mìonnan laidir, mor,  
 'S tha morchuis agus ardan ann,  
 A's grainealachd gu leoir ;  
 'S tha fanoid air luchd crabhaidh ann—  
 Air teachd gu airde mhor,  
 'S mhi naoimhaich iad do shaibhaidean,  
 O Rìgh is airde gloir !

Ach sud an nì tha nadurach,  
 Do'n aireamh tha mi luaidh,  
 Thuit iad an Adhamh,  
 'S tha'm bas air faotuinn buaidh ;  
 'S cha leum iad thair a gharaidh ud,  
 Rinn Satan chuir mu'n cuairt,  
 Mur brist thu le do ghrasaibh air,  
 'S O ! thig gun dail a nuas.

O! cuimhnich, ann do thruacantachd,  
 Gu'm bheil an sluagh gun treoir,  
 'S iad marbh am peac', 's an euceartaibh,  
 Gu leir o lathibh an oig' ;  
 A's mur gairm thu iad gu h-eifeachdach,  
 Cha'n eirich iad ni's mo ;  
 'S mur cuir thu féin gu gluasad iad,  
 Cha dual daibh a thighinn beo.

O! seall nuas gu grad oirne,  
 Tha sluagh na'n codal trom,  
 A's brudair iad bhith ailleasach,  
 Air aite sleambainn, lom,  
 Air bruach a chuain a bhathas iad,  
 Ma dh'fhailnicheas am bounn,  
 'S mur saor thu, Rìgh nan dul iad,  
 Bithidh an dusgadh 'measg nan tonn.

Ach 's caoraich chailte air seachran iad,  
 Mar neach bhitheadh an ceo.  
 'S fiadh-bheathachan na macharach,  
 Gle acrach air an toir ;  
 'S mur dean an t-Ard Bhuachaill sin  
 An cuartachadh do'n chro,  
 'S e am bas an ni is dualaich dhaibh,  
 A's iad a smuaineach a bhith beo.

Is mic struidheal da riridh iad,  
 A rinn an ditheach féin,  
 A's chaith am maoin le striopachas,  
 A's iad air dhiobhail ceill ;  
 Ach, O! cuir Thus' gu rannsach iad,  
 Mu'n ruig iad ceann an reis,  
 'S o gach seachran ceannsaich iad,  
 Gu bhi na'n clann duit féin.

Ach 's cnambain tioram, fann iad,  
 Tha na'n luidhe an gleann nan deoir,  
 'S 'nuair bhitheas neach sealltuinn riu,



Cha gheall iad tighinn beo,  
 Ach ma thig an fhaidhdaireachd,  
 Le gras an spioraid bheo,  
 Bithidh farum 'measg nan cnamhan sin,  
 Tighinn blath le fuil is feoil.

'S e clann na feirg fo'n diteadh,  
 Their an fhirinn riu gu dearbh ;  
 Tha mallachdan a Bhiobuill oirbh,  
 'S iad sgrìobhte le bagradh gharbh,  
 'S i sud an staid tha doruinneach,  
 Bhi malluicht' beo a's marbh,  
 'S mur saor Thu Rìgh o'n diteadh iad,  
 Gu cinnt' bithidh chrìoch dhaibh searbh.

Ach cia mar dh'iarrain trocair dhaibh ?  
 Mur leoir na chuir mi sìos,  
 Is naimhdean da do glòir-s' iad,  
 Tha cuir t-orduigh 'n neo-bhrìgh ;  
 Cha'n 'eil an crìdhe an toir ort,  
 'G iarraidh eolas air do shlìgh',  
 'S mar Shagart dhaibh cha'n aill leo thu,  
 Bhi t-Faidh, no ad Rìgh.

Ach so an t-aobhar gairdeachas,  
 Gur h-aon ro ghrasmhor thu,  
 Nì trocair 'nuair is aill leat—  
 Air an aireamh th'ann do run ;  
 'S cha leir dhomh aon cho graineil,  
 'S nach fhaod gras an tarrainn dluth,  
 'S bheir eolas air an t-Slanaighear  
 Dhaibh beatha, slainte, a's iul.

Tha farsuinneachd a's eifeachd,  
 Anns an eiric chaidh thoirt suas,  
 A dh'fhosgail dorus reidh  
 Do gach creutair a ta gluasad ;  
 Ge d' bhitheadh iad co aingidh,  
 Ris na h-ainglean thuit gu truagh.

Ma tha nadur dhaoin' aca,  
Tha saorsa am fuil an UAIN.

Tha fuil na h-iobairt reitich sin,  
Aig eigheach air son sith,  
Do gach aon a dh'eisdeas ris,  
'S a gheilleas dha mar Rìgh ;  
Ge d' bhitheadh mìle saoghal ann,  
Cha d'theid a h-aon diubh an di,  
Ma bhitheas iad air am faotuinn—  
Air an aonachadh ri Crìosd.

O ! ma ta, gabh truas dhinn,  
'S thoir thusa an sluagh gu geill,  
'S ionnlaid anns a chuan sin iad,  
O'n truailleachdaibh gu leir ;  
'S bithidh mhead a's rinn thu throcair orra,  
Na oran nuadh na'm beul,  
'S bithidh iad na'n cruitheachd ur dhuit,  
Bhitheas a' seinn do chliu gach re.

---

ORAN DO'N T-SAOGHAL.

'S IONGANTACH thu Shaoghail,  
'S neo-chaomhail do ghnuis,  
'S mairg a bheireadh gaol duit,  
Is caochlaideach thu ;  
Mheall thu clann 'nan daoine  
Na'n saothair a's na'n duil,  
'S tric a gheall thu solas,  
'Nuair 's bron bh'ann do run.

Mheall thu le storas,  
Le morchuis 's le cliu,  
A's anamhiann na feola.  
An oigridh co dhiu ;

'S an dream a fhuair gu leoir dhìot,  
 'S a dh'ol as'd gu d' chul,  
 Cha do mheudaich thu'n solas,  
 Cho mor 's a bba'n duil.

Ach sgaoil thu do thoilinntinn,  
 Gu m'inntinn a ghluasad ;  
 'S mise a dh'fhaodadh innseadh,  
 Gu'm bheil t-innleachdan buan ;  
 Gheall thu toilinntinn domh,  
 Miltean deth dh'uar ;  
 Ach mheall thu gu mor mi,  
 A's solas cha d'fhuair.

Mur bitheadh gu'n d'fhuair thu coir orm,  
 O m'òige a nuas,  
 Dh'fhaodainn-sa bhi eolach,  
 Air solasan buan :  
 Bha'm fìor uisge beo,  
 'Tighinn le solas mu'n cuairt ;  
 Ach 's beag a fhuair mi ol,  
 Le do dhochasan truagh.

'S fhad a rinn thu Shaoghail,  
 Mo shladadh mu'n cuairt,  
 Mo chumail o'n Fhear-shaoraidh,  
 'S a ghaol fholach uam ;  
 Na'm faighinn-sa deth 'n ghaol sin,  
 Na shaoradh mi uat,  
 Bhitheadh m'inntinn tighinn beo,  
 Air a ghloir sin tha shuas.

Bhitheadh m'inntinn 's mo mhiann,  
 Air an Dia sin tha beo,  
 'S an oighreachd tha siorruidh,  
 'S a ghrian a tha gun neoil ;  
 'S an tobair o'n d' thig slainte,  
 Agus gairdeachas mor ;

'S a ghardean cha'n fhailinn,  
'S e Ard Rìgh na gloir.

Na faiginn sa tuille fabhoir,  
A's gras bheireadh buaidh,  
Bhitheadh m'inntinn a tamh,  
Anns an aros tha shuas ;  
Ge d' bhithinn anns an fheoil,  
Bhitheadh mo dochas gu buan,  
Ri aon latha mor,  
Anns nach comhlaich mi truaigh.

Na'm faighinn tuille naomhachd,  
A's saorsa o'n UAN,  
'S tuilleadh de na ghaol sin,  
A shaor mi o'n truaigh ;  
Thaisginn mo chuid or,  
'San tigh-stoir sin tha shuas  
Far nach goid na meirlich,  
'S nach cuamh e le ruaidh.

Ach tha mi'n duil nach fhag thu mi,  
Ard Rìgh nan sluagh,  
Gu'm mothaich mi do laithaireachd,  
'S an gras thig a nuas ;  
Cha mhor a ni m' shaothair,  
Thig daorsa orm 's gruaim,  
Mur bi mi air an t-saoghal,  
A sior fhaotuinn buaidh.

Air sgath an ti chaidh cheusadh,  
Thoir féin dhomh a bhuaidh ;  
Ma shaor thu o'n Eiphit,  
'S ma reub thu Mhuir Ruadh,  
Na fag mi 'san fhasach,  
Mu'm basaich mi truagh,  
Ach treoraich air laimh mi,  
Gu tir Chanain shuas.

Bitheadh t-fhocal dhomh mar lochran,  
 Gu mo sheoladh 's gach am,  
 'S dean leis a *phillar* neoil sin,  
 Mo threorach gu cheann ;  
 Bitheadh uisgeachan beo,  
 Ga mo chomhlach anns gach gleann,  
 'S bitheadh manna mor lon dhomh,  
 'S thig solas nach gam.

Ach feuch 's mise an creutair,  
 Tha'm feum bhi fo dhion,  
 Cha'n ionnan mi a's Iacob,  
 A dh'fheuch bhith cho dian ;  
 Ghleachd e cho laidir,  
 'S gu'n sharaich e shliasad,  
 'S gu briseadh na faire,  
 Cha d' fhailinn e riamh.

Cha d'fheuch mi mo chruadal,  
 Ni 's buaidhich na each,  
 Ach 's tusa an t-Ard Bhuachail,  
 'Bheir buaidh anns gach cas ;  
 Saor mi o thruailleachd,  
 'S o bhuairean gach la,  
 A's saor mi 'san uair,  
 'San d'thig uamhas a bhais.

'Nuair bhitheas mo chridhe gam fhagail,  
 'S mo chairdean dol uam,  
 Air sgath fuil a chumhnaint,  
 A's umhlachd an UAIN,  
 Bithidh ainglibh do chuirt,  
 Ga mo stiureadh dol suas,  
 Gus am fosgail mo shuil,  
 'S an Ierusalem nuadh.

## GAIRDEACHAS AN FHIRIÈAN.

‘SANN a smuainich mi iomadh uair air,  
 Gur bochd an sluagh sud a tha gun ghras,  
 Gun fhois gun suaimhneas, 's an fhasaich through so,  
 'S iad dol 's an uaigh air na h-uile laimh;  
 Tha iad a' smuaineach gu'm faigh iad suaimhneas,  
 Uair no uair mus an d'thig am bas :  
 'S uair bhithreas iad saoilinn bhifaotuinn buaidh air  
 Tha rìgh na uamhas ga'n cuir 'nan tamh.

Bha mise cho gorach 's gu'n do shaoil leam moran,  
 A thort o'n t-seol ud gu solas Dhé ;  
 Chaith mi mo shaothair air fìor naimhdean,  
 'S 'nuair theirig cainnt' orm cha d' thug iad geill ;  
 'S a nis 's ann thoisicheas mi air oran,  
 A chuir an ordugh gu ceol d'an treud,  
 Aig am bheil solas tha sruth o eolas,  
 Air an fhuil chaidh dhoirt' air a chrann-cheus.

O 's ann tha'n solas aig dream fhuair eolas,  
 Air neach cho glormhor ri aon Mhac Dhé !  
 Cha nithean feolmhor ris am bheil an dochas,  
 Ach crun gloir ann an rioghachd neimh :  
 Bu blochd an storas leo gleann nan deoir so,  
 'S na bheil deth dh'or anns a chruinne-che ;  
 Tha'n cridhe deonach bhi thall thar Iordan,  
 A seinn an orain d'an d'thug iad speis.

O a bhrathraibh nach dean sibh gaird'chas !  
 Anns gach sarach' thig oirbh fo'n ghrein ;  
 Togaibh Hosanna do'n Ti a bhasaich ;  
 Tha chliu air ardach os-cionn nan neamh,  
 'S 'nuair a chuimhnicheas sibh air fhabhor,  
 Le cridhe blath thugaibh dhasan geill ;  
 Tha esa am Parras mar fhior bhrathair,  
 Aig ullach' ait' dhuibh 'na rioghachd féin.

'S fiosrach mi gu'n d'thig iomadh deuchainn,  
 Nach cord ri feinealachd, fuil, is feoil,  
 Ach chunnaic Iosa gu'n robh sud feumail ;  
 Feuch gu'n leugh sibh mu thimchioll Iob,  
 'S mu thimchioll mhiltean dé'n dream thug speis dha,  
 A's gach car a dh'eirich do'n Abstol Phol ;  
 A's cha dubhairt e riamh nach robh amhghair eutrom,  
 'Nuair sheall e féin air a chuidthrom gloir.

B'e 'n t-aobhar gairdeachas a' bh'aig na faidhean,  
 Gu'n robh neach araidh gu tighinn 'san fheoil,  
 A bhithheadh na Sblanaighear, 's a bhrnthadh Satan,  
 A dh'fhuil'geadh bas, 's bheireadh aireamh beo ;  
 'S e sud thug gairdeachas mor do dh'Abraham,  
 Iomadh la mu'n d'fhag Iosa gloir ;  
 A's dh'innis Daibhidh, nach rachadh fhagail,  
 Fo chumhachd bais, a's b'e sud a cheol.

'S an dream fhuair eolas air 'san fhasach,  
 Thug e gairdeachas dhaibh gu leor ;  
 'Se thuirt a mhathair 's a cridhe lau deth,  
 Tha m' anam 'g ard mholadh t-ainm ro mhor ,  
 'S ge d' bha chairdean a call an gaird'chais,  
 'Nuair bhasaich e rinn iad bron,  
 Ach 'nuair a dh'eirich e rinn iad aoibhneas,  
 U's rinn iad sgeul air gu'n robh e beo.

Rinn iad aoibhneas air son gu'm b'fhiu iad,  
 Bhi air an sgiursadh 's ann air a sgath ;  
 'S gu'n d'thug e cliu dhaibh gu ainm a ghiulan,  
 Air feadh nan duchan 's nach cual iad slaint' ;  
 'S am measg nan Iudhach a bha cur cul ris,  
 'S tric chaidh an sgiursadh, 'san cur gu bas ;  
 Ach thug iad umhlachd do Righ nan Dul,  
 'S bha aoibhneas ur aca na h-uile la.

'S a nis a chairdaibh, ma thug sibh gradh dha.  
 Deanaibh gairdeachas feadh gach re ;

Feuchaibh do'n t-saoghal gu'n d'thug sibh gaol,  
 Do n' chuing tha aotrom 'sna h-uile ceum ;  
 Cha'n ann le faoinealachd spiorad aotrom,  
 Mar bhitheas na daoine air bheagan ceill ;  
 Ach le fìor sholas a' sruth o eolas,  
 Air buaidhean glormhor bhur n' Athair neamh.

'S e clann Shìon a chuideachd rioghail,  
 Aig am bheil sìth ris an Tì is aird ;  
 'S e Rìgh nan Rìghribh, Fear-saoraidh Israeil.  
 Is e nach dibir a shluagh gu brath ;  
 Thug e gairdeachas daibh 'san fhirinn,  
 A's rinn e am firinneach le a ghras,  
 'S bheir e tearuinnte iad as gach trioblaid,  
 'S bithidh e na dhidean dhaibh aig a bhas.

Cha chum am bas iad 's cha chum an uaigh iad,  
 Thug esan buaidh air na gaisgich threun ;  
 A's amhluidh shaoras e fos a shluagh uatha,  
 A's bheir e suas iad gu rioghachd féin ;  
 Theid iad le buaidh-chaitream dh'ionnsuidh an  
     t-suaimhneis,  
 'S am bheil an t-Uan sin dh'an d'thug iad speis ;  
 Tha mise a' smuaineach gu'r sona an sluagh sin,  
 A lean an t-Uan ge b'e taobh a theid.

---

#### AONACHD AN SPIORAD.

THA m'inntinn tric a smuaineach air,  
 'S cha'n fhaod mi a' chur uam,  
 Gur teirc am measg chlànn daoine iad,  
 Tha tabhairt gaol do'n Uan ;  
 A Rìgh na Gloir dean caochladh oirne,  
 'S a'd' naombachd gabh dhinn truas,  
 Tha chuid is mo do'n t-saoghal so,  
 Mar chaoraich dol 'san uaigh.



'Se an teistear bheir an fhirinn dhuinn,  
 'S a chi sinn anns gach ait',  
 Gur teire an aireamh dhilis sin,  
 Chaidh fhirinneachadh le gras ;  
 Tha iad gun Dia, gun dochas,  
 Deanamh cordadh ris a bhas ;  
 'San t-slighe leathann, dhoruinneach,  
 'Sam faigh an fheoil ni's aill.

'S e an earail thug an Slanaighear,  
 D'a chairdean, a's d'a chlann,  
 " Feuch nach dean sibh tareuis air  
 " An aireamh bheag a th'ann ;  
 " 'Sann air an son a bhasaich mi,  
 " 'S iad m' ailleagain 's gach am,"  
 'S bithidh ainglibh neamh mar gheard orra  
 Bheir tearuinnte iad gu cheann.

'S e dh'fhag an dream ud aithnichte,  
 A's beannuichte thar chach,  
 Gu'n robh iad air an sonrachadh,  
 'An cumhnanta nan gras ;  
 A's an 'Ti thug creidimh, 's dochas dhaibh,  
 A's eolas air a shlainte,  
 Fhuair iad nis an reite leis  
 An eifeachd bha 'na bhas.

Fhuair iad sealladh uamhasach,  
 Deth thruaigh chlann nan daoine,  
 Am peacadh gin, 's an truailleachd sin,  
 A bhuaidhaich air gach aon ;  
 Ach nis cha'n 'eil diteadh dhaibh,  
 Chaidh am firinneach gu saor,  
 'Sann tha iad 'g iarraidh firinnteachd,  
 O'n 'Ti tha uile-naomh.

Bha'n oibre féin deo-fhallan leo,  
 'S an aithreachas cha b'fharr,  
 Fhuair iad mar luideag shalaich e,  
 Nach fallaicheadh an nair ;

Ach cliu do'n Uan, o'n 's airidh e,  
 'S e cheannuich iad o'n bhas,  
 A's nis fo dhion na fola sin.  
 Sann dh'fhairich iad bhi tearuint'.

Thuig iad as eug'ais naomhachadh,  
 Nach fheudadh neach bhi beo,  
 'S dh'aicheadh iad mi-dhiadheachd,  
 A's ana-miann na feol ;  
 A's dh'urnuigh am Fear-saoraidh,  
 Air son gach aon de'n t-seorsa,  
 Gu'm faiceadh clann nan daoine,  
 Gu'm bheil an aonachd mor.

Ach 's tric a ghabh mi curam dhetu,  
 'S chiur e mi 's gach ceum,  
 Nach robh sinn tric ag urnuigh ris,  
 No durachdach d'a reir ;  
 Air son roinneanan Reubin,  
 B'e 'n t-aobhair curam e ;  
 Bhi faicinn cloinn a chumhnant,  
 Nach giulan iad le cheile.

Tha cuid diubh lag 's cuid laidir dhiubh,  
 Reir a ghrais fhuair,  
 'S tha cuid le am buaidhean nadurra,  
 Na's failinnich 's gach uair ;  
 'S tha cuid diubh ceangealt' ri gnathaichean,  
 S'an deach an arach suas,  
 Tha suim do nithibh araidh aca,  
 'S nach urrainn each bhi gluasad.

Ach anns na nith' so cordidh iad,  
 Tha eolas ac' air slaint',  
 Tha creidimh, gradh, a's dochas ac',  
 Ga'n cumail beo tre ghras ;  
 Tha naomhachd air a seoladh dhaibh,  
 'S tha 'n umhlachd mor gu bas

D'a thoil, mar fhuair iad eolas air,  
Mar ordugh, no mar aithn'.

Ach so an ni a dh'orduich e,  
'S sheol e dhaibh bhi gluasad,  
Gu'm bitheadh iad caoimhneil, teo-chridheach,  
'S a cumail beo nan uan;  
'S na nithibh air an d' rainig iad,  
Bhi lamh air lamh dol suas,  
'S gu 'm foillsicheadh an 't-Ard Righ,  
Gach pairt deth thoil d'a shluagh.

Ach 's truagh an spiorad-pairtidh sin,  
A fhuair san al tighinn beo,  
Tha fuarach gradh nam braithrean sin,  
Bu choir bhi'n cairdeas mor,  
B'e sud toil-inntinn Shatan,  
A chairdean bhi 'sa cheo,  
Mu thinnchioll co an aireamh,  
Thug gradh do Righ na gloir.

'S luath a thoisich beagan deth,  
'S na deisciobluibh 's an Eoin,  
Ach chronuich an Fear-saoraidh iad,  
'S cha'n fhaodadh sud bhi beo:  
'S a's tric chaidh sud a leughadh dhaibh,  
O bheul an Abstoil Phoil,  
"Gu'm bitheadh iad a' giulan caoimhnail,  
"Le oighreachan na gloir."

Is e so a deir an fhirinn,  
'S tha e sgrìobht' an iomadh ait,  
'Na tugaibh breith 's na ditibh iad,  
'S na tilgidh sios le tair,  
"S na bacaibh dhaibh bhith dilis,  
"Anns an ni thuig iad mar aithne,  
"Ma's ann dheth 'n aireamh phriseal iad,  
"A cheannuich Ios' le bhas."

Cha bhiadh a's deoch an rioghachd sin  
 Dhéth 'm bheil nan naoimh an trath-s',  
 Ach firinnteachd, a's naomhachd,  
 'S an gaol sin nach d'theid bas  
 Sith, agus aonachd,  
 'Se bheir air daoine fas,  
 Is fearr sud na eolas,  
 A's gibhtean mor gun ghras.

Is peacadh dhaibh ma gheilleas iad,  
 Do neach fo'n ghrein 'sa chas ;  
 'S ma shiubhlas iad 's na ceumnaibh sin.  
 Nach tuig iad féin mar aithn',  
 'S e Iosa neach chaidh cheusadh  
 'S bithidh feum air aig a bhas ;  
 'S e buachaill nan treud e,  
 A's geillidh iad dha-s'.

'S tha'n earail air a dunadh dhuinn',  
 Le ughdaras ro mhor,  
 A's tha e tric ag innseadh dhuinn,  
 Cho chinnt' 's a tha e beo,  
 Gu'n tionail e na fhianuis,  
 Gach neach bha riamh sa'n fheoil  
 'S gu'm faigh gach neach d'a reir,  
 Mar thug e geill d' a ghloir.

A chlanna bheag 's a chairdean,  
 Ma ghradhaicheas sibh cheile,  
 Tha nithibh ann san al so,  
 Ni gairdeachas air neamh ;  
 Ma bhitheas Ephraim 's Iudah,  
 Nis dluthachadh ri cheil',  
 A's gu'n leum iad air guailleán,  
 Nan uabhraich gu leir.

'S iongantach am fabhor,  
 Fhuair an t-al 'sam bheil sinn féin,

Tha moran Sgoilibh Sabaid,  
 Anns gach ait' 's iad deanamh feum  
 'S ann nis tha sluagh an t-saoghail,  
 A sgaoiladh focal Dhé,  
 'S iad dol 'ga eadar-theangachadh,  
 'S gach cainnt a tha fo'n ghrein.

Tha 'n soisgeul air a sgaoiladh nis  
 Le daoine 'sam bheil fiamh,  
 Do pheacaich chruaidh, neo-aithreachail,  
 Tabhairt faireach dhaibh mu'n gnìomh ;  
 'S an dream tha cailte 's folamh dhiubh,  
 Ga'n toirt gu baile dion ;  
 Dol thuige 's uaith, tha moran,  
 'S tha eolas dol am meud.

Ach 's truagh gu'm faigh sinn pairt,  
 Bhitheas co ard na'm barail féin,  
 Nach creid gu'n d'thig o Nasaret  
 Nì maith, ach faidhean breig :—  
 'S cuid eile dheth 'm bheil dochas ac',  
 Gu'n d'fhuair iad eolas Dé,  
 'S nach aidich gu'm bheil coir aca,  
 Air bord am Maighstir féin.

O'n tha mi gu co-dhunadh,  
 Nis tha mi 'n duil tre ghras,  
 Gu'm bi mise an sìoth-chainnt riu  
 Ge b'e ni a ni cach ;  
 Ma's urrain dhomh bhi'n dochas,  
 Gu'n comblaich sinn 'na lathair,  
 'S gu'n sealbhaich sinn a ghloir sin,  
 Air nach d'thig bron gu brath.

'S e gradh agus giulan leo,  
 A's umhlachd thoirt na'n lathair,  
 'Se sud is mo a dhruigheas orra  
 Nì bhi ga'n dunadh 'an aird ;

Mar sud tha'n t-Ard Bhuachaille,  
 Ga'n cuartachadh le lamh,  
 'S tha truas ann na chom,  
 Ris an dream tha trom le al.

Nis tha mi'n duil nach tionndaidh sibh,  
 A chainnt so gu mi-fheum,—  
 Gu'n rannsuich sibh gu curamach,  
 'S gu'n urnuigh sibh d'a reir :—  
 Gu'n iarr sibh thoil a sheoladh dhuibh,  
 'S gu'm fas sibh 'n eolas Dé,  
 'S gu'n deanadh Rìgh nan dul,  
 Nis air dluthachadh ri cheil'.

Nis tuigibh chlann nan daoine,  
 An aonachd tha mi luaidh ;  
 Cha'n e daoine an t-saoghail so,  
 Th'anns dream thug gaol do'n Uan—  
 Oir 's eigin da phairtidh bhi  
 Gu brath am meas an t-sluaigh,  
 Am feadh bhitheas sluagh gun ghras ann,  
 A's aireamh a thug buaidh.

Tha 'n inntinnean cho dealluichte,  
 'S tha 'n talamh o na neimh,  
 Is coir do'n fhior luchd faire,  
 Bhi 'gan sgarachduin o cheil',  
 A's gu'n bhi tabhairt coir dhaibh,  
 Air orduighean Mhic Dhé,  
 A's iad gun Dia, gun dochas,  
 'S iad uile beo dhaibh féin.

O ! anam thruaigh gun churam, nis  
 Nach duisg thu 's teich gu luath,  
 Mu'n d'theid nan neamha dhunadh ort,  
 'S an sin bithidh chuis ro thruagh ;  
 Ge do bhith' tu an aonachd ris  
 An dream thug gaol do'n Uan,—  
 Ni 'm bas na'r cuir o cheile,  
 Mar bi thu féin dheth a shluagh !

Air sgath gach ni tha priseal, nis  
 Na dibir t-anam féin,  
 Creid 'san Tighearna Iosa,  
 'S esa am fionan, 's tusa gheug  
 'S ma shiubhlas tu na naomhachd,  
 'S gu'n toir thu gaol do'n treud,  
 Cha sgar beath' no bas sibh,  
 Gu brath o aon a cheil'.

---

GLAODH NA MAIRTEARAICH.

THA sluagh aig an Ard Rìgh, a ghradhaich e cinnt',  
 Ris an dubhairt e "a chairdean, a bhrathrean, 's a  
 chlann,"

'S tha naimhideas aig each dhaibh, gu brath anns gach  
 linn,

'S chaidh moran chur gu bas diubh, 's am fagail gun  
 chinn.

'S ge d' thug e deoch ri h-ol daibh, do dhorninnean  
 searbh,

Lean iad anns gach ceum e, tre dhenchainean garbh ;  
 'S tha aon ni 's aill leam, ge d' tha iad air falbh,  
 Gu'n cluinn iad an caramh feadh Gaeltachd na h-Alb'.

'S e 'n sealladh chunnaic Eoin diubh mo sholas 'san am,  
 Iad a bhi fo'n altair oir, ann an solas nach gann,  
 Na h-anamana glormhor, tha am bron-s' aig a cheann,  
 Ged d' chaidh am fuil a dhoirteadh, 's am fagail leoint'  
 'sa ghleann.

'S e an dream bha deanamh tareuis air Ard Rìgh na  
 Gloir

A dh' fhuathich a chairdean, 's a dh'fhag iad fo leon ;

Bha cumhachd aig an ailgheas, 's bha 'n ardan co mor,  
'S nach fuilneadh iad do'n aireamh thug gradh dha  
bhi beo.

'S ann thoisich an t-ardan so, 'n Cain bochd, truagha,  
'Nuair smuainich e Abel a chur gu bas co luath ;  
Tha Abel aig eigheach, " Nis theid mi 'san uaigh,  
Rinn Cain mo reubadh, 's tha e féin air an ruaig."

'S tha moran do na faidhean, ag radh ruinn o'n uaigh,  
'S i Iesebel a's Ahab, a ghearr as an sluagh,  
Nach aoradh do Bhaal, 's d'a ghrainealachd thruagh ;  
'S ge d' chaidh Eliah fhagail, tha thamh ann san uaimh.

'S their leam gu'n cluinn mi moran fo leon 's iad gul,  
" 'S ann timchioll Ierusalem a bhruichd oirn' an tuil ;  
" Ruith sraidean Ierusalem dluth le 'ar fuil,  
" 'S ann aig a bhaile mhor sin, chaidh a dortadh gun  
sgur.

" Na'm faiceadh sibhse ar caramh, 'nuair bha iad ga'r  
leon,  
" Leis gach bas bu phianntich, 's iad dion air n'ar toir,  
" Cha d'adblaic iad riamh sinn le rian mar bu choir—  
" 'S ann dh'fhag iad air gach sliabh sinn, mar bhiadh  
do na h-eoin."

S e so glaodh Isaiah, a'm faidh bha treun,—  
" 'S e Iosa an Slanaighear, a bha mi cur an geill,  
" A's dh'fhoillsich mi 'n fhirinu do Israel féin,  
" 'S ann shabh iad am mhirean mi, 's ghabh iad didean  
breig."

Thubhairt Ieremiah 'm faidh,—“ Do'n t-saoghal tha mi  
sgith,  
" 'S ann aig braighdeanas Bhabilon, 'sharaich iad mi ;—  
" Rinn mi fianuis laidir air grainealachd na tir,—  
" Is chuir mi'n geill an truaighe do'n uaislean 's do'r  
Righ.



Ach 's ann a rinn iad tair air an fhaidhdearachd gu leir,—  
 “ Is thilg iad mi sa phriosan a b'isle bh'aca féin ;  
 “ 'S uair bheathaich iad an ardan, deanamh tair orm  
 le 'm beul,  
 “ Chlach iad dh'ionnsuidh bhais mi, is lean iad faidhear  
 breig.”

- A's tha Sechariah 'm faidh ag radh ruinn ar is,—  
 “ Am measg sliochd Abraham chaidh mo chur gu dith,—  
 “ 'S ann eadar an teampull a's an altair bha mi,  
 “ 'Nuair bhuail iad gu bas mi, 's a thainig mo chrìoch.”

'S tha eachdraidh tabhairt sgeul duinn gu'n d'eigh cuid  
 na chloinn,  
 Ri linn na Maccabeus, “ 's bochd a dh'eirich dhuinn :  
 “ Air son gu'n d'rinn sinn aicheadh, a ni bha graineil  
 leinn,  
 “ 'S ann chuir iad gu bas sinn, a mhathair 's a chlann.”

'S e sud rinn sliochd Abraham ri 'n cuid faidhean féin,  
 Rinn iad am fuil a dhorteadh, 's a leonadh gu leir ;—  
 Ach an Ti ro ghlormhor. a chumas coir ri threud,—  
 Thug esan fuil ri ol dhaibh, a's doruinnean do reir.

'Nuair dhuilt iad an Slanaighear 's a bha iad aig an  
 fheisd,  
 Thainig na Romanaich le ordugh Mhic Dhé,  
 Mharbh iad, a's chiurr iad, na h-Iudhaich gu leir,  
 A's loisg' iad Ierusalem, na smuid anns na speur.

Bha miltean do'n t-sluagh sin, na'n cruachan 's iad  
 marbh,  
 Na'n luidh air na sraidean, fo chosaibh chaich 's iad  
 balbh ;  
 'S am fuigheal chaidh fhagail diubh, thar as air falbh,  
 Sgap e feadh nan duchau iad, le sgiursadh bha garbh.

'Nuair dh'fhoillsich Immanuel ann an nadur dhaoine,  
 Bha naoidheanibh Bhetlehem aig eigheach le gaoir ;

“Dean trocair oirn’ Ard Rìgh is gradhaich sinn saor ;  
 “’S og chuir iad gu bas sinn fo dha bhliadhna dh’ aois.”

Chualas caoidh ann Ramah, tha Rachel ri bron,  
 Air son a cloinne ghaoil, oir cha d’fhaod iad bhì beo ;  
 Tha’n gaoir ann na cluasan, ’s tha gruaidhean fo dheoir,  
 A’s Herod ga’m bualadh, gun truas aig do’n oige.

’S tha Eoin Baiste on fhasach, toirt aithne feadh na  
 duthaich,

“Deanaibh ’n t-slighe comhnard, tha Rìgh na Gloir  
 dluth ;

“A’s deanaibh am peac’ a threigsinn, air neo ’s ann  
 theid sibh mugh,

“Oir ’s mise an teachdaire araidh a thainig roimh ghnuis.

“Chomhairlich mi Herod, ’s dh’eisd e rium gu ciuin,

“Ach air son Herodias, chuir e mi ’m prìosan duinnte,

“’S ’nuair rinn a chailin dannsa, ’s a mheall i e ’sa chuis,

“Fhuair i n’a b’anns a leatha, mo cheann chuir ’san uir.”

’S an uair chaidh Iosa cheusadh, ’s dh’eirich e le gloir,

Rinn am Mairtearach Stephen, sgeul air gu leoir ;

Le focal na firinn, ’s le mìorbhuillean mor,

’S le faicinn an Rìgh, ann an Rìoghachd na Gloir.

Ach b’eigin dha an sgeul ud, a sheuladh le fhuil,

’S ann a chlach iad Stephen, ’s e ’g eigheach gun sgar,

“Thoir leat mi Rìgh na Gloire, ’s tu féin mo dhoigh ’s  
 mo bhun”

“’S thoir maitheanas le trocair, do’n dream tha dortadh  
 m’ fhuil.”

Goirid an deidh Stephen chaidh Seumas chuir san uaigh,

S ann le claidheamh Herod, a reub iad e gun truas,

Tha’n Eaglais ag eigheach, “Chaidh Seumas thoirt  
 uainn,

’S tha Peadar ann sa phrìosan, a Rìgh gabh dhinn  
 truas.

Ach Pol, a bha roimhe searbh dhaibh, tha searmonach  
gu dian,

“’S e an t-ionganntas ro mhor,” deir e, “gu’n d’fhuair  
mi trocair riamh;

“Cho-eignich mi moran, gu toibheum thoirt do Ios’

“’S ’nuair a chlach iad Stephen, bha mise féin ’sa  
ghniomh.

“’S ionganntach gu brath leam, an gras a thug mi  
beo,

“’S e Iosa o Nasaret ’san d’fhuair mi an t-slaichte mhor;

“’S shearmonaich mi an t-slaichte sin ’s gach aite gu  
ruig an Roimh,

“’S thug Nero, ’n sin, an ceann dhiom, le ainneart ro  
mhor.

“’S e dubhram ri mo bhrath’rean, a dh’fhag mi as  
mo dheigh,

“Tha mise dol ga’r fagail ’s e an t-aite so ceann mo  
reis;

“Leannaibh-s’ ris an t-Slanaighear ’s cha’n fhag e  
sibh ’s cha treig,

“’S ma’s beatha, no ma’s bas dhuibh, tha slainte  
dhuibh air neamh.”

Ach nis chaidh Peadar fhagail, an deigh each thoirt  
uath,

’S e a comhairlach a chairdean, “A bhrath’rean bithibh  
stuam,

“Ge d’ tha mi dol ga’r fagail, ’san fhasach so air  
chuairet;

“Cha’n fhada gus an comblaich, ’s am faic sinn glair  
an Uain.

“Tha mise tighinn gu aois, ’s tha’n saoghal dhomh na  
chradh,

“Slan le luchd mo ghaoil, oir cha’n fheud mi tuile  
tamh;

“ Mar dh'fhoillsich am Fear-saoraidh dhomh, thng iad  
mi 'n taobh nach b'ail,  
“ 'S cheus iad air a chrann mi, 's mo cheann ris an lar.”

A's am fianuis Antipas, chaidh innseadh le Eoin,  
Cha b'e bu choir a dhibir, bu dilis e sa choir,  
'S luchd aideachidh gun ghras, rinn a sharach 's a  
leon;  
Bha *sinagog* aig Satan diubh, 'san Asia mhor.

'S tha eachdraichean firinneach, ag innseadh gu leor,  
A's cosmhuil mar thachair ri taisbeanadh Eoin ;  
A Bhean a bli ann san fhasach, 's an Dragon air a  
toir,  
A's shamhlaichain Babilon sin, ri Papa na Roimh.

'S an tha na naoimh ri am faotuinn, ni ssgaoilteach  
anns gach aite,  
Am measg luchd iodhal aoraidh, dheth 'm bheil an  
saoghal lan  
'S an dream rinn Criosd a shaoradh, 's cheannaich  
daor le bhas,  
Ga'n cosgradh ac' mar chaorich, gun aon neach deanamh  
baigh.

'Se their na naoimh 'n trath so, “ A bhrathraibh  
deanaibh bron ;  
“ Tha sinn am measg na'n Paganaich, tha 'g aicheadh  
Rìgh na Gloir ;  
“ 'S ann their iad 'ar Dia-ne', ri iomhaigh leaghte do'n  
or  
“ 'S e an t-aoradh tha iad 'g iarraidh, bhi riarachadh  
na feol.”

Ach Iosa ar Slanaighear, 'se dh'aithn' e dhuinn bhi  
naomh,  
'S cha'n fhaod sinn esan aicheadh, air son cairdeas an  
t-saoghail ;

“ ‘S air son so rinn iad tair oirn’, ’s tha’m bas tighinn  
oirn’ gach taobh,

“ ‘S tha iad nis ga’r bualadh, gun truathas ri oig’ no  
aois.

“ Nach cluinn sibh nis a bhrathraibh, gach bas a thug  
iad oirn’.

“ Chuir iad an uamh nan leomhain sinn, ’s bu mhor ar  
’n aobhar broin,

“ ‘Nuair bhitheadh na leomhain a’ beucaich, a’s iad g’ar  
reubadh beo,

“ ‘S ann bhitheadh an sluagh gun cheill sin, le cheil’  
a deanamh spors’.

“ Chaidh Policarp a rosdadh le teine mor ’sa ghleann ;

“ A’s Simon mac Cleophas, cheus iad air crann ;

“ Dh’fhag iad Iustin-martair bh’an Carthage gun cheann ;

“ A’s chaidh Ciprian ’s Ignatius a chuir gu bas ’san ams’.

“ So ministearean diadhaidh, ’s bha cuid diu’liath le ’aois ;

“ Bha am measg am braithrean cliuteach, air son an  
giulan naomh ;

“ Chaidh iad trid abhainn Iordan, ’s le misneach mhor  
gach taobh,

“ ‘S tha sinne nis a foghlum nach robh an dhochas faon

“ ‘S ’nuair a runaich clann nan daoine, nach bitheadh  
aon neach beo,

“ A leanadh a’m Fear-saoraidh, ’s iomadh aon chaidh  
leon ;

“ Thilg iad sinn gun aodach ’sna h-aithean-aoil a’s iad  
beo,

“ A’s chaidh luaidh leaghte a thaomadh oirn’, ’sa  
sgaoladh air ar feol.

“ Bhath iad cuid ’sa chuan dhinn, ’measg fuaim nan  
tonnaibh mor,

“ ‘S chaidh cuid gu bas ’sa phriosan a dh’easbhuidh  
bidh a’s doigh ;

“ Chaidh cuid thoirt as a cheile, 's a reubadh le na mecir ;  
 “ 'S chaidh moran dhinn a chlachadh, 's chaidh cuid a  
 thachdadh beo.

“ Thilg iad cuid gun fhabhar dheth bharr nan creagan  
 mor,

“ 'S shlaod iad cuid air shail'ean, oir feadh gach straid le  
 spors ;

“ Phronn iad cuid gun acarachd, 'sann eadar chlachaibh  
 mor,

“ 'S phian iad cuid le eigin 'sa *ghrate* 's iad 'gan rosda.

“ Cha mhor gu'n creid an saoghal, gach bas a thaom  
 iad oirn'.

“ Fad tri cheud bliadhna, bha'n Dragon riamh 'gar leon

“ Dh'fhuiling sinn an Asia, 's gach aite mu'n cuairt  
 do'n Roimh,

“ 'S dh'fhuiling cuid an Africa, 'san Fhraing chaidh  
 each a leon'.

“ Ach nis tha 'n Ti bha bac' do 'Dhuine Pheac'  
 thighinn beo

“ Air tionndaidh o na gnathaichean, a b'abhaist bhi  
 'san Roimh ;

“ Tha Constantine air aicheadh nam Paganach 'san doigh,

“ 'S e 'g aideach a bhith na Chriosduidh, a's cumhachd  
 Rìgh 'na dhorn.

“ Tha milltean 'nis ag iarraidh, an deigh an Dia ta beo,

“ Threig iad nithibh diomhain 's na h-ìomhaighean oir ;

“ 'S tha an t-Iompaire na dhion daibh, 's e riaghladh  
 nan sloigh ;

“ 'S o'n fhuair sian beagan feith, cha robh fail nan  
 naomh 'ga dort'.

“ Ach ged fhuair sinn suaimhneas, bu truagh dhuinn  
 o'n la

Dh'fhas sinn co uaibreach, 's dh'fhuarich ar gradh,

“ Chaidh 'n Eaglais a thruailleadh le mor sluagh gun ghras ;

“ A dh'aidich air son buannachd, a' ni 's nach d'fhuair iad slaint'.

“ Thug sud iomadh caochladh, air aghaidh an t-saoghail mhor,

“ 'S a bhean bha roimhe naomh, 's 'sann chaochail i doigh,

“ 'S ann rinn i striopachas ris na Rìghrean mor,

“ 'S rinn iad ise beartach, le pailteas an soigh.

“ A's 'nuair sgeadaich iad an Diadhachd gu briagh le-h-or

“ Thainig daoine mi-dhiadhaidh, 's lion iad a chro ;

“ 'S tha deiscioblubh Chrìosd air an lionadh le bron ;

“ 'S an Eaglais gun rian ac' fo riaghladh dhaoine mor.

“ Ach sheol an Ti is aird sinn gu faidhdaireachd Eoin .

“ 'Se their e rithe 'san aite sin, ' Babilou mhor,'

“ Bean aig am bheil grainealachd, lan cupan oir ;

“ Thigibh mach aisde mo shluagh, tha i truailidh gu leor.

“ 'S an uair theich sinn mach a Babilon mar dh'aithn' e dhuinn 'san am,

“ O nach d'thug esan a laithaireachd dhaibh, cha b'ait, dhuinn fuireach ann,

“ Dh'fhuiling sinn mar b'ahhaist duinn, 's gach ait' na thog sinn ceann,

“ 'S e their iad ruinn *Nobhations* nach gabh am Papa mar cheann.

‘ Ach ged bha naimhdean Shìon a sior chuir gu bas

“ Bha eolas na firinn tighinn tir anns gach ait ;

“ 'S bha fianaisean dilis a sior thiginn an aird,

“ 'S bha cuid do na Rìghrean n'an didean an traths'.

- ‘ Shearmonaich Paulinus an fhirinn le buaidh,  
 “ A’s Claud bha ’n Turin, bha dungsadh an t-sluaigh,  
 “ Sgaoil Peadar Ualdo, a’s Arnold am fuaim,  
 “ A’s threoraich iad moran gu eolas an Uain.
- “ Ach ‘ Duine a Pheac’chaidh’ arach a’s dh’fhas e gu reidh,  
 ‘ S o cheum gu ceum chaidh ardach’ gu bhi ’n aite Dhé ;  
 “ ’S ann thoisich e air aidmheil gu’m b’ Abstol e féin,  
 “ ’S gu’n leannadh sud a chaidh ris, a’s iuchair rioghachd neimh.
- “ ’S ann a bhuidhaich an t-striopach le innleachdan bais,  
 “ Shuidh i air na Righrean, a’s strìochd iad dhi mar thrail,  
 “ A’s dh’fhosgail i mar chleachd i dhuinn, geataichean a bhais.  
 “ ’S nis cha robh dol as ann, ach seasamh ris gach cas ;
- “ ’S an fulangas a thainig chaidh an trath-sa thar gach cainnt,  
 “ Dh’fhuiling sinn ’s gach aite, ach gu h-araidh ’san Fhraing ;  
 “ Bha airmailtean laidir gu bratn aig an laimh,  
 “ A’s maitheanas o’n Phap ac’ a bharr air an sannt.
- ‘ Ghlac iad n’ar cuid dheth an t-saoghal, gach aodach a’s biadh,  
 “ A’s dh’fhag iad sinn faondrach, air aodann nan sliabh ;  
 “ ’S baigh cha robh ri fhaotuinn o dhaoine gun fhiamh,  
 “ ’S ann a ghearr iad gu bas sinn, a sasachadh a’ miann.



“ Bu truagh a bhith ann san eisdeachd 'nuair dh'eireadh iad oirn ;

“ Bhitheadh fuaim nan claidhean geur sin, a reubadh ar feol ;

“ Na mnathan torach reub iad 's dh'eignich iad na h-oighean

“ A's bhitheadh a chlann 'san ranaich, 'sam parantan leoint'.

“ 'S an dream a theich do'n fhasach, 's a thar chum n'am beann,

“ Chuir an t-ocras a's am fuachd cuid dheth an t-sluagh sin gu ceann ;

“ Ghlac iad cuid 'san ruaig dhiubh, a's truathas cha bhitheadh ann,

“ A's mhuch iad na fhuairead, fo bhruachaibh nan gleann.

“ Loisg iad ar saothair, 's na h-aitean aoraidh blath ;

“ 'S chaidh cuid dheth air teachdairean a *phlestaradh* le tearr ;

“ Thog iad cuid do'n t-sluagh bha 'san uaigh iomadh la ;

“ 'S le aon teine mor, chaidh ar rosdadh gun dail.

“ Ged cheadaich e ar sarach, bha fabhoran dhuinn ann,

“ Bha aon aite araidh, 'san d' araich e a chlann,

“ Aig bun nam beanntean mor sin, eadar an Roimh 's an Fhraing,

“ A fuireach air a chomhnard, 'san cosaibh nam beann.

“ Bha sud na aite dion dhuinn, fo riaghladh a ghrais,

“ Fad iomadh ceud bliadhna bha'n diadhachd ann a fas :

“ Bha Eaglaisean lionmhor aig Criosd ann san ait ;

“ Bha leantainn an Uain, 's a bha buareadh a Phap'.

“ Ach 'nuair runaich an Dia sin, tha riaghladh nan sluagh.

“ Gu'n siubhladh sinn gu leir, tre dheuchainean cruaidh ;

- “ Ge b’e chluinneadh sgeul air mar dh’eirich ’san  
 uair s’,  
 “ Cha’n ’eil ar naigheachd eibhinn ri ’leughadh do’n  
 t-sluagh.
- “ ’Nuair thoisich ar naimhdean, air campach ’mu’n  
 cuairt,  
 “ B’eigin dhuinn san am sin, dhol teann ann san ruaig ;  
 “ A’s teicheadh chum nam beanntean, ge d’ bha ’n  
 geamhradh cruaidh,  
 “ ’S bha mhnaithain agus clann ann, ’s iad fanndach  
 le fuachd.
- “ Ged’ bha’n oidhche reota ann, a’s sneachda mor gu’n  
 dith,  
 Lean iad air ar toir, gu ar fogar, as an tir ;  
 B’e sud an oidhche bhronach, bu mhor chaidh an  
 dith ;  
 “ Thug na mnaithain suas an deo ann, ’s a chlann a  
 deothal na cich.
- Bu sheachranach a bha sinn, ’sna fasaichean fuar ;  
 Air feadh na’m beanntean ard sin a’s fardach cha  
 d’fhuair.
- “ Rinn an sneachda mor bh’ann, ar treoir a thoirt  
 uainn,  
 “ ’S ann chaidil sinn comhladh, gu samhach ’san uaigh.
- “ ’S ’nuair theich sgail na h-oidhche, ’s a dh’fhoillsich  
 an lo,  
 “ ’S iomadh aon a dh’eug dhinn, ’s bha cuid air eigin  
 beo ;  
 “ ’S luidh ar cuirp gun adhlac, ’s ann air na beann-  
 tean reot,  
 “ Gus an d’rinn sneachd’ a gheambraidh ar’n adhlac le  
 chleoc.
- “ Cha’n ’eil sud ach pairt, do ar caramh ’sgach am ;  
 “ Oir bha ar naimhdean laidir, ’s ach cairdean ro ghann

“ ’S an dream a bha saothairach, a cumail taobh ruinn ann ;

“ Cha b’urrainn iad ar saoradh, bha’n gairdeanaibh co fann.

“ Bha Prionnsaichean *Gherman* dearbhte ann sa chas ;  
 “ ’S rinn *Crombhell* na dh’fhaod e, gu’r saoradh on bhas ;

“ Ach tearnadh cha’n fhaodadh, a h-aon diubh an trath-s’,

“ ’S gu’m b’e sud run siorruitb, an Riagh’l-fhear is aird.

“ Fa dheireadh thainig doruinn, le orduchadh ar Rìgh ;

“ Air Babilon mhoir sin, a dhoirt fuil nan naoimh ;

“ Bhuail e claidheamh a bheoil oirre, ’s leon e i chaoidh,

“ ’S cha’n fhaodadh neach a comhnadh ’s bha moran ’ga claoidh.

“ B’e *Luther* agus *Calbhin*, gu h-araidh thug buaidh ;

“ Bu mheadhon ann na laimh-sa iad, thabhairt danachd do’n t-sluagh ;

“ A bhi leughadh na firinn, ’s bhi dilis do’n Uan ;

“ Sgaoil iad am Biobull ’sna h-uile tìr mu’n cuairt.

“ Mun a cuig-ceud-deug, sin a bhliadhna tha ri luaidh,

“ ’San d’eirich na daoine, thug saorsa mu’n cuairt ;

“ B’e sud a mhaduinn phriseil, bha ghrian a dìreadh suas ;

“ Theich an dorchadas mor sin, bha comhdach gach sluaigh.

“ Nis sgaoil an naigheachd eibhinn, gu reidh feadh gach ait

“ ’S bha fianuisean treubhach ’ga sheuladh le ’m bas ;

“ Bha Albain a’s Eirinn, gu leir fo’n Phap’,

“ ’S e nis mar leomhan beuchach, au deigh a reub aig each.

“B’e *Hamilton* an ceud fhear, thug sgeul air do dh’  
Alb ;

“Shearmonaich e ’n fhirinn, air feadh nan crìochan  
garbh ;

“Ach dhuin iad e ’sa phrìosan, o’n bha fhirinn searbh,  
“A’s loisg iad a rithis e, le mi-run ’s le feirg ;

“Ach chuir e siol neo-thruaillidh, thug buaidh ’n  
deigh a bhais ;

“A’s moran deth na h-uaislean, bu chruaidh leo ’chas ;

“’S thuig moran do’n t-sluagh, gu’n robh buaidh ’sna  
bha e radh,

“’S gu’n d’rinn e fhuil a dhortadh ’s e an dochas ri  
slaint’.

“Ach bhrosnaich a bhas, cuid deth chairdean gu eud ;

“’S bha EÒIN NOCS gu h-araidh, na dhuine laidir  
treun ;

“Na dhuine deasbhriathrach ’s e dian na spiorad féin ;

“A’s bha buaidh leis ’sgach ni, o’n ’s i ’n fhirinn chuir  
e ’n ceill.

“Dh’innis e’s gach ait, gu’m b’e’m Pap ‘Duine Pheac’,

“’S nach robh ach iodhal-aoradh, ’sna nithe faoin a  
bh’ac’:

“Innleachdain Shatain, ’s aithn’tean dhaoine bochd,

“’S iad siubhal ann ’sa cheo, bha ’g’an treorach do’n  
t-slochd.

“Ach ’s tric chuir iad am fang e, bha ’naimhdean co  
treun ;

“Ach dh’aindeoin Banrigh Mari, ’s a naimhdean gu leir;

“Fhuair e bas ann an sith ’s chuir e’n fhirinn an ceill;

“’S thug e am Pap’ gu bhi iosal, ’sua crìochaibh so féin.

“’S ann ri linn a thainig fuaim naigheachd chruaidh  
as an Fhraing,

“Deich mìle fichead sluaigh, bhi ’n aon uair gur  
cheann ;

“Do'n dream a bha buadhach, 's a lean an t-Uan  
'sgach am,

“'S cha shiubhladh neach na straidean, bha'm fuil co  
graineil ann.

“'S an Alb ge d' bha an fhirinn, a direadh, 's a fas ;

“'S iomadh duine dilis chaidh dhiteadh gu bas ;

“An ainmach' cha'n fhaod sinn, gach aon diubh an  
traths' ;

“Ach cheannaich iad gu daor dhuinn, an t-saorsa th'  
aig each.

“Air *scaffoildean* ard 'sann a bhasaich a chlann,

“Ga'n gearradh leis na tuaidhean, 's ga'm bualadh 'sa  
cheann.

“Ach choinnich iad am bas, deanamh gairdeachas ann ;

“Am fianuis an t-sluaigh sin, thug fuath dhaibh 'sgach  
am.

“Timchioll Duneidinn, tha sgeul 'san Taobh deas,

“Air iomadh duine trenn, nach do gheill 's nach deach  
as,

“Chaidh chumail fada beo, deanamh an doruinn ni 's  
meas'

“Ann an seithrichean iaruin, 'gam pianadh le teas.

“Dh'fhosgail iad pairt diubh 's chaidh 'n cridhe blath  
thoirt asd' ;

“'S an cridhe sin a chaineadh ; le daoine laidir crosd' ;

“Chaidh cuid dheth 'n corpaibh luachmhor, a cheangal  
suas air puist,

“Cur eagal air an t-sluaigh sin, nach d'thug buadh  
air an olc.

“'S a nis a chairdibh gradhach, tha 'm fasach nan  
deoir ;

“Cha'n ann a gearan tha sinn air Ard Righ na Gloir ;

“Ach 'g innseadh ar caramh, do'n aireamh tha beo ;

“Achum gu'm bith iad laidir, ge d' bhith' an sarach mor.

“ Nise slan leis gach trioblaid, gach mi-ghean a’s bron ;  
 “ Tha fois agus sith, ann an Rioghachd na gloir ;  
 “ Ge d’ bhasich sinn diblidh, tha sinn d’a riridh beo,  
 “ A’s leig sinn nis air di-chuimhn’ gach ni a thainig  
 oirn’.

“ Chaidh ar lotan a shlanach’, a’s plasda chur ruinn ;  
 “ Do dh’fhuil an Uain a bhasaich, thoirt slainte d’ar  
 cloinn  
 “ Cha’n fbaic sinn tuille cradh, ’s cha bhi am bas ri ’r  
 linn,  
 “ ’S cha’n abair an luchd aiteachaibh, ‘Tha sinn gu  
 tinn.’

“ ’S e an t-Uan ar Fear stiuraidh, ’s cha churam  
 dhuinn ann,  
 “ Thug e beatha ’s iul duinn, ’s chuir e crun air ar  
 ceann,  
 “ ’S bitheadh slainte agus gloir dha, na oran da chlann,  
 “ Feadh linnibh na siorruidheachd, gun chrìoch, na  
 gun cheann.”

---

LA A BHREITHEANAIS.

EISD anam neo-bhasmhor,  
 Tha ni araidh ri chluinntinn ;  
 Ma ’s e ’s nach creid thu na thrath e,  
 Bheir am bas ann do chuimhne e.  
 ’S e sin, gu coinnich thu an t-Ard Rìgh,  
 Ann na lathair toirt cunntas ;  
 ’S cha’n fheud thu choinneamh sin aicheadh  
 Ged’ chuir thu’n trath-s’ am beag suim i.

Tha aon latha air orduch’,  
 Ann sa’n comhlaich clann-daona ;  
 Ann san coinnich sliochd Adhamh ;  
 ’S gach neach a dh’aitich an saoghal

'S an dream a chreid ann na shlainte,  
 Bheir a ghras aiseag saor dhaibh,  
 'S an dream is mo rinn tair air,  
 Teich' o lathair cha'n fheud iad.

O anam gu churam,  
 Nis duisg agus smuainich,  
 'Nuair thig Leoghan treubh Iudah,  
 An d'thig thu dluth dha gun uamhas ?  
 Am feud do chridhe bhith laidir,  
 Na do lamh a bhith buadhach,  
 'Nuair a chi thu 'na gnloir e,  
 'S na h-aing'libh glormhor mu'n cuairt da ?

Faic an 'Ti a rinn thu threigsinn,  
 'S bha thu ceusadh gach la ;  
 Faic e tighinn 'sna speuraibh,  
 Mar Rìgh treun air a chathair ;  
 Chi thu nise 'na ghloir e,  
 Tighinn a seomar na'm flaitheas,  
 A's milltibh dh'aing'libh fo ordugh,  
 'S iad air a mhorachd a feitheamh.

Cluinn an trompaid 'ga seideadh,  
 'S fuaim nan speur a dol thairis ;  
 Tha na mairbh nis toirt geill da,  
 A's iad ag éiridh o'n talamh ;  
 Nis dh' fhosgail na h-uaignean,  
 'S bhruchd an sluagh asd' gu h-ealamh,  
 'S thug e am follais an sluagh sin,  
 A bha ann 'sna cuaintean am folach.

Cha'n fhac thu sealladh cho mor ris,  
 O'n a thoisich a chruitheachd ;  
 Tha'n sluagh cho tiugh ris na locuist,  
 Air bharr an fheoir 's iad a cruinneach' ;  
 Chi thu bochdan an t-sluagh ann,  
 'S daoine uailse na cruinne,

'S iad air measgadh le cheile,  
'S eallach féin air gach duine.

Tha mìle tairn'each aig eigheach,  
'S an sluagh gu leir tha ri faire,  
'S leis an fhuaim th'ann 'sna speuraibh,  
Chrith gach creutair air thalamh :—  
Tha'n cuan 'sna tonnan aig beucaich,  
'S tha bonn nan sleibhtean air carach',  
'S tha cridhe dhaoine ga'n treigsinn,—  
Ach c'ait an d'theid iad ga'm folach ?

Chrath e cumhachd nan speuraibh  
Dhorch' a ghrein, a's a ghealach ;  
A's tha puist na talmhainn air geilleadh,  
'S thuit na reultan gu h-ealamh ;  
Tha obair naduir gu leir ann,  
Dol as a cheile le cabhaig,  
'S cha'n fhuirich ni ach an sluagh sin,  
Nach fhaod gluasad no carach'.

Ach anam, ma fhuair thu,  
Fuil an Uain gu do shaoradh,  
Na bitheadh do chridhe ga d'fhaillin,  
Cluinntinn caramh an t-saoghail ;  
An 'Ti 's na do chuir thu do dhochas,  
'S e sud a ghloir tha ga taomadh,  
'S e sud na tuitean a chual thu,  
Thig air an t-sluagh nach d'thug gaol da.

Ma tha thu creidsinn na firinn,  
'S fuil na h-iobairt ga d' naomhach',  
Ma tha thu 'g aicheadh mi-dhiadhachd,  
S ana-miannaibh an t-saoghail ;  
Ma gabh thu tlachd ann na aitheantaibh,  
'S cuing an t-Slanaighear eutrom ;  
Slan leat tha thu tearruinte,  
'S an 'Ti 's aird' ga do shaoradh.



Cluinn guth an Fhir-shaoradh,  
 Faic a ghairdean gu h-ealamh  
 'Tional dhachaidh nan daoine,  
 Rinn e shaoradh o'n talamh ;  
 O'n is creutairean naomh iad,  
 Thug an gaol da gun mhealladh,  
 Bheir e suas iad gu Parras,  
 'S chaoidh cha fhaillnich a ghealladh.

Thig e'n sin mar Fhear Posda,  
 'S theid na h-oighean 'na choinneamh ;  
 'S iad uile a deasach' an lochrain ;  
 Ach cha'n 'eil moran diubh ullamh ;  
 Tha iomadh aon a chuir dochas  
 Ann an lochranaibh falamh,  
 Air son gu'n d'ith, a's gu'n d'ol iad  
 Aig a bhord air an talamh.

Ach bheir e suas leis na h-ailleagain,  
 A's bithidh cach dheth sin falamh ;  
 A's their e rithis os aird riu,  
 So an aireamh rinn faire,  
 Lean iad mise gu dilis,  
 An staid iosal air thalamh,  
 'S tha mi nise dol ga'n ardach',  
 'S mo dheas-lamh dhaibh mar ghealladh

So an dream a thug buaidh,  
 Le fuil an Uain rinn an saoradh,  
 Thug iad umhlachd do m'aithneanta,  
 Dh'ain-deoin caineadh an t-saoghail ;  
 Ge d' chaidh cuid chuir gu bas diubh :  
 A's tric an sarach' le daoine,  
 Cha do smuainich iad m'aicheadh :—  
 'S e sud an aireamh thug gaol domh.

Fhuair mi biadh agus aodach  
 O na daoine thug speis domh :

'S 'nuair a bha mi gun slainte  
 Fhuair mi cairdeach gu leir iad ;  
 A's 'nuair a bha mi sa phriosan,  
 Rinn iad gach ni dhomh bha feumail,  
 'S cha'n 'eil mi nise dol ga'n aicheadh,  
 'S gur ann na'n ait chaidh mo cheusadh.

A shluagh beannuichte m'athair-sa !  
 Thigibh fathast a's eisdibh,  
 Suidhibh sios air a chathair,  
 Tha ni gratheil ri reiteach,  
 Eadar mise 's an sluagh sin,  
 Rinn mo bhualadh 's mo reubadh,  
 Rinn mo shailtairt fo'n casan,  
 'S a rinn gu maslach mo cheusadh.

An sin caochlaidhidh a ghnuis,  
 'S thig ordugh dluth chum an tionail ;  
 'S theid luchd an uile a thoirt dluth dha,  
 As gach duthaich a's fine ;  
 Theid gach cealgair a rusgadh,  
 'S theid na cuiltean a shireadh,  
 'S theid gach cogais a dhusgadh,  
 'S bithidh iomadh suil ann ri silleadh.

Theid na leabhraichean fhosgladh,  
 'S thig a choguis thoirt fianuis ;  
 'S 'nuair dh'fhosglas e am Biobull  
 Ni sud an diteadh gu siorruidh ;  
 Sluagh mallaichte rinn tair orm,  
 Teich gu brath iad o m' fhianuis,  
 Cha d'thug iad umhlachd do m'aitheanta  
 A's cha do ghradhaich iad riamh mi.

Chuir iad cul ri mo shlainte,  
 A's rinn iad tair-cuis air m' fhirinn,  
 'S bha cuid diubh a briseadh na Sabaid,  
 A's cuid a caineadh nam firean ;  
 Bha cuid ri mionnain a's ri breugain,  
 'S an tlachd gu leir ann am mi-run,

'S ge d' bha cuid air 'n robh cleoc dhiubh,  
Bha an t-olc an comhnuidh os 'n iosal.

Sibhse nis tha gu freagairt,  
Air son teagasg na firinn,  
Fhuair tomhas do dh'eolas  
Air nithibh mor a Bhiobuill ;  
Ach an slighe an pheacaidh,  
'S ann a chleachd sibh bhi 'g imeachd,  
'S chuir sud moran air seachran  
A leantuinn cleachdadh nan sinnsear !

Tionailibh chum mo chlith iad,  
Sud a chrionach gun toradh,  
Cha robh ach sgail aig na daoine,  
'S tha iad eutrom sa chudthrom ;  
Cumaidh ceartas an sas iad  
Gus am paidh iad a m'fhianuis,  
Gu teine-siorruith mo chorruidh.

'S cruaidh an cridhe air nach druigh e,  
Liuthad suil bhitheas gun aighear,  
'S iad a ranaich 's a buraich—  
'S a cuir an cul ris na flaitheas ;  
'S iad ga'n tionail aig Satan,  
'S an dara bas orra a feitheamh,  
'S ged do dh'eigh iad air trocair,  
Cha'n 'eil dochas ri faighail.

Slan le Dia, slan le dochas,  
Tha iad bronach aig eigheach ;  
Slan le rioghachd na gloire,  
Dh'ionnsuidh solas cha d'theid sinn ;  
Slan le cairdean 's luchd eolais,  
A fhuair trocair 's rinn feum dheth ;  
Theid sinne sios le sruth Iordain,  
Do shlochd mor na dubh eigin'.

'S bochd an sealladh an sluagh ud,  
 Air am fuadach o laithreachd ;  
 Air an glacadh le uamhas,  
 'S aobhar truas mar a tha iad ;  
 Cha'n fhac thu sealladh co bronach  
 Cho fad 's bu bheo thu 'san fhasach,  
 'S iad dol a chaith 'na siorruidheachd,  
 Ann am piantaibh do aireamh,

Ach nis shiubhail na daoine ud,  
 'S chaidh an gaoir as ar cluasan ;  
 'S chaidh an slochd orra a dhunadh,  
 'S cha'n 'eil duil ann e fuasgladh ;  
 Ach a chuideachd a dh'fhag iad,  
 Ann am fabhor an Uain sin,  
 Chuir iad an aghaidh air Parras,  
 Faic a phairtidh dol suas leo !

Faic an aighear 's an solas,  
 A seinn nan oran tha taitneach ;  
 'S cluinn farum nan aing'libh,  
 Le Bean-na-Bainse dol dachaidh !  
 Bheir iad steach i do'n t-seomar,  
 'Sam bheil a ghloir-san ri fhaicinn,  
 'S mairg nach bitheadh dheth an aireamh,  
 Gheibhadh gras gu bhi 'n taice rithe !

---

GLOIR AN UAN.

THA Sion a seinn co binn 's a urrainn,  
 Toirt mile urram do'n Uan,  
 'S a seinn air a ghaol nach caochail tuille ;  
 'S e shaor i buileach o'n truaigh ;  
 Halleluiah gu buan aig sluagh nam flaitheas,  
 Tha cuartach' caithir an Rìgh ;

'S na ieanas an t-Uan de 'n t-sluagh air thalamh  
So am fuaim ni tairis an cridhe'.

'S airidh Mac Dhé air geill a's urram,  
'S e féin a dh'fhuiling am bas ;  
'S e chunnaic ar feum 's ar n-eigin uile,  
'S leis féin bu duilich ar cas ;  
'Sann ghiulan e féin gu leir na buillean  
O 'n d'eirich dhuinne a bhith slan,  
'S tha a lotan 's a chreuchdan 'g eigheach uile,  
Gach creutair urram thoirt dha.

B'iongantach saor do ghaol o'n toiseach,  
Do dhaoine bochd a bha-cailt' ;  
'Nuair a thainig thu nuas le fuaim an t-Soisgeil,  
'S gun aon neach cosnadh do ghradh ;  
Bha sinne gun Dia, 's gun dion 's gun dachaidh,  
Gun rian, no fasnadh o 'n fheirg ;  
'S a mhallachd gu buan 'g ar ruagadh dhachaidh,  
Gu cuan do lasraichean dearg.

Ach cheannaich an t-Uan a shluagh o'n tuiteam,  
A's fhuair e iuchair a bhais ;  
'S tha slaint' a shluaigh gu buan 'na chridhe,  
'S cha dual dhaibh rithisd bhi an sas ;  
Air Calbhari dh'oil e 'n doruinn uile,  
A's dhoirt e a fhuil air an lar ;  
'S a naimhdean bha mor s'ann leon e uile iad,  
'S gu glormhor bhuinnig e 'm blar.

Tha fuil air ma'n cuairt, 's a ghruaidh lan falluis,  
Sud fhuair e an amair na feirg,  
Ach 's gile a bhian no ghrian, 's a gheallach,  
Tha iomhaigh geal agus deag ;  
'S ged luidh e 'san uaigh, thug e buaidh, an cabhag,  
'S chaidh suas le caithream gu gloir,  
'S shuidh e gu buan mar Uan 'sa chatfair,  
'S tha sluagh nam flaitheas 'na choir.

'S e a ghaol a bha siorruidh riarach sinne,  
 A's Dia bhi leinne 'san fheoil ;  
 A's cupan a ghaol bhi taomadh thairis,  
 'S e saor dh'ar n-anam ri ol ;  
 Tha buaidh ann na ghradh a dh' arach cloinne,  
 Ni 's fearr na bainne agus fion :  
 'S an t-anam bhitheas truagh 'ga ruag 's e falamh,  
 S' e an t-Uan so baile na dion.

Tha iocshlaint' 'na bhas, 's a tha slaint' 'na ghealladh,  
 'S fo sgaile tha commun ri Dia ;  
 'S tha feartan gu fas o ghras a sruthadh  
 Bheir bas air cumhachd gach miann ;  
 Tha abhnaichean solais glormhor fallain,  
 Tighinn beo o charraig nan al ;  
 So 'm fìor uisge beo chuireas ceol 's gach anam,  
 A dh'olas glan e mar tha.

'S e m' fhireantachd shaor, 's mo naomhachd gblan e  
 M' Fhear-sacruidh, 's carraig mo shlaint ;  
 S e m' altair, a's m' iobairt-sith, a's mo charaid,  
 Mo Rìgh, mo Shagairt, a's m' Fhaidh ;  
 'S ar bhunait chinnt' cloch-chiunn na h-oiseann,  
 'S e an Ti a choisinn mo ghradh ;  
 'S 'n uair thig e ris bidhidh mi ris cosmhuil,  
 Ge diblidh bochd mi an trath-s'.

'S ged luidh mi 'san uir, theid mo dhusgadh rithid  
 Thoirt cliu do Tighearn na gloir ;  
 'S an uair theicheas gach duil roimh ghnuis a bhreith-  
 eamh,  
 Tha mo duil ri tighinn na choir ;  
 Thig cuirt leis nuas do shluagh nam flaith'eas,  
 'S bidhidh an t-Uan air cathair na gloir,  
 A's tionailidh 'n sluagh, 's theid an uaigh a chra-  
 thadh  
 Le fuaim an latha bhitheas mor.

Bithidh cumbachd nan speur, bithidh na neimh 's an  
talamh

Gu leir dol thairis le toirm ;  
'S theid a naimhdean gu leir o'n treud a sgaradh,  
Nach do gheill air thalamh d'a ghairm ;  
Feuchaibh, dideanaibh breig rinn gu leir am mealladh,  
Theid breug a's faileas air cul ;  
'S bithidh iad ag urnuigh gu treun ris na sleibhte carach'  
'S gu leir am falach o ghnuis.

Tha guth aig co treun 's gu'n reub e an cridhe,  
'S gu'n eirich crith anns gach feoil ;  
'S their e imichibh nam ris an t-sluagh rithisd,  
Nach d'fhuair e 'n slighe na coir ;  
Deanaibh 'n tilgidh gun dail eadar lamh a's chasan,  
Gu brath far nach faic iad a ghrian ;  
Sud an scal a bhitheas cruaidh 's e mo thruaighe rithisd,  
An sluagh a bhitheas gun dion.

Ach 's sona gu brath an aireamh bheannaicht',  
O'n bhas chaidh cheannach le Criosd,  
Cuiridh cumbachd a ghrais na lathair gun smal iad,  
'S gu brath cha'n fhannaich an cri' ;  
Ni e an crunadh le gloir, 's robachain, geala,  
A ni an dunadh thairis gu'n sail ;  
'S cha chuimhnich iad bron bithidh 'n doruinn thairis  
'S bithidh an solas maireann 'na lathair.

'S iongnadh leam fuachd a's cruathas mo chridhe,  
Gach uair a bhitheas mi cainnt ;  
Ma'n ghaol a thug buaidh air sluagh a's cinnich,  
'S nach cualas idir a shamladh ;  
An ni air am miann le aing'libh beachdach' ;  
'S nach aingidh seachran mo chri',  
Nach gabhadh e tamh gu brath na chuideachd,  
Ma tha mi tuigsinn a bhrigh.

O'n thig thu gun dail thoir gras gu freagairt,  
'S thoir fas air creidimh a's gradh,

'S gu caithris a's urnuigh lub mo chridhe,  
 'S bithidh mo dhuil ri d' thiginn gach trath  
 'S tha chruitheachd an duil ri urach' leatsa,  
 'S an suil gu beachd ris an la,  
 'San saor thu do shluagh o'n uaigh 's o'n seachran,  
 O thruailleachd, peac', agus bas.

Ach 's beag chaidh luaidh dheth bhuidhean tait-  
 neach,  
 Measg sluagh 's tu 's maisich na each ;  
 'S tu 's maisich na ghrian 's tu miann nan cinneach,  
 'S do bhriathran sileadh le gras ;  
 'S tu fionan nan geug, 's tu reult no maduinn  
 'S tu a ghrian a sgapadh na neoil ;  
 'S air seachran cha d'theid do thrend ro fhada,  
 'S tu féin a tagradh an coir.

Is tu meangan clinteach, ur, a dh'fhas fallain,  
 'S tu lubadh gu talamb o ghloir ;  
 'S an toradh a ghiulan thu, mo shireas,  
 Gheibh Iudhaich 's Cinnich dheth coir ;  
 Tha t-ainm mar an driuchd 's n' is cubhraidh no an  
 t-oladh,  
 'S o d' ghnuis thig solus a's gras,  
 'S tha briathrain do *bheul* mar cheir na meala,  
 Toirt sgeul d'ar n-anam air slaint'.

'S tu Leighich nan gras ni slan na lotan,  
 Tha graneil, goirt, agus ciurt',  
 'S tu an nathair 'san fhasaich 's airde chaidh thogail,  
 'Thoirt slaint' do'n phobull bha bruit' ;  
 'S tu Prionnsa na Sith, chuireas crìoch air cogadh,  
 'S an rioghachd a thog thu le d' ghras,  
 'S tu bratach nam buadh ni 'n sluagh a thional,  
 Dha'n dual do leanail gu brath.

'S tu féin an ceann-iuil ni 'n stiùradh dhachaidh,  
 A duthchanain fada gu fuath



'S bithidh do ghras dhaibh as ur mar dbriuchd na  
maidunn'

Toirt urach' neart dhaibh gach uair ;

'S tu leomhann treubh Iudah, 's *flur* nan gaisgeach,  
'S tu a dhuisg mach as an uaigh :

'S bithidh naimhdean do ghloir na'n stol fo d' chasaibh,  
'S do mhorachd marcachd le buaidh.

'S fear tagraidh thu, ann an cuirt nam flaitheas,  
Ro dhluth do chathair nan gras,

'S tu aingeal a chumhnant, 's tuis 'ga masgadh,  
Ni 'n urnnigh taitneach na lathair ;

'S tu suim do gach samhladh, 's tu ceann na h Eaglais  
'S gach am ni freagairt na h-ait' ;

'S an Sagairt 's an iobairt chriochnaich annad,  
'S tu brigh a's anam gach sgail.

'S tu suim agus brigh a Bhiobuill uile,  
A sgrìobhadh dhuinne le Dia,

'S tu beatha gach feoil, 's tu gloir na cruitheachd,  
'S tu 's oirdheire chunnaic sinn riamb,

'S tu grian agus gloir, 's tu ceol nam flaitheas,  
'S tu dortadh maitheas gach taobh,

'S ged robh siorruidheachd ann gun cheann air  
dhuinne,  
Cha rannsaich uile, do ghaol.

O sibhse a thug speis dha treigibh 'm peacadh,  
'S gach ceum do sheachran an t-sluaigh,

A's leanaibh e féin le ceum'aibh seasmhach,  
Toirt geill d' reachdain gach uair,

O bithibh-se naomh, 's thugaibh gaol 'nur cridhe,  
Dha féin, d' a shlighe, 's d' a shluagh ;

A's seinnibh an trath-s' le gras air an t-slighe,  
'S ni 's fearr 'nuair bliitheas sibh shuas.



## AN GEATADH CUMHANN.

'S e naigheachd bhronach a ta ri luaidh,  
 A's tha e sgriobhte le firinn bhuan,  
 Gur beag tha beo ; 's gu'm bheil sligh' na doruinn,  
 Dluth air domhlach' le moran sluaigh.

'S e am peac' thug bas oirnn 's a dh'fhag sinn mall,  
 'S e mhill sliochd Adbamb, 's a dh'fhag iad dall ;  
 B'e mortair treun e, a mharbh gu leir sinn,  
 Thug malluebd Dhé oirnn 's na h-uile call.

Ach Uan Dé rinn e 'n reite a rithis ;  
 'S b'e 'n sgeul ro eibhinn gu'n dh'èigh e sith,  
 Le fhuil a dhortadh, a's fheoil a reubadh,  
 Chaidh lot' sa cheusadh air Calbhari.

'S tha dorus trocair air fhosgladh saor,  
 'S gach neach gheibh eolas air meud a ghaol,  
 Cuiridh iad an dochas 'na ainm ro ghlormhor,  
 'S cha'n fhaic iad doruinn gu saoghal nan saoghal.

Anam ma's ail leat bhith 'n sonas buan,  
 Gabh ris an t-slaime' so 's thoir gradh dha 'n Uan,  
 Rach stigh gun dail, 'sann air geata na'n gras so,  
 Ma'n d'thig am bas ort, 's gu'm bi thu truagh.

Oir 's mor do dhit' air na h-uile doigh,  
 Ma ni thu dimeas air slaint' co mor,  
 Bithidh peanas dubailt do'n dream chuir cul ris,  
 'S a lot as ur e 's a bha 'ga leon.

Ach ma 's aon thu bheir gaol da féin,  
 'S air sligh' na naomhachd gu'n lean thu cheum,  
 Sonadh gu brath thu, 's cha chiurr am bas thu,  
 A's gheibh thu lathaireachd 's gu brath cha treig.

## AM BIOBULL.

EISDIBH rium-s' ars' am Biobull,  
 'S gheibh sibh eolas air firinn bhitheas buan,  
 'San aig na naoimh bhitheas mi priseal,  
 Ach bheir mi comhairlean dilis do'n t-sluagh,  
 'S e 'n Spiorad Naomh rinn an fhirinn,  
 Air mo chridhe a sgrìobhadh gach uair ;  
 A's cha'n atharaich ni dheth,  
 Ged theicheadh muir, agus tir, agus cuan.

Tha na h-Abstoil 's na faidhean,  
 'S na h-uile firean a ghradhaich an t-Uan ;  
 A cuir an seula gu brath ris,  
 'S a dearbhadh uile gu'n d' thainig mi nuas  
 'S gur mi lochran an t-saoghail,  
 'S mi bheir eolas do dhaoin' air an truaigh,  
 'S tha mi foillseach' Fear-saoruidh,  
 Dha na braighdean tha 'n daorsa ro chruaidh.

Ma's e 's nach dorch' iad mo chomhradh  
 Le briathrean gun eolas, gun fheum,  
 'S mise a dh'innseas an doruinn,  
 Do gach neach nach d'fhuair eolas Mhic Dhé ;  
 Tha iad uile thaobh naduir  
 Fo na mhalluchd, 's am bas-tighinn 'na dheigh ;  
 'S gu'm bheil corruich an Ard-Rìgh  
 Air gach neach tha gun ghras fo na ghrein.

'S mar beirear a rithisd iad,  
 'S mar d' thoir eolas air Iosa iad beo,  
 Bithidh iad gu sìorruith fo'n diteadh,  
 'S theid an dunadh a Rìoghachd na Gloir ;  
 Ma's e 's nach creid iad an fhirinn,  
 'S mar bi an aithreachas fìor air gach doigh,  
 Cha bhasaich iad mar am firean,  
 'S ann a luidheas iad sìos ann am bron.

Ach an dream a gheibh eolas,  
 'S tha creidsinn gach doruinn a t'ann,  
 'S tha nise ag eigheach, dean trocair,  
 Air neo bithidh sinn an doruinn gun cheann ;  
 'N mi direach an seoladh  
 Dh'ionnsuidh 'n iobairt as glormhor a th'ann,  
 'S cha'n fhailinn bunait an dochais,  
 Ma's i 'n fhuil a chaidh dhort' air a chrann.

Ann an gnuis a Fhir-shaoruidh,  
 Chi iad trocair, a's gaol ann, a's gras,  
 'S bithidh mise a feuchainn a ghaol dhaibh,  
 Gus am faic iad co saor 's a tha slaint',  
 'S their mi, olaidh gu saor dheth,  
 'S e an t-uisge beo th'ann bheir daoine o'n bhas :  
 Sibhse tha tartinhor, na caomhnaibh,  
 Tha cuan mor ann 's cha traogh e gu brath.

San dream a chuireas an dochas,  
 Anns 'na geallanaibh mor bheir mi dha,  
 Gheibh e sith, agus trocair,  
 Gheibh e sonas, a's solas, a's gras ;  
 Gheibh e bas ann an dochas,  
 Ris an ais-eirigh ghormhor is fearr ;  
 'S gheibh e oighreachd 'sa ghloir sin,  
 Far nach coinnich e bron ann gu brath.

Ach tha mi 'g innseadh gu saor dhaibh,  
 Chum 's nach meallear na daoine le sgail,  
 Gu'm bheil comhar' ri fhaotuinn,  
 Air gach neach air 'n do shaoruich mo ghras,  
 O'n nach eil iad gun truailleachd,  
 Bithidh iad dealluichte air uairibh am pairt ;  
 Ach bithidh iad naomha 'nan gluasad  
 Bithidh iad iriosal, stuama, thar chach.

Tha iad 'g aicheadh mi-dhiadh'achd,  
 'S thug iad fuath dha bhi riarach' na fcoil,

'S tha 'n co-chomunn an waigueas  
 Ris an Athair tha shuas ann an gloir.  
 'S iongantas fo'n ghrein sud,  
 Mar tha iad gradhach a cheile co mor,  
 'S chum anam-ana a shaoradh.  
 Gu'n dean iad cosd agus saothair gu leoir.

'S iad geugan torrach an fhion-lios,  
 'S cha bhi iad mar chrianach gun bhath,  
 'S o'n chaidh an suidheach 'san fhionan,  
 Bithidh iad sultmhor 's gu siorruith a fas ;  
 Ni iad aoradh d'a riridh,  
 Ann an spiorad, 's am firinn tre ghras,  
 'S bithidh iad treibhdhireach dileas  
 Anns an aidmheil a ni iad na lathair.

Ach luchd breug, a's cul-chainidh,  
 Misg, a's miannan, a's ardan, a's strigh,  
 Sanntach, neo-ghlan, mi-narach,  
 A's luchd-aidich' gun ghras a tha cli ;  
 San dream tha bristeadh na Sabaid,  
 'S iad le an aingidheachd a fasach' na tir,  
 Tha mis' ag innseadh dhaibh tratheil,  
 Nach eil cuid ac', no pairt ann an Criosd,

Nis, gabhaidh foghlum a chardean,  
 'S mise fear-teagaisg is fearr tha fo'n ghrein,  
 Cha 'n 'eil duine gun fhailing,  
 'S cha bhith 'n leabhar ni 's fearr na iad féin ;  
 Ach 's mise leabhar an Ard-Rìgh,  
 Gun mhearachd, gun failing, no breug,  
 Soilleir mar chriostal tha m' fhirinn,  
 Ruith mar abhainn bho Rìgh-chathair Dhé.

'S mi tobair an eolais,  
 'S an dream theid domhain 's a dh'olas gun dith,  
 'S a bhitheas a creidsinn 'san dochas  
 Gu'n dean an Spiorad an seoladh 's gach ni ;  
 Ni mi ni 's tuigsich ri 'm beo iad,  
 No nan seanairean mor anns an tir,

Ma bhlutheas iad ag urruigh 's a leughadh,  
 'Tric a smuainach 's gur leir dhaibh mo bhrigh.

Rinn mi fianuis 'san t-saoghal,  
 O'n la thug Maois mi o'n uaigh ;  
 Ach 's tric a chuir iad gu faoin mi,  
 'S tric a sheachain iad m' fhaobhair bha cruaidh,  
 'S tric a chuir iad gu bas mi,  
 Ann an Sodom 's am Babilon thruagh,  
 'S tric a luidh anns na sraidean,  
 Fo na cosan bu taireil de 'n t-sluagh.

Ach tha mi nis orra ag eirigh,  
 'S chi mo naimhdean gu leir mi dol suas,  
 'S tha mo chairdean fas treubhach,  
 'S a cuir an guail'nibh ri cheile 'san uair-s',  
 Tha aon aingeal ro threun,  
 Ruith leam mar iolar nan speuraibh ag luathas  
 'S tha Aingeal eile ag eigheach,  
 Thuit Babilon bhreun ann san uaigh.

A's theid mi gu iomal an t-shaoghail,  
 Deanamh sgeul air Fear-saoruidh na'm buadh,  
 'S ni mi bhratach a sgaoiladh,  
 Chum 's gu'n tionail na daoine ma'n cuairt ;  
 Labhraidh mise anns gach canain,  
 'S ann air slighe na slainte bhitheas mi luaidh ;  
 'S theid na Cinnich a shlanach',  
 'S bheir iad cliu agus gradh 's ann do'n Uan.

'S iomadh neach bha gun dochas,  
 'S iad air seachran gun eolas air sith,  
 Rinn mi shoillseach' 's a sheoladh,  
 Dh'ionnsuidh oighreachd a's gloir ta gun chrich ;  
 'S iomadh cridhe a bha bronach,  
 Rinn mi subhach le eolas air Criosd ;  
 'S rinn mi glic am fear gorach,  
 'S rinn mi cairdean de mhoran bha strith.

'S iomadh duine a bha aingidh,  
 Lan ardan a's gamhlas a's mi-run,  
 Rinn mi gheilleadh 's a cheannsach',  
 'S dh'fhas iad iriosal, gradhach, a's ciuin  
 'S iomadh duine a bha fiadhaich,  
 'S a cuir an aghaidh na diadh'achd gu chul,  
 Dha 'n d'fheuch mise am Fear-saoruidh,  
 'S thug iad geill da, a's gaol agus cliu.

'S iomadh fear-aidich' a's Pharasach,  
 Bha daonnan 'g an ardachadh féin;  
 Dha 'n d'fheuch mi truail'eachd an naduir,  
 Gus am fac iad an grainealachd féin,  
 Gus an d'eigh iad a bhraithrean,  
 Am bheil doigh ann air tearnadh dhuinn féin,  
 'S an uair a dh'fheuch mi dhaibh Slanaighear  
 Thug iad urram a's gradh dha, a's geill.

'S an dream thug gradh do Iehobhah,  
 'S mi bu sholus 's bu lochran d'an ceum;  
 'S e mo staitin bu cheol dhaibh,  
 Anns gach cas a toirt solas dhaibh féin;  
 Ni mi an stiuireadh 's an treorach',  
 Gus an ruig iad an gloir, 's nach bi feum  
 Air grian, no coinneal, no lochran,  
 'S cha dorch' an la le neoil feadh gach re.

---

GEARAN NAN GAEL.

'San t-seann seanachas, bha Gaeil ainmeil  
 Am measg dhaoine b'ainmig an leithid ann,  
 Le gaisg a's cruadal, a's creach air uairibh,  
 'S bha am fuil co uabhrach toirt buaidh dhaibh  
 ann,

Gun taigse gun chial ac', ma thimchiol siorruidheachd,  
 'S cha chual iad diadhachd bhi idir ann ;  
 Ach baist' a's posadh a's suidh aig orduighean,  
 B'e sud an dochas a bha nan ceann.

Ach cliu gu sonruicht' do Rìgh na Gloire,  
 Tha caochladh mor air tighinn oirnn san am,  
 Tha solus ghlormhor tighinn tre na cheo oirnn,  
 'S tha an t-uisge beo air dol feadh nan gleann ;  
 'S tha 'n dream bha gorach nis 'g iarraidh eolas,  
 'S e an eigh an comhnuidh nach d'thig sibh nall,  
 A theagasg eolas do *Chaledonia*,  
 Nach bi' sinn doruinneach aig a cheann.

Sibhs' a fhuair gras gabhaibh truathas 'na thrath dhinn,  
 Ma'n d'thig am bas oirnn 's nach bi sinn ann ;  
 Thigibh 's feuchaibh dhuinn rathad tearnaidh,  
 Gun eolas tha sinn, 's gun ghras 'san am ;  
 'S an luchd-teagasg blath sin, a dheanadh sta' dhuinn  
 Air feadh na Gaeltachd tha iad ro ghann,  
 'S cha tuig sinn Beurla 's cha leugh sinn Gaelic,  
 'S e am peac' 'sam bas rinn ar fagail fann.

Sibhs' fhuair talann, a's gibht', a's grasan,  
 Labhraibh gu dan ruinn gun bhi nar tosd,  
 A's sibhse tha saibhir tha feum an trath s' air,  
 Nis comhnaibh each, a's na cunntaibh 'n cosd ;  
 'S gach neach fhuair gras bithibh 'g urnuigh ghnath,  
 Ris 'n Ti as airde' gun tamh, gun chlos,  
 Luchd-oibre araidh chuir feadh na Gaelteachd,  
 Am feadh a's ta sinn aig stol a chos.

B'e ar cleachd o'r n-oige bhi aotrom gorach,  
 Gun neach a seoladh dhuinn sligh' ni's fearr ;  
 Bhitheadh tional mor anns na tighinn-ceol dhinn,  
 Bhitheadh seinn air orain, bhitheadh sporsa a's gaire,  
 Bhitheadh cuid le bosd deanamh mionnan mor ann,  
 'S an t-Ainm ro oirdheire ga luaidh le tair,



'S bhitheadh misg a's neoghlaime 'sna tighean  
Sud slighe na doruinn do 'n crìoch am bas.

'S an t-Sabaid ghlormhor bu choir a naomhach',  
'S tric chaith sinn faoin i bho cheann gu ceann ;  
Le cainnt ro dhiomban ma thimchioll Fianntaibh,  
'S gach gnothach timail a bhitheadh 'nar ceann,  
Air cnuic a's air sleibhtean, 'sna tighean ceilidh,  
Bhitheadh sinn le cheile a tional ann ;  
Ach cha b'e 'm Biobull a bhitheadh 'ga leughadh,  
Ach faoin sgeul air nach d'thigeadh ceann.

'S ag uair na h-urnuigh bhitheadh an sluagh fhuair  
iul air,  
A tional dluth dh'ionnsuidh cathair nan gras,  
'S bhitheadh iobairt churaidh o chridhe bruite ann,  
'S Aingeal a chumbuant 'ga chuir 'na lathair ;  
Ach sluagh gun churam, rachadh 'sna cuiltean,  
Mar theid na bruidean a ghabhail tamh,  
Gun leughadh, gun urnuigh gun seinn air cliu dha,  
'S b'e sud an duchar bha measg nan Gael.

Bhitheadh eagal mor orra roimh na *bochdainn*,  
'S iad faicinn moran diubh nach bitheadh ann ;  
Bhitheadh gisreag 's orrachain 's seachnadh chomh-  
laichean,  
'S moran seolaidhean ann nan ceann  
Bhitheadh aca Sitheachean anns gach sithan,  
A bheireadh sios leo mnathan 's clann,  
'S bhitheadh cuid a brудар 'san sluagh 'ga mhineach  
'S gun ghuth air Biobull bhith idir ann.

Nach truagh ri ionnsadh gu'm bitheadh na millteann,  
Do dh'anamain prìseal co anabarra dall,  
'S gu'n d'theid iad dìreach an aghaidh na firinn,  
'S nach creid iad ni d'beth a bhith gu 'n call,  
Sibhse tha cur Bhiobuill 's luchd teagaisg firinneach.  
Dh'ionnsuidh *Innseanaich* fada thall,  
Nach cuir sibh pairt diubh 's gach eilean Gaelach,  
Oir 's trogh bu brath dhuinn na bhitheas sinu

O'n dh'fhuillling losa, a's gu'n deach a cneusad.  
 'S gu'n d'thuirt e féin gu'm b'e sud a mhiann,  
 Gu'm bitheadh an fhirinn 'ga cuir an ceill  
 Dha na h-uile creutair tha fo na ghrian ;  
 Nise, nam bitheadh Biobull an lamh gach creutair,  
 Tha toil gu leughadh ann nach robh ann riamh ;  
 'S nam bitheadh an fhirinn 'ga cuir an ceill duinn,  
 Rachadh sinn 'ga h-eisdeachd ge b' ann air sliabh

A's ma gheibh sinn eolas air 'n Aon ghormhor,  
 Rinn fhuil a dhortadh air Calbhari ;  
 Cuiridh sinn ar dochas 'na iobairt mhor-san,  
 'S bheir esan coir dhuinn air slaint' gun dith ,  
 Ni e ar treorach' o shlighe na doruinn,  
 'S ar cos a sheoladh air slighe na sith ;  
 'S focal Iehobhah bitheadh dhuinn 'na lochran,  
 A's cha 'n e na seolachain tha gun bhrigh.

A Rìgh nan Sluagh ! 's e 's fearr 'san uair so,  
 A bhi sealltuinn suas riut a'd ionad tamh ;  
 A's mar eisd an sluagh ruinn, a Rìgh gabh truas  
 dhinn,  
 'S ar gearan truagh thigeadh ann do lathair ;  
 O'n tha thu beo, a's gur toil leat trocair,  
 Thoir dhuinne eolas 's ann air do ghras ;  
 Ach cia mar labhradh sinn air an doigh sin,  
 'S ann air do mhorachd a rinn sinn tair.

Ach c'ait an d'theid sinn, no co ni feum dhuinn,  
 Cha'n 'eil fo 'n ghrein na ni dhuinn sta',  
 Ach Uan Dé, o'n 's e phaigh an eiric,  
 Le meud an eifeachd a bha 'na bhas ;  
 'S ma gheibh sinn sgeul air 's gu'n dean sinn feum  
 dbeth,  
 'S gu'n dean thu eisdeachd ruinn air a sgath,  
 Bitheadh sinn fa dhion, 's theid sinn as o phiantaibh,  
 A scinn gu siorruidh air cliu do ghrais,

## COMHAIRLE DO'N OIGE.

BHEIRINN comhairle do'n oigrìdh,  
 'S tha mi an dochas a's an duil,  
 Gu'n d'thig an gras a bheir beo iad,  
 'S gu'm faigh iad eolas a's iul ;  
 Gu'n d'thoir iad gradh do Iehobhah,  
 Gu'n d'thoir iad gloir dha a's cliu,  
 Nuair nach cluinn iad mo chomhradh,  
 'S a bhitheas mi comhnuidh 'san uir.

Nis eisdibh an traths' rium,  
 Sibhse a chairdean tha og,  
 'S mise gu cinnteach 'ur brathair,  
 Chaidh tre gach pairt dheth 'ur seol ;  
 Oir ged bha mi ri urnuigh,  
 A's tric fo churam o'm oige,  
 'S ann do'n pheac' bha mi geilleadh,  
 A's cha do cheus mi an fheoil.

Ach mo dhuil 'san Fhear-shaoruidh,  
 O'n bha ghaol co ro mhor,  
 Gu'n deach a mhathadh gu saor dhomh,  
 'S gu 'm bheil m' Fhear-saoruidh nis beo  
 S Grian a's sgiath e gach la dhomh,  
 'S ann fo sgail bhitheas mi beo,  
 O ! 's ann tha bheatha na fhabhor,  
 A's gealladh araidh do'n oige.

Mheud 's a dh'iarras mi tratheil,  
 'S a bheir gradh dhomh nan oig',  
 Bheir mi gaol dhaibh nach failinn,  
 Bheir mi gras dhaibh a's gloir ;  
 Bheir mi sonas gach la dhaibh,  
 A's ni mi an arach ri m' beo ;  
 'S gheibh iad cinnteach mo laithreachd,  
 O! tre fhasach nan deoir.

Bitheadh mo ghairdean ma'n cuairt daibh,  
 A's bheir iad buaidh anns gach ceum,  
 'S cha d'thoir namhad chaoidh uam iad,  
 Tha mo ghuaillibh co treun.  
 Ni iad m'fhirinn 's mo bhuaidhean,  
 Measg an t-sluaigh chuir an ceill.  
 'S bitheadh mo shuilean gu buan orra  
 'S iad na h-uain air an treud.

O chlann ! na deanaibh tair air,  
 O'n 's e am bhas bhi cuir cul  
 Ri Fear-saoruidh co grasmhor,  
 'S gur e Ard Righ nan dul :  
 Dhoirt e fhuil chum 'ur tearnadh,  
 'S thug am bas e do'n uir :  
 'S ma's e 's gu'n creid sibh 'na thrath anr.  
 Bithidh sibh gu brath seinn a chliu.

O ! nach leugh sibh a chomradh,  
 A's bheir e bron air 'ur cri,  
 Mar chaidh lotadh 's a leonadh,  
 A's fhuil a dhortadh gun dith ;  
 Tha gach namhaid an toir air,  
 'S fuil, a's feoil, ris a strith,  
 Ged nach d'rinn e riamh foirneart,—  
 Righ na trocair 's na sith.

Faicibh, chairdean 'ga threigsinn,  
 'S a naimhdean treum tha ro dhian,  
 'S 'nuair bha 'm buachail 'ga cheusadh,  
 Sgap an treud air gach sliabh ;  
 Faicibh anam ga reubadh,  
 Le claidhe geur ceartas Dhia,  
 'S 'sann 'san uair sinn a dh'eigh e,  
 O na treig mi mo Thriath !

Nach eil 'ur cridheachan og,  
 Nise an toir air a ghaol,

'S gu'n robh e féin co ro dheonach,  
 'S gu'm beil a throcairean saor ;  
 Bheir e saibhreas gu leoir dhuibh,  
 A's iomadh solas faraon ;  
 'S bheir e oighreachd an gloir dhuibh  
 'S fearr gu mor dhuibh no'n saoghal.

Chlann a ghaol thugaibh geill da,  
 'S leanaibh a cheuman gu dluth,  
 'S deanaibh 'm peacadh a threigsinn,  
 'S e sud a cheus e air tus ;  
 O'n phaidh e 'ur n-eiric,  
 Thugaibh geill dha a's cliu ;  
 'S cruaidh 'ur cridhe mo theid sibh  
 'Ga cheusadh as ur.

'S ma theid sibhse chuir dail ann,  
 Ribidh each sibh 'na'n lin,  
 A's bithidh na miannaibh fas laidir,  
 'Nuair theid an arach' le tim ;  
 'S iomadh innleachd th'aig Satan,  
 'S tha sruth ar nadur ruith sios,  
 A's ged mheall iad an traths' sibh,  
 Bheir iad 'm bas aig a chrìoch.

Is mor buannachd na h-oige  
 A gheibh eolas air féin ;  
 Bitheadh tuilleadh tim agus treoir ac',  
 Gu oibrìbh mor chuir an ceill ;  
 Bheir sud gu onoir ro mhor iad ;  
 'S bithidh tuille gloir dhaibh air neamh  
 'S air feadh an la ni iad solas  
 Ann an trocairean Dé.

Dh'iarr Ioseiph a's Maois e,  
 A's thug iad gaol dha nan oig',  
 'S b'fhearr leo masladh an Fhir-shaoruidh,  
 Na bhith na'n daoine ro mhor ;  
 B'fhearr leo coir 'san Fhear-shaoruidh  
 A's ann na ghaols' a bhith beo,

Na na solasain faoine,  
 Bh' ann an saoghal nan deoir.

Dh'iarr Rìgh Daibhidh gu luath e,  
 Is e 'na bhuaichail ri treud,  
 'S gu sean aois rinn e luaidh air,  
 'S chuir e bhuaidhean an ceill;  
 A's an ni thug subhachas mor dha,  
 Chuir e 'n oran dhuinn féin,  
 'S iomadh cridhe ro bhronach,  
 Dha an d'thug iad solas 'na dheigh.

Ged bha Solamh air arach'  
 'An ailgheas gu leoir,  
 'S e 'm Fear-saoruidh a b'fhearr leis,  
 'S thug e gradh dha 'na oig';  
 Tha Ghna-fhocail ro fheumail,  
 Anns gach ceum dh'ionnsuidh gloir;  
 'S ann 'na chainnt' tha mor eifeachd,  
 A stiuireadh ceuman na h-oig'.

Bha Ieremiah a's Samuel  
 Nam faidhean gle og,  
 S air son a bhi leantuinn na firinn  
 Fhuair iad trioblaidean mor;  
 'S an aghaidh aingidheachd na tire  
 Thug iad firinn gu leor;  
 'S bhitheadh iad 'g urnuigh os iosal,  
 A's tric ri mi-ghean a's bron.

B 'og Iosiah ga iarraidh,  
 Ochd bliadhna do dh'aois,  
 S ged bu Rìgh e a bha riaghladh,  
 Bha e diadhaidh maraon;  
 Nuair a leughadh e an fhirinn,  
 Bha chridhe dileas a's maoth,  
 S thug e aingidheachd na tire  
 Gu bhi fo chis air gach taobh.

'S ann sibh 'Timothi rithis,  
 Bha creideamh fìor ann bheò ag' .  
 Sheol a mhathair dha 'n fhìrinn,  
 'S bha e dileas ri bheo ;  
 A's ged bha Iosa, air a cheusadh,  
 Thug esan speis da bha mor,  
 Bha e leantuinn a cheuman,  
 A's bha e feumail do Phol.

O chlann ! cuiribhs' ur dochas  
 Anns an trocair tha saor,  
 'S leanaibh an eiseimplair ghlormhor,  
 Th'aig an t-seorsa thug dha gaol ;  
 Ged their each gu bheil sibh gorach,  
 'S gur trath gu leoir dhuibh bhi naomh,  
 Gur bochd bhi siubhal co bronach,  
 Gus an toisich an aois.

Ach 's fearr dhuibhse a bhi ciallach,  
 'S a bhi fo dhion ann an tim,  
 No bhi 'n cunnart nam piantaibh,  
 'S a dhol gu sìorruidh an dìth ;  
 'S fearr siubhal 'na fhabhor,  
 'S a dhol gu bas ann an sìth,  
 Na na h-uamhasan gabhaidh,  
 Bhitheas coinneach chaich aig a chrìch.

'S fearr codal mar fhìrean,  
 'S dusgadh rithis 's a bhi beo ;  
 No bhi basach' fo 'n dìteadh,  
 'S eiridh rithis ann am bron ;  
 Is fearr dusgadh na iomhaigh,  
 'S a bhi mar ghrian ann an glòir,  
 No a bhi fulang gu sìorruith  
 Anns na piantaibh ro mhor.

Slan leibh nise a chairdean  
 'S O ! gun dail, bithibh naomh.

Ged a dh'fhuilingeas sibh tarcuais,  
 Air a sgath bho chlann-daoin',  
 Cinnt', ni siorruidheachd an aird sibh,  
 Ann am Paras a ghaoil,  
 'S cha bhi bron, 's cha bhi bas ann,  
 'S gheibh sibh a laithreachd gu saor.

---

ORAN D'ON AOIS.

AIR dhomh bhi smuainach' air m' ionndrainn,  
 Thachair seann-duine liath orm,  
 'S thug mise urram do'n aois,  
 A's bha esa' co faoilidh 's a dh'iarrain ;  
 Ach 's e mbeudaich mo bhron,  
 Gur e seann *storaidh* a dh'iarr e,  
 'S ged bha a neart uile air fhagail,  
 Cha robh cail aig do 'n diadhachd.

'S e so na smuaintean a dh'eirich,  
 Mo thruaighe leir ! mar a ta thu,  
 'S truagh nach d'fhuair thu bho t-oige  
 Fìor eolas air slainte ;  
 N'an d'fhuair, 's e bheireadh dhuit solas,—  
 Naigheachd glormhor ma'n t-Slanaighear,  
 'S bhitheadh tu seoladh mo cheuman,  
 Le combairle fheumail a b'fheaird' mi.

Bu shona dhuit ann a t-oige  
 N'an d'fhuair thu coir 'san Fhear-shaoruidh  
 'S gu n d' chaith thu neart agus treoir,  
 Chum a ghloir-san a sgaoiladh,  
 Bhitheadh tu 'n diugh mar bu choir dhuit,  
 A' tighinn beo air a ghaol-san ;



's bhitheadh toradh a's blath ort,  
Ged a thainig an aois ort.

Bitheadh tu foillseach', a ghloir-san  
Do'n al og a tha 'g éiridh ;  
'S do cheann liath na chrùn gloir dhuit,  
O'n bhitheadh eolas Mhic Dhé ann ;  
Bhitheadh tu 'g iarraidh an Ard Rìgh,  
A's bhitheadh a laithreachd 's gach ceum leat ;  
A's o'n 's e d' charaid a b'fhèarr e,  
Bhithidh tu 'g arach' nan trèud aig.

Bhitheadh sith, a's sonas, a's dochas  
Dol an comhail a bhais ann ;  
A's thigeadh aing'libh o'n gloir,  
Chum do threorach' gu Paras ;  
An sin bhitheadh t-aoibhneas co mor,  
'S nach eil neach beo a ni aireamh,  
A's cha d'thigeadh aois ort no leonadh,  
Ach siorruidh beo ann na laithreachd.

Ach 's ann a tha thu a'd chrionach,  
'S do cheann liath dhuit 'na naire ;  
'S e ag innse nam ficheadan bliadhna  
Chaith thu gun Dia anns an fhasach.  
Chaith thu madainn na h-oige,  
Ri cluiche, sporsa, agus gairich ;  
A's ged thug an latha do threoir uat,  
Tha thusa co feolmhor 's a bha thu.

'S o'n a thainig an aois ort,  
'S e nithe an t-saoghal bu Dhia dhuit ;  
Bha thu 'gan ruith mar a dh'fhaod thu,  
'S cha d' rinn a h-aon diu' do riarach' ;  
Tha thu 'n diugh air do sharuch',  
'S cha dean cach mar is miann leat.  
Tha thu t-eallach do d' chairdean,  
'S do dhroch nadur 'g am pianadh.

Ach is e sgeul is ro chraitich  
 Gu'm b' eil am bas ort a tighinn :  
 'S gu'n toir thu cunntas mar bha thu,  
 Ann an lathair a Bhreitheamh ;  
 Bheir thu cunntas ma d' ghluasad,  
 Do chainnt, a's smuaintean do chridhe,  
 A's iomadh trocair bha luachmhor,  
 'S gach gairm a fhuair thu gu tighinn.

An sin chi thu le searbhas  
 An carn feirg bha thu tional,  
 'S an eallach trom nach gabh giulan,  
 Bheir sios gu dluth thu gu peanas ;  
 'S bitheadh sud a meudach' do dhoruinn,  
 An t-al og bhi 'ga d' leannal,  
 'S le d' eiseimpleir 's do sheoladh,  
 Gu'n d' rinn thu 'n treorach' 'sa mhearachd.

Ach tha trocair ann fathasd,  
 Am feadh 's tha latha na slaint' ann,  
 Tha sonas siorruidh ri fhaotuinn,  
 Ceart co saor 's a ni gras e :  
 O'n chaidh an obair a chrìochnach',  
 Ni na milltean a thearnadh,  
 'S a thionndai'eas moran o'n seachran,  
 Do na peacaich is graineil.

Ma's e 's gu'n creid thu an fhirinn,  
 Bheir an iobairt ud beo thu,  
 'S bheir i fireantachd bhuan duit,  
 A's athnuadhaichidh t-oige ;  
 Theid a ghaol feadh do bhuaidhean',  
 'S ni thu uail ann na mhorachd,  
 'S bithidh fuil an Uain duit co priseal,  
 'S gur e do shith e 's do dhochas.

'S ged tha 'm peacach ceud bliadhna,  
 Gach latha riamh fo na mhalluchd,

Ma phutear e gu bhi' diadhaidh,  
 Ma'n aon-uair-deug gheibh e beannachd,  
 Fhuair an gaduich' saor throcair,  
 'Nuair bha 'n deo ann gu fannach,  
 'S chi sibh rithis a' mac stroghail,  
 Fhuair e trocair gun cheannach'.

Ach ma theid thus' a chuir dail ann,  
 'S gu 'm b'eil am bas co ro dhluth dhut,  
 Theagamh gu'n duisg thu a maireach,  
 'S latha nan gras air do chulthaobh ;  
 Chaill thu 'n latha a bha soillseach,  
 'S tha sgail na h-oidhche air do shuilean,  
 Chaill thu am foghar 's an samhradh  
 'S tha stoirm a gheambraidh tighinn dluth

'S mor tha choslas a bhais,  
 Air t-aghaidh, 's dh'fhail'nich do dheudach ;  
 Tha chraobh Almon fo bhath,  
 'S na daoine laidir a' geilleadh ;  
 Dh'fhai'nich nigheanaibh a chiul,  
 A's cha 'n 'eil surd ort 'gan gleusadh,  
 Tha crith a'd lamhan 's do cheann,  
 'S dh'fhas thu mall ann do cheum'nan.

O 's mithich dhuit dusgadh,  
 Ma's an duin ort na flaitheas,  
 Tha cudthrom t-anam ri fhaotuinn,  
 Air snathain caol 's e air caitheamh ;  
 'S duillich leam mar tha thu,  
 'S an dara bas ort a feitheamh,  
 Ma's e 's nach bi' thu fo dhion,  
 Mu'n d'theid a ghrian ort a luidhe

---

## DAN AN FHIREAN.

'S their leam gur sona 'n aireamh  
 Tha fagail gleann nan deoir,  
 'S tha dol gu luath do 'n aros  
 Tha uile, lan do ghloir ;  
 Far nach claidh am bas,  
 'S nach d'thig namhad air an toir,  
 'S nach cuimhnich iad mar bha iad,  
 'Gan sarach' anns an fheoil.

O'n 's e 'n t-Uan thug speis dhaibh  
 Cha treig e iad gu brath  
 'S gun do cheannaich e dha féin iad,  
 Bha 'n eifeachd sin 'na bhas ;  
 Bu toilicht phaigh e 'n eirie,  
 'S e féin a thoirt na'n ait,  
 Se fuil na h-iobairt-reitich,  
 Ni feum dhaibh anns gach cas.

Rinn e o'n lagh an tearnadh,  
 'S an fiachan phaigh gu leir,  
 'S a naimhdean chuir fo shail'ean ;  
 Bha ghairdean laidir treun,  
 'S dhoirt e spiorad grais orra,  
 'Nuair chaidh ardach e féin ;  
 A's dh'ath'raich sud an nadur,  
 Gu'n d'thug iad dhasan speis.

O'n chreid iad ann a fhirinn,  
 Bha 'n iuntinn dol na dheigh,  
 A's fhuair iad e ni's priseal  
 Na ni sa-chruinne-che ;  
 Be 'n cliu 's an onoir ard sud,  
 Gu'n d'thug iad dhasan speis ;  
 A's gu'n do mhiannaich iad gu brath,  
 Bhi 's an aite 'sam bi:headh e féin

'S math dhaibh nis gu'n d'fhuair iad  
 Co luath dol as an fheoil,  
 'S a dhol a stigh do'n t-shuaimhneas,  
 Far nach bi luaidh air bron ;  
 Bithidh iad gun smal gun truaill'eachd,  
 Ma'n cuairt do'n Chathair mhor ;  
 'S bithidh h-uile neach thug buaidh ann  
 'S an t-Uan 'na uile ghloir.

Cha toir corp a pheacaidh  
 Air seachran iad ni 's mo,  
 'S cha bhi iad mar a chleachd iad,  
 A' gleachdadh ris an fheoil ;  
 A's saigh'dean teinnteach Shatain  
 Gu brath cha tig 'nan coir ;  
 'S cha'n fhaigh mi-chreidimh ait' ann,  
 Le laithreachd Rìgh na gloir.

Nan smuaintean olc a's diomhain,  
 Bha riamh 'g an cuir fo leon,  
 'S na h-aighean mi-rianail  
 Nach strìochdadh dha na choir ;  
 Gach latha bochd a's cianail,  
 Le 'n grian a bhi dol 'sna neoil,  
 Theich sud mar sgail na h-oidhche,  
 A's shoillsich orra an lo.

Cha ghearain an luchd-aitich,  
 Air tinn, no bas, no truaighe ;  
 Tha craobh na beatha fas,  
 Ann an meadhon Pharais shuas ;  
 'S tha duilleagan co aluinn,  
 'S gu'n slanuich iad an sluagh,  
 'S tha toradh feadh gach la oirr',  
 'S fo sgail tha sonas buan.

'S tric bha iad laisd' le solas,  
 An gleann nan deoir so féin,  
 Ach 's tric a thigeadh neoil air,  
 'S bhitheadh iad fo bhron 'na dheigh

Ach nis tha la mor ac',  
 'S an solasan cha treig,  
 'S iad seinn ni 's binne mar mhoran,  
 Na smeorach measg nan geug.

'S ann nis tha 'n sonas buan ac',  
 'S iad snamh an cuan a ghaoil ;  
 'S iad faicinn gloir an Uain sin,  
 'Gan cuartach' air gach taobh ;  
 Cha'n fhaca suil, 's cha chualas,  
 'S cha deach a luaidh le daoine,  
 Gach sonas thaisg e suas dhaibh,  
 'S gu'n d'fhuair iad e gu saor.

'S tric bha 'n sonas ard,  
 'S an co chomunn blath le cheil',  
 'Nuair thionaileadh na braithrean,  
 'S iad seinn air grasan Dé ;  
 Ach sgap iad rithis do 'n fhasach,  
 'S rinn sud an cradh gu geur,  
 'S is tric a sgar am bas iad  
 O chaidreamh blath a cheile.

Ach 's math dhaibh 'n latha a dh'fhag iad  
 Am fasach as an deigh,  
 'S an d'fhuair iad dol do'n aros  
 Anns am bheil laithreachd Dhé ;  
 Far am bheil na cairdean,  
 Nach sgar gu brath o cheil' ;  
 'S an gaol air nach d'thig fuarach',  
 Co buan, ri cathair Dhé.

'S tric a mhill e 'n suaimhneas,  
 'S a dh'fhag e 'n gruaidh fo dheoir,  
 Bhi chomhnuidh measg an t-sluagh sin,  
 Bha gluasad reir na feol',  
 'Gam faicinn ruith gun smuaineach,  
 Gu luath dh'ionnsuidh broin,

Air son gu'n do chuir iad suarrach  
An t-Uan le uile ghloir.

Ach 's sona 'n dream a dh'fhag iad,  
'S a theich gu Paras Dé;  
Cha'n fhaic iad neach toirt tair dha,  
No bristeadh aitheantean féin,  
'S e th' ann an dream a bhuaidhaich,  
'S a lean an t-Uan 's gach ceum,  
A's thiormaich e bho 'n uair sin,  
O 'n gruaidh na h-uile deur.

Cha bhi 'n dream fhuair gras  
Deanamh tair air aon a cheil',  
Cha bhi roinn, no pairtidh ann,  
No neach gun ghradh do cheil',  
Tha seachranaidh na fasaich  
Air fhagail as an deigh;  
'S cha bhith Pol no Barnabas  
A sarach aon a cheil'.

Sibhse rinn ar fagail,  
'S a chuir am bas 'nar deigh,  
Cha'n eagal leibh gu brath nis  
Gu'n caill sibh fabhoir Dhé:  
Cha bhi buaireadh Shatain,  
No failinn annaibh féin,  
'S cha d'thig Rìgh nan uamhas  
'Nar smuaintibh feadh gach re.

Fhuair sibh crun a's oighreachd,  
'S tha 'r n-aoibhneas pailt gu leoir,  
'S gu cinnteach tha sibh saibhir,  
Mar oighreachan na gloir;  
Tha ghrian an comhnuidh soillseach,  
'S cha d'thig an oidhche 'nar coir,  
'S an t-Uan ar caraid gradhach  
'S le laithreachd bithidh sibh beo.

Rinn e air sgeadach' rioghail  
 Le fireantachd a ghrais ;  
 'S cha d'thig sibh dh'ionnsuidh diteadh,  
 Chaidh air firinneach' le bhas ;  
 A's dh'fhag sud e co priseil  
 'S nach bi sibh sgith gu brath,  
 Toirt moladh agus cliu dha,  
 Le oran ur gach la.

Ged dh'fhag sibh sinne bronach,  
 An gleann nan deoir 'nar deigh,  
 Cha'n ann mar dhream gun dochas,  
 Nach comhlaich sinn a cheil' ;  
 Tha sibhse an diugh co sgiamhach  
 'S co geal ri grian nan speur,  
 'S 'nuair bhitheas an obair crìochnaicht',  
 Bithidh sinne triall 'nar deigh.

---

RIGH NAN UAMHAS.—BAS AN AINGIDH.

FHIR theagaisg, cluinn e, 's gabh suim do reir.  
 Tog suas mar thrompaid do ghuth a's eigh  
 Ri sluagh gun eolas, tha nis a dhomlach'  
 Air slighe na doruinn, 's gach feoil mar fheur.

Na caomhain le truas iad, thoir fuaim gun dail,  
 'S leig ris an truaighe an latha nan gras,  
 Ged tha iad uasal, 's an inntinn uabhrach,  
 'S e 'n t-aobhair truais iad 'nuair thig am bas.

Tha 'n duine truagh dol 'san uaigh gun dail,  
 Thig Rìgh nan uamhas 'ga chur an sas ;  
 Ni tinn a bhualadh 's bithidh 'n eigh chruaidh aig,  
 An saol sibh shluagh an e so am bas.



Tha piantaibh cruaidh air toirt uam mo chail,  
 Tha crith is uamhann air tighinn a'm dhail,  
 Tha toirm a'm chluasan, is m'fheoil air fuarach',  
 An saol sibh shluagh nach e so am bas ?

Tha nis mo shuilean air tionail sgleo,  
 'S ann nis tha'n saoghal dhomh faoin gu leoir,  
 Mo thruaighe-leir ! gu'n d'thug mi mo speis dha,  
 'S nach dean e feum dhomh 's mi 'n eiginn mhoir.

Mo neart 'gam fhagail 's mi falbh gu dluth,  
 Mo chridhe a failinn a's mi gun lus,  
 'S mar gleidh sibh seoladh a chumas beo mi,  
 'S 'n t-siorruidheachd mhor a tha 'm beachd mo shuil.

'S ann orm tha 'n t-uamhas roimh uair a bhais,  
 'S mo dhochas truagh teicheadh uam mar sgail ;  
 Cha'n 'eil mi 'n ordugh gu dhol thoirt comhail,  
 Do 'n bhreitheamh mhor bheir gach feoil 'na lathair.

Ach tha mo dhochas a trocair Dé,  
 Cha robh mi 'm phoitear no deanamh bhreug,  
 Mo ghniomh 's mo chomhradh ni 's fearr na moran  
 'S cha deanainn foirneart air neach fo'n ghrein.

Mhaith mise mi féin do gach creutair beo,  
 'S mi truasail deirceach ri neach fo leon,  
 A's ged bhuaidhich am peac' air uairibh,  
 Trid laigse a's buaireadh cha b'ann de'm' dheoin.

Thilg iad gle og mi air trocair Dhé,  
 A's lean a throcair mi anns gach ceum,  
 A's dhith a's dhol mi 's ann aig a bhord-san,  
 'S le dichioll mor bha mi deanamh 'n reit.

Ach tha mise gun suaimhneas an deigh gach ni,  
 'S nach seol sibh shluagh mi, ciod e tha dhi ;  
 Tha chogais bheo-sa toirt uam mo dhochais,  
 'S tha eagal doruinn toirt uam mo shith.

Tha mo caridhe 'g innseadh nach bi mi beo,  
 'S gu'n d' rinn mi di-meas air slaint' co mor,  
 Nach do chreid mi 'n fhirinn ma thimchioll Iosa,  
 'S nach robh e priseil dhomh riamh 'san fheoil'.

'S nfi 'n t-anam truagh nis do 'n dual am bas,  
 Cha deach' m' ath-nuadhach' an latha nan gras  
 Ged thuirt an fhirinn gum bheil gach firean,  
 Air bhreith rithisd ann an latha na slaint'.

Do aitheantaibh naomh-san cha d'thug mi geill,  
 'S do shligh' na naombachd cha d'thug mi speis ;  
 'S cha d'fheuch mi cairdeas, no gradh, no firinn,  
 Do 'n dream bha dileas 'ga leantuinn féin.

Aon tart no iartras cha robh a'm chom,  
 'S ann dhomh-sa bha 'n diadbachd na h-eallach trom,  
 'S mo chridhe 'sas anns an ni rinn m' fhailinn,  
 'S e sud rinn m' fhagail an diugh co lom.

Tha saighdean geur a' dol tromham dluth,  
 Ach, O ! an t-sorruidheachd tha 'm beachd mo shul,  
 Nam faighinn dail a's thighinn a rithisd gu slainte,  
 Gu cinnteach dh'fhasinn a'm chreutair ur.

Nach bi sibh 'g urnuigh 's gum bheil mi beo,  
 Ri Rìgh nan Dul o'n tha throcair mor ;  
 Ach tha mi failinn, slan leibh a chairdean,  
 Tha mise gu brath gu bhi ann am bron.

Nis dhorch' mo shuilean le sgail a bhais,  
 Nis chi mi chuis mar a bha e radh,  
 Tha teine mor ann, 's an sluagh 'g an rosdadh,  
 Gun suil ri trocair air feadh gach al.

Ma 's duine beo thu nach cluinn thu 'n eigh,  
 Nach creid thu an fhirinn a's dean do reir,  
 Air neo gu cinnteach cha d'theid do thearnadh,  
 'S e sud am bas gus an d'thig thu féin.

## CARAID IS DLUTHAIDH NA BRATHAIR.

NACH mithich dhomh a bhi toiseach  
 'S a cantuinn oran ur,  
 Mu'n Ti rinn fhuil a dhortadh  
 'S a ghloir bha 'na ghnuis :  
 'S e 'n caraid e a b'fhear dhomh  
 Na each 's na h-uile cuis  
 'S e 's dluthaidh lean na brathair,  
 'S e ladair air mo chul.

Ach cia mar ni mi cainnt air  
 'S gun samhladh dha fo'n ghrein ;  
 'S nach d' fhuair mi teangaidh Ainglibh  
 A's lasair ghraidh do reir ;  
 'S na'n d'fhuair cha bhithinn sgith  
 Dheth bhi sior 'ga chur an ceil ;  
 'S ag innseadh am measg na'm firean  
 Gach ni rinn e dhomh féin.

A shlanaighear ro ghlormhor ;  
 Mo threoir ge'd bha mi mall,  
 Bu tu fear-stiuraidh m'oige  
 Gu m' threorach anns gach ball ;  
 'S na 'n d'fhag thu mi 'san uair sin  
 Bu truagh dhomh bhos a's thall,  
 'S mi cluich air bruach ain-eibhinn  
 'S nach bu leir dhomh an call.

Cha d'fhuair mi combairle *Parannt*,  
 A's braithrean cha robh ann,  
 No neach ghabh curam tra dhìom,  
 Chaidh m' fhagail anns a' ghleann ;  
 'S ged bha mi measg mo chairdean  
 Cha b'abhuist daibh bhi cainnt  
 Air ni 'n taobh thall do'n bhas  
 Dheanadh sta dhomh aig a cheann.

Ach bha do spiorad stri rium  
 'S bha diteadh annam féin ;  
 'S chuir sud mi dh' ionnsuidh Bhiobuill,  
 A dheanamh sith a's reit :  
 Chuir sud mi dh' urnuigh an uaigneas  
 'S mi buachailleachd na treud  
 'S bhitheadh m'inntinn tighinn fo bhuaireas  
 A's uamhasan ro gheur.

Ach thuitinn 'sa mhi-churam,  
 A's mhuchainn Spiorad Dhé ;  
 A's mar neul na maidne shiubhladh  
 Gach dusgadh bh' annam féin ;  
 'Nuair thachrainn ris an t-sluagh  
 Bhitheadh cuir suarach nithibh Dhé :  
 Labhrainn agus ghluaisinn,  
 Do reir an gluasad féin.

An sin theicheadh Maois 's na Faidhean  
 'S gach Brathair fada uam ;  
 'S iad call an duil gu brath dhiom  
 'S mi diultadh gras an Uain :  
 Ach cliu gu'n robh gu brath dhuit  
 A shlanaighear na'm buadh !  
 Lean thu anns gach ait mi,  
 Gu 'm thearnadh as gach truaigh'

Lot do shaighdean geur mi  
 A's dh' eigh mi air son sith ;  
 'S dh' fheuch thu dhomh mar geillinn  
 Gu'm b'eigin dol an di :  
 Thuig mi gu 'm b' fhaoin mo dhochas,  
 'S gu'n robh mo sheolan clith  
 'S gu'n robh mi 'n cunnard mor  
 A bhi 'n doruinn gun chrìch.

An sin bheirinn geill gun dail  
 Do na h-aitheanntean anns gach ni ;

Streapainn beinn Shinai,  
 Ga b'ard i, airson sith ;  
 A's thoisich mi co ladair  
 Ri peac' a's bas ri stri,  
 Mar neach an cunnard bathadh,  
 'S e snamh gu bhi air tir.

Ach bha 'm peac' a buadhach,  
 A's suaimhneas cha robh ann ;  
 A's bha na tonnan uabhrach  
 Gu luath a dol thar mo cheann :  
 'S bha Satan 'ga mo bhuaireadh  
 Gu teicheadh uat san am,  
 Aig radh gu 'n robh mi gorach  
 A's nach robh dochas ann.

Bhitheadh e fiaradh a Bhiobuill  
 'S e feuchainn milltean sluaigh,  
 A's cuid dhiubh nan luchd mineach  
 Gun suim do ni dheth an *t-sort* :  
 A's thuirt e 'n sgrios thu an sluagh sin  
 Gun truas ri sean no og ;  
 'S gu'r Pharasaich ro uabhrach  
 Luchd aidich fuar fo chleochd.

Ach thainig thu gam' chomhnadh  
 'Nuair dh'fhalbh mo threoir 's mo bhuaidh ;  
 A's chaisg thu 'n sin an *sort* ud  
 Bha 'n toir air m' anam truagh :  
 A's dh'fheuch thu Dhé do ghloir  
 Na thug solas dhomh car uair ;  
 Chaidh an dream bha g'am sharach  
 A bhathadh 'sa Mhuir Ruagh.

Sheinn mi 'n sin le solas  
 'S e oran Mhaois 's an Uain,  
 Mar neach a bhitheadh a chomhnuidh  
 'Sa ghloir a ta bi-bhuan

Gun chuimhne air truailleadh naduir  
 No tart na fasaich chruaidh ;  
 Oir bha mo chomhnuidh 'n trath sin  
 Fo sgail an Ti thug buaidh.

Ach thug thu mi do'n fhasach,  
 Gu sluichd a's arois gharbh ;  
 'S bha dris is droigheann fas ann  
 'S bha uisge *Mhara* searbh ;  
 A's dh'fhuaireadh gradh mo chairdean,  
 'S bha each ruim ann am feirg,  
 On thug mi geill dha t-atheantibh  
 'S ri 'n gnathain nach do dh'earb.

An sin dh'fhoillsich thu do ghloir **dhombh**,  
 'S bha maise gu leoir a'd' ghnuis ;  
 'S 'nuair thuirt thu mair-sa beo,  
 'S ann rinn m' anam solas ur :  
 On rinn thu t'fhuil a dhortadh,  
 Mo neart 's mo dhochas thu,  
 Mo shith 's mo dhaighneach laidir,  
 Mo shlainte 's mo cheann iul.

Thuirt thu 's leor mo ghras dhuit,  
 Bi laidir 's bheir e buaidh ;  
 'S cha dit' aon neach gu brath thu  
 'S gu'n do phaigh mi tuille 's luach :  
 Ghleachd mi ris a bhas  
 Gu d'thearnadh o gach truaigh ;  
 A's tagraidh mi do chuisseabh,  
 Ann an cuirt nam flaitheas shuas.

Lean-sa mi gach uair,  
 Agus gluais an slighe Dhé ;  
 'S cuir t-eallach air mo ghuailean  
 Oir tha iad buadhach treun ;  
 'S ged bhith'd thu sgith 'san fhasach  
 Bithidh neart san la do reir ;  
 'S bithidh do thaic ri fear do ghraidh,  
 'S cha'n fhag mi thu 's cha treig.

'S 'nuair rinn mi 'n seachran aicheadh  
 'S na gnathain gun fheum,  
 Dh'fhuaireadh gradh mo chairdean,  
 A's clann mo mhathair threig ;  
 'S bhitheadh na naoimh toirt tair dhomh,  
 'Nuair dh' fhaillneadh mo cheum ;  
 Ach gheibhinn-sa do lathaireachd,  
 'S tu b' fhear na iad gu leir.

Nis togam m' Ebeneser,  
 A's seinneam féin do chliu ;  
 Oir gus an uair so féin,  
 Cha do threig thu mi co-dhiu :  
 'S c'arson nach bitheadh mo dhochas  
 A'd ghealladh mor 's gach cuis ?  
 Gu'n toir thu mi thar Iordan,  
 'S gu'm faigh mi gloir a's cliu.

Na'n deanadh tu mo threigsinn,  
 'S nach bitheadh tu féin rium blath  
 Co dh'ionnsuidh a theid mi ?  
 Oir cha'n 'eil feum an each ;  
 Cha'n 'eil ni fo'n ghrein  
 Ris nach d' fheuch mi airson slaint' :  
 Ach 's lighichean gun fheum iad  
 'S dhomh féin cha d'rinn iad sta.

Dh' fheuch mi ri sligh' na doruinn  
 A's cha robh solas ann,  
 'S ri da mhaighstir comhladh,  
 A's bha mo dhochas fann ;  
 'S ri slighe na féin-fhireantachd,  
 A's cha robh sith dhomh ann ;  
 Bha binne bais a'm chluasan,  
 Gam' ruag 's gam' ruith gu teann.

Ach 's grian 's a sgiath do lathaireachd,  
 A's bheir thu gras a's gloir ;  
 'S na gheibh bhi ann a'd fhabhor  
 Bheir thu dhaibh slainte mhor ;

'Nuair bha thu ann an sith ruim,  
 'S e thuir mi gun gho,  
 Gur tu is tearmunn dileas,  
 'S mo chuid an tir na'm beo.

Mo charaid thu ! na fag mi,  
 'San fhasach stuir mo cheum ;  
 Thoir neart da reir an la dhomh,  
 Na fag-sa mi 's na treig ;  
 'S 'nuair ni tinn mo bhualadh,  
 'S nach dean an sluagh dhomh feum ;  
 Dean thusa mo leabaidh suaimhnach,  
 A cluinntinn luaidh ort féin.

'S 'nuair bhitheas an saoghal sgith dhìom,  
 'S gun ni ri dheanamh ruim,  
 Bhitheadh 'm bas na theachdair sith dhomh  
 Gu'm thoirt air tir a nunn ;  
 Theid mi a sealladh chaich,  
 A's mo ghuth gu brath cha chluinn ;  
 Ach bheir do ghairdean laidir  
 Mi tearuinn tar na tuinn.

'Nuair thionaileas mo chairdean  
 'San uaigh gu'm charamh sìos,  
 Bitheadh 'n uaigh na leabaidh thamh dhomh,  
 Gus an latha an tig thu rithis ;  
 Bi dluth throimh gleann a bhais dhomh,  
 'S a ghaoil na fag-sa mi,  
 Gus 'm faic mi ann do ghloir thu,  
 Fad siorruidheadh mhor gun chrich.

Dean trocair air mo chairdean  
 A dh' fhagas mi a'm dheigh ;  
 'S bitheadh mo chuid uan 'g an arach  
 Fo dhubhar sgail do sgeith :  
 Tog féin luchd teagaisg blath dhaibh,  
 Ni 'n comhnuidh sta do'n treud.



'S bi ni 's dluthaidh dhaibh na brathair  
Air feadh an laith' fo'n ghrein.

TOBAR NAN UISGEACHAN BEO.

'S e mhiadaich truaigh chlann daoine  
Gu'm beil iad faoin ann am barail,  
'S iad 'g iarraidh 'n sonais 'san t-saoghal,  
Far nach d' fhaod iad a bhi maireann :  
Thainig mallachd do rìreadh  
Air gach ni th' air an talamh,  
'S cha'n 'eil sonas ri fhaotuinn  
Anns na faochagan falamh.

Co bi thuigeadh mo *storaiddh*,  
Tha cuid dheth bronach ri aithris ;  
Chaidh mo mhealladh gle oga,  
'S air slighe na doruinn mo tharuinn.  
'S rinn toilinntinean feolmhor,  
Tric mo threorach 's mo mhealladh,  
Mach o thobar mo sholais  
Ge d' bha e 'n comhnuidh cur tharais.

Bhuail pathadh gle og mi  
Arson solasan peacach ;  
'S cha robh tobar dheth an t-seor's sin  
As nach d'ol mi dol seachad ;  
A's cha do rinn iad mo riarach,  
On bha m' iartas co farsuinn ;  
'S ann bha iadsan co neo-dhianach  
'S gu'n do mhiadaich iad tart dhomh.

Ach dh' fhosgail tobar na slaint' dhomh  
Anns an fhasach bha tartmhor ;

Bhuail e charraig is thainig  
 Deoch rinn sta dhomh air m' astar :  
 'S ann a tobar tigh Dhaibhidh  
 A thug do ghras dhomh an nasgaidh ,  
 Na riarach m' anam neo-bhasmhor  
 'S a chaidh gu brath cha bhi tart air.

Db' fheuch thu aingeachd mo chridhe dhomh,  
 Bha o's iosal am falach,  
 'S cha toireadh m'oibrichean sith dhomh,  
 Bha gach ni dhiubh co salach :  
 Ach 's e uisgeachan Shiloh  
 Fuil na h-iobairt thug barachd ;  
 'S ann an sud tha 'n eifeachd  
 Chum mo chreuchdan a ghlanadh.

Ann am meadhon gach trioblaid  
 'Nuair bhitheann sgith le mo thuras,  
 Fhuair mi deoch as an fhior-uisg',  
 Chuir air di-chuimhn' iad uile :  
 Bhitheadh do ghealladhain firinnach  
 Ro phriseal dhomh uile ;  
 'S bhitheann a cuimhneach' air an tìr,  
 Anns nach bi mi-ghean no mulad.

Bhitheann a cuimhneach cho suaimhneach  
 'S a tha 'n sluagh sin chaidh dhachaidh,  
 'S a tha 'n diugh ag ol as a chuan ;  
 'S cha leag an t-Uan a chaidh tart orra  
 Cha bhi 'n gruaidhean fo dheoir.  
 A's bas no bron cha tig faisg dhaibh  
 Ri taobh na'n uisgeachan beo sin,  
 'S iad uile ag ol as gu farsuinn.

Bha mo chreuchdan cho graineil,  
 'S truailleachd naduir co salach ;  
 'S cha robh mi siubhal mar b'ail leum  
 Le crop a bhais bhi callach ;

Ach bhitheann cuimhneach an la sin  
 Anns an tar mi dhol thairis,  
 Gu bhi sealbhach do lathaireachd  
 Anns an aite nach bi smal air.

Bhitheadh luchd aidich gun ghras ann,  
 Bhitheadh luchd tarchuis a's fanaid,  
 A toirt iomadh buille bha sarach  
 Roinn do'n ardan a bh' annams';  
 Ach 's e *Caiptean* mo shlainte  
 A lean le gairdeachas m' anam,  
 Airson gu'm b' fhiu mi bhi tarail  
 Air a sgath-sa air an talamh.

Trid bais a's trioblaidean geur  
 Chaidh e féin air an toiseach;  
 'S a mhiad 's a lean ann na cheuman  
 Thug sud gu deuchainnean goirt iad;  
 Ach is sonadh 'n diugh 'na lathair iad  
 'S glan a shlanaich e 'n lotan;  
 Cha tig luchd aingidheachd gn 'n sarach  
 No sgeul gu brath chuireas spot orra.

Bhithinn sona air uairean  
 Measg do shluaigh air an talamh;  
 Ach 's tric a dhealaich an uaigh sinn,  
 'S a rinn n'ur truailleachd n'ur sgaradh;  
 Ach gheibhinn beagan de shuaimhneas  
 Le bhi smuaineach mu'n latha  
 Anns an cruinnich an t-Uan iad,  
 Gu leir ma'n cuairt do'n righ chathair.

'Nuair a gheibhinn do lathaireachd  
 Bhithinn radh le lan fhios air;  
 Gur sona 'n sluagh a thug gradh dhuit,  
 'S nach robh thu d'fhasach do Israel;  
 Shaoilinn gum faicinn a'd' ghloir thu  
 Air na neoil tighinn a'm fhiosrach

'S bhithinn toilichte gu leor  
A dhol ad chomhail le misneach.

Ach bla mo shoitheach co deothach  
Gun 'n t'uisge beo ud a chumail;  
Cha mhaireadh sud ach car *moment*,  
A's bhitheadh an fheoil 'g iarraidh fuireach:  
Ach 'nuair theid mi thar Jordan,  
Cha bhi bron ann no mulad;  
'S bithidh mi faicinn do ghloir,  
'S mo ghrian gun neoil a chaoidh tuille.

Ach 's aobhar mulaid ri smuainach  
Na tha deth shluagh air am mealladh,  
Chaith an saothair 's am buaidhean  
Gun fhios no suaimhneas air thalamh;  
S iad diulteadh 'n fhior uisge bheo so,  
'Sam bheil solas gun ghainne,  
Chum an uireasbhuidh riarach,  
Tha mil, a's fion, agus bainne.

Leam is sona an aireamh  
A fhuair gras gu bhi tarruing,  
Sith a's sonas gach la,  
A tobar slainnt' nach bi falamh,  
Theid iad gu talamh Chanaan,  
'S bitheadh 'n tobair lan 's a cuir thairis,  
'S iad ag ol do 'n abhuinn tha aluinn,  
'S i ruith air straidaibh na cathairach.

---

ORAN NA MISIONARIES.

THA 'N SOISGEUL buadhach air sluagh gun ghras,  
'S an dream nach cual e n'an clann do'n bhas,  
Tha iad an comhnaidh gun Dia 's gun dochas  
Adhi obhail eolais air sligh' na slainnt.

Nach aobhair bron leibh na sloigh ta marbh,  
 S iad cur an dochas an iodhail balbh,  
 Ach co a theid a thoirt sgeul ma'n nan dhaibh,  
 Thair muir a's cuantean a's rathad garbh.

Cluinn na h-oganich dh' fhas co treun,  
 Aig radh le solas 's e sinne a theid,  
 Mo shaoilas sibhse gun d'fhuair sinn grasan,  
 A's gibht a's talant a ni dhaibh feum.

Tha 'n spiorad stri ruinn 's cha bhi sinn mall,  
 Togail nar tir a's gach ni a t' ann,  
 Thoirt sgeul m'an fhirinn do dh' anaman priseil,  
 Tha feadh n'an Innseachan fada thall.

Buaidh gu brath leibh air muir 's air tir,  
 Theid mic na'm faidhean le sgeul na sith,  
 Siubhlaibh gu dluth bitheadh nar casan sgiambach,  
 Gus 'n eirich grian air na duthchan shios.

Bithidh sinne 'g urnuigh on tha sibh 'm feum,  
 Righ n'an dul a bhi leibh 'sgach ceum,  
 'S bheir sinn dhuibh foghlam 's gach combuadh  
 dh'fhaodas,  
 A chum bhi a saothrach 'sna duchar cein.

Tha nis an long togail suas n'an seol,  
 Gun 'n toirt thair chuantainn a's tonnaibh mor,  
 'S iad air an traigh gabhail cead do 'n cairdean,  
 Nach fhaic gu brath iad an tir n'am beo.

Slan leibh a chairdean 's a luchd nar gaoil,  
 Theid sinn do dh' Africa 's gach ait 'm bheil daoine,  
 Siubhlidh sinn Chiuva ga mor an tir i,  
 'S air feadh nan Innseachan 's feadh an t-saoghail.

Na bithibh bronach 's na deanibh caoidh,  
 Tha an obair glormhor na solas naoimh,  
 'S ged thig am bas no ged rach nar bathadh,  
 Bithidh sinne tearruinnt le Righ na'n Righ.

Ach 's mor an smuinach nar truailleachd sin,  
 'S a dol measg sluagh 's nach eil eagal Dé,  
 'S mo threigeas Dia sinu bithidh sinu gun dian,  
 A measg sluagh co fiadhaich ri coin nan speur

'S e an sluagh a thearnadh th'againn mar chrìoch,  
 'S mo bhitheas a ghras leinn cha d'theid sinn cli,  
 'S tha sinn an duil gu'm bi esa' na dhian duinn,  
 Oir 's e tha riaghladh air muir 's air tìr.

Earbaibh gu leir sinn ri Rìgh na sìth,  
 'S bheir sinne sgeul dhuibh 'nuair theid sinn tìr,  
 A's bithidh an sgeul ro ghlormhor air sluagh tìghinn  
     beo ann,  
 A chuireas solas air feadh nur crìdhe.

'S theid sinn gu fasaich taobh thall a chuam,  
 A dh'ionnsuidh Africa 's gheibh sinn sluagh,  
 A ruitheas ruisgte feadh nan coilltean dluth sin,  
 Gun neach toirt iul daibh air sonas buan.

'S ri taobh n'an abhnaicheann ni sinn tamh,  
 'S le moran gradh thig iad faisg do lamh,  
 A's cuiridh sinn an geil dhaibh sligh na firinn,  
 'S bidhidh iad co sìobhalt ri aon do chach.

'S 'nuair gheibh iad eolas air gloir an UAIN,  
 Bitheadh gradh gu leor aca dha féin 's d'a shluagh,  
 Bitheadh naomhachd fas ac' bithidh maise a's blathas  
     ac',  
 A chuireadh naire air luchd aidich fuar.

'S na bhitheas nan traillean diubh aig an t-sluagh,  
 'S iad tric gan sarach gun iochd gun truas,  
 Ni 'n crìdhe gairdeachas anns an t-slanaghear,  
 'S 'nuair thig am bas ni iad sonas buan.

'S theid sinn gu Innseanaich dubh gu leoir,  
 'S bithidh teas na grein a toirt uainn nar treoir,  
 Far 'm beil an sluagh their gu'n d'fhuair iad tearnadh,  
 Mo theid am bathadh 'san abhuinn mhor.

Far 'm beil na bantraichean gann gu leor,  
 Le bhì ga'n adhlac 's ga'n losgadh beo,  
 Fagaidh iad clann gun bhì a gabhail truas diubh  
 'S cha'n fhaic sibh 'n gruaidhean a' chaidh fo dheoir.

Theid sinn le sgeul daibh o Rìgh nan dul,  
 Ma'n tì chaidh cheusaidh 's a luidh sa'n uir,  
 'S bheir gaol Mhìc Dhé iad gu 'n cleachd a threigsinn,  
 A's bithidh gach te dhiubh na creutair ur.

A's do dh' Arabia sinne a theid,  
 Feadh iomadh duthaich 's Ierusalem féin,  
 'S tha sluagh gun aireamh air feadh nan aiteauns'  
 'Toirt geill mar b'abhaist do'n fhaidh bhreig.

Chuir Mahomed cleoc air le iomadh breug,  
 'S le 'm fuil a dhort' thug e an sluagh gu geill,  
 A gealltainn solas a reir na feol' daibh,  
 'S an t-siorruidheachd mhor far am bi e féin.

Ach gheibh iad eolas air aon mhac Dhé,  
 Rinn fhuil a dhort' air an son gu leir,  
 Is esa am fear-saoraidh 's mo bheir iad gaol da,  
 Ni fhuil-san naomh iad 'san t-saoghal-s' féin.

'S theid sinn gu comhuard Orrissa 'n t-ait,  
 'S am bi milltean sluaigh timchioll Iuggernaut,  
 A's iad gun chiall fo na cuibhle strìochda,  
 'S cuidhthrom na h-iomaigh ga'n cur gu bas.

'S e sud an dochas 's e sud an dian,  
 'S b'e 'n sealladh bronach an sluagh gun chiall,  
 Bithidh cuid leth-bheo ann 's na coin 's na h-coin ann,  
 Ag itheadh am feoil h-uile la sa bhliadhn'.

Theid sinn a thoirt luaidh dhaibh cho truagh 's tha 'n  
 cleachd,  
 'S gu'n glan fuil Iosa o na h-uile peac',  
 Bratach an uain cuiridh sinne suas i,  
 'S tionailidh 'n sluagh bhitheas a gluasad na reachd.

'S theid sinn gu tuath chum nan cuanntean reot',  
 'S a dh'ionnsuidh beanntean an t-sneachdaidh mhoir,  
 'S air feadh na'm beann gheibh sinn sluagh nach gann  
     ann,  
 'S cha d'thainig sambradh thug dhiubh an cleoc.

Tha cridhe fuar ac' gun truas ri ni,  
 Leir-sgrios 's truaighe gach uair gun sith,  
 'S e 'n cleachd mar b'abhaist bhi measg nan Gael,  
 An neach tha laidir cur chaich fo chis.

Slan leibh a chairdean theid sinn gu luath,  
 Thoirt sgeul air slaint dhaibh 's air gradh an Uain,  
 Eiridh grian nan gras a's fo sgiath bithidh slainte,  
 A's leaghadh cridhe blath aca 'sna h-aitean fuar.

A's gu sliochd Abraham theid an sgeul,  
 Gu caoraich chailte tigh Israel,  
 On rinn iad tairchuis air Iosa o Nasaret,  
 Scap' sud 'sgach ait iad fo chorrnich Dhé.

Tha iad taireil 's thug each dhaibh fuath,  
 Ach tha an t-Ard Righ ga'n cumail suas,  
 'S iad dol ni 's lionair 'nuar theid am pianadh,  
 'S cha d' mhaig iad riamh ann a' measg an t-sluaigh.

Lean iad na sgail'ean 's tha an duil gach uair,  
 Gu'n d'thig Mesaiah 's gu d' thoir e buaidh,  
 Ach innsidh sinn dhaibh gur e a thainig,  
 'S gur e a bhasaich an aite an t-shluaigh.

Creididh iad féin gur e sud an Ti  
 M'an do sgriobh na faidhean 's Daibhaidh an Righ,  
 'S bithidh maise gu leor ann 's bithidh gloir thair  
     chaich ann,  
 'Nuair a thig na sgail'ean bhar an cridhe.

Gach cinnich lubaidh a's bheir dha geill  
 A's thig na h-Iudhaich gu 'n duthaich féin,  
 'S ga b'e bhitheas beo chi iad laithean glormhor,  
 'Nuair sgaoileas eolas 's gach ait fo'n ghrein.



Ma thug an t-Ard-Rìgh a mhac e ghloir,  
 Gu uir a bhais agus fhuil a dhòrt,  
 Co i a mhathair a dhiultadh dhasan,  
 Am mac ab' allain bha riamh 'san fheol.

Faic na suil nis g'an togail suas,  
 'S iad uile 'g urnuigh ri taobh a chuan,  
 'San cairdean bronach 's iad nis toirt pog dhaibh,  
 A's nial nan deoir air na h-uile gruaidh.

Tha na matlraichean 'g radh le bron,  
 Slan gu brath leibh an tìr nam beo,  
 Tha an cridhe a fasg 's iad g'an gramach ladir,  
 Ris a broilleach bhath rinn an arach og.

'S a phiuthar ghradach cha an fhearr a doigh,  
 Air son a brathair si fasg' nan dorn,  
 'S a falbh air lamh leis a's eis ga fagail,  
 'S a cridhe failling le gradh 's le bron.

Thug an t-Athair gaol dhaibh 's cha'n fhaod iad tamh,  
 Sgar e o cheile iad e féin le lamh,  
 A's ged tha e treun a cumail air féin,  
 Tha chridhe reubadh co mor ri each.

'S tha 'n dream thug gradh dhaibh air son an Uain,  
 Toirt sealladh blath orra dol thun a chuain,  
 'S an dream gu h-araidh bha 'n coman blath riu,  
 Tha iad ro chraiteach bhi tionndadh uath.

Ach dh'fhalbh iad dluth nis le surd gu feum,  
 'S tha each ag urnuigh 'san suil n'an deigh,  
 O Rìgh n'an sluagh bhith-s 'a dhaibh mar bhuchail,  
 'S gleidh thus' na-h-Uain ud gach taobh a theid.

## AN T-AIT BH'AIG EOIN.

'S i nighinn Shion 's fearr dheth, si fhuair am fabhor  
 mor,  
 A bhi tighinn a nuas o'n fhasach, a's fear a graidh  
 na coir,  
 Cha'n iarrains tuille fabhoir na grais an tir na'm beo,  
 Ach luidh air uchd an t-Slanaighear, an t-ait ann  
 'san robh Eoin.

Bhitheadh am broilleach blath sin g'am arach 's  
 bhithinn beo,  
 Le neart n'an briathrean grasmhor rin iarraidh b'fhearr  
 nan t-or.  
 Bhitheadh m'anam air a shasach le pairt do'u aran bheo,  
 'Nuair gheibhinn bhi fo sgail-san an t-ait ann san robh  
 Eoin.

Cha b'eagal leam an tra sin gach namhad th'air mo  
 thoir,  
 'S gu 'm be do ghairdean grasmhor mo neart 's mo  
 shlaint', 's mo threoir.  
 Cha sgaradh beath' no bas mi gu brath o ghaol co mor,  
 Bha cordan graidh co laidir, san ait ann san robh Eoin.

Cha chuimhnichinn an trath sin air sarach gleann nan  
 deoir,  
 A's trioblaideanna fasaich cha bhitheadh an drasd co beo,  
 'Se 'n gaol nach gabhadh aicheadh, a bhitheadh an  
 drasd' g'am leon,  
 Air son nach robh mi airidh air an ait a bha aig Eoin.

'Nuair thaisicheadh mo nadur le nair a's roinn do bhron,  
 Airson gu 'n robh mi granail an aird o laithean m'oig',  
 'S ann bhitheadh a lamh gu grasmhor a tiormach 'n  
 aird nan deoir.  
 'S aig radh 's leor mo ghras dhuit 's gu 'n d'fhuair  
 thu an t-ait bh'aig Eoin.

Dh'innsinn da le firinn gach ni bhitheadh ga mo leon,  
 A's dhortainn mach mo chri dha, a's bhitheadh mo  
 shith ro mhor,  
 A's theirinn fear mo ghraidh ris gu brath amhaireas beo,  
 Na daisgibh e gus an ail leis, 's gus d'fhuair mi 'n  
 t-ait bh'aig Eoin.

A's 'nuair dh'fhailneas mo bhuidhean, 's mi dol  
 thoirt suas an deo,  
 Cha dean Rìgh nan uamhas, mo sgaradh uat 's thu  
 beo,  
 'Nuair bhitheas mo chridhe failing 's mi sgail gleann  
 nan deoir,  
 Bu mhath an leabaidh bhais sud bli ann 'san ait  
 bh'aig Eoin.

'S mo dhuisgeas mi na iomhaigh fo dhion 'san lath  
 mhor,  
 'S e féin na sgail 's na ghrian dhomb, 's mi riaruichte  
 gu leor,  
 Chaithinn ann an t-siorruidheachd, 's cha'n, iarrain  
 tuille gloir,  
 Ach suidhe sìos fo sgail 'san an ait ann 'san robh Eoir

---

#### AN T-AON MI FEUMAIL

'S e gradh an t-saoghail a's gaol na feola,  
 An Iodhal-Aoraidh chaidh thaobh le moran,  
 'S e dh'fhag iad faon mu 'n fhear-saoraidh ghlormhor,  
 'S thug dh'ionnsuidh bhais iad gun Dia a's gun dochas.

Ach raoghnaich Mairi an t-aon ni feumail,  
 Bhitheas feadh na siorruidheachd a deanamh feum dhi,  
 'Nuair sgar am bas o gach ni fon ghrein i,  
 Bha cuibhrionn buan aic' 'san uan chaidh chensadh.

Bha Mairi 's Martha 's am brathair Lasarus,  
 N'an triuir bha ionmhuinn le Ios' o Nasaret,  
 Bha iad maraon a toirt caidreamh blath dha,  
 'S bha an cridhe taomadh le gaol 's le gradh dha.

Bha Mairi deonach bhi 'n combnuidh 'g eisdeachd,  
 Nam briathran grasmhor bha blath o bheul-san,  
 Shuidh i fo sgail-san a's d'fhas i eibhinn,  
 A's chaill i cail do gach ni fo'n ghrein so.

'S e bha i 'g eisdeachd o bheul fir-saoraidh,  
 Mun aon ni feumail 's cha leir do dhaoine e,  
 A's chail i cuimhne air gun robh i 'n saoghal,  
 'Sam feum a mhuinntir bhi 'n combnuidh saothrach.

'S e so bu chomhradh dhi ris an t-saoghal,  
 Cha'n fhear do sholasan dhomh na plaosgan,  
 Tha m'anam solasach ann na ghaol-san,  
 'S is maisich dhomh-sa e na clann nan daoine.

Na duisgibh 'n drasta e tha ghradh ga 'm lionadh,  
 Oir 's fasgadh blath o gach stoirm a's sian e,  
 'S e an t-uisge beo e 'nnair bhitheas mi cianail,  
 'S 'nnair thig an toir orm 's e 'm baile dion e.

A Mhartha ! Mbartha ! nach eisd thu bhriathran,  
 O'n 's fhearr no 'n t-or iad ri bhi ga'n iarraidh,  
 Nach sona an t-ait bhi gu brath na fhiannis,  
 A sealbhach laithreachd trid al na siorruidheach.

Ach dh'eirich Martha a's chuir i seol air  
 Gach ni bha feumail ; bha speis co mor dhaibh ;  
 A's bha i a strith ris gach ni a bhi 'n ordugh,  
 A's uailsean Israel aig a bhord aic'.

Ach chaill i cail dhaibh a's dh'fhas i feinail,  
 'S thuir ri fear saoraidh mo thug thu speis dhomb,  
 Nach d'thoir thu ordugh do Mhairi eirigh,  
 'S bhi deanamh comhnadh a's moran feum air.

O Mhartha ! Mhartha ! 's e thuirt e fein ri,  
 Tha iomad ni gad' chur troimh-cheile,  
 Ach feuch nach dibir thu 'n t-aon ni feumail,  
 Dh'fhag Mairi siochail on 's i bha 'g eisdeachd.

'S e an t-anam ailleagan airidh chreutair,  
 'S mu bhitheas e tearnint' se 'n t-aon ni feumail,  
 A's an dream a dh'fhagas e fo 'n an-eibhinn,  
 Bithidh bron a's bithidh bas ac gu brath na dheigh sin

Thainig am bas air na h-uile chreutair,  
 'S tha truaigh fas anns na h-uile ceum dhaibh,  
 Ach nis tha slainnt anns an Ti chaidh cheusadh,  
 Co saor 's is ail leibh do'n dream a dh'eisdeas.

'S e an t-aon ni feumail bhi faighail eolas,  
 Air Uan Dé phaigh an eirig mhor sin,  
 Le chorp ga reubadh a's fhuil ga dortadh,  
 'S an shaor e shluagh o gach truaigh a's doruinn.

So 'n t-aon ni feumail nach treig gu brath iad.  
 Ni math 's gach ceum dhaibh 's theid trid a bhais leo,  
 Bhitheas feadh na siorruidhachd na thobar slainnt'  
 dhaibh  
 Toirt sonas buan daibh nach cualas aicheadh.

---

#### BEATHA AN DUINE.

THA guth Iehobhah 'g radh " Eigh !"  
 Tha gach feol mar am feur,  
 Sinn uile siubhal le ceum'naibh luath,  
 Mar neach ag innseadh a sgeul,  
 'Tha nar tim fo'n ghrein,  
 'Tha sud toirt cinnt dhuinn gur feur an slugh

Bithidh e sa mhaduinn fo blath,  
 'S nise mar lili a fas ;  
 No mar na rosan is aillte snuadh,  
 Ach shearg an duilleag gun dail ;  
 'S dh'fhalbh a mhaise dheth mu thrath,  
 'S gann gun d'fhuirraich a bhblath car uair.

Tha sinn mar fhaileas co dhiu,  
 Gun ni ach sealladh na sul  
 Gabhail seachad mar smuid theid suas  
 Theid sinn thairis gun dail  
 Mar fhaoin fhaileas no sgail,  
 An diugh air thalamh, a's maireach 'san uaigh.

Tha sinn air turas a's sgith  
 Car oidhche fuireach 'san tir,  
 'S an tigh mhor 's nach eil sith na doigh :  
 A's aig bris' na faire a rithis,  
 Tha sinne a fagail gach ni  
 'S cha'n fhaic iad tuille sinn 'n tir nam beo.

Tha sinn aig eirigh on uir,  
 Thoirt aon sealladh le 'r suil  
 Air sluagh tha siubhal gu dluth 's na roid :  
 'S 'nuair gheibh sinn sealladh do 'n ghleann  
 'S na h-uile diomhanas a th'ann ;  
 Tha sinn a falach nar ceann fo'n fhoid.

Tha nar beatha air a roinn,  
 Mar aislinn na h-oidhche ;  
 Tric fo thrioblaid a's roinn do shith :  
 Ach 's beag an ceum a ta ann,  
 A's bith nar reis aig a ceann  
 Feuch is brudair th'ann 's gach ni.

Dh'fhalbh Methuslah féin,  
 Ruith e dluth anns an reis,  
 Dh'fhalbh a neart agus gheill e do'n uaigh ;

'S dh'fhalbh na linn'ean gu leir,  
 'S an dream a b'ainmail fo'n ghrein,  
 'S tha sinne dol air an deigh gu luath.

'S ma fhuair iad eolas air gras  
 Thug dhaibh dochas na'm bas,  
 Tha iad sona gu brath ann an sith ;  
 Ach ma's e thachair na ait  
 Nach robh aca ach sgail,  
 Cha chuir iad ceart nise na dh'fhag iad cli.

O m'anam bi sgith ;  
 Dheth gach faileas a's ni  
 Tha thu faicinn ann an tir nam beo ;  
 'S taisg t-ionmhas san tir  
 'Sam beil sonas gun chrich,  
 Dean do chuibrionn do Rìgh na gloir.

Dean do roghainn gach uair  
 Dheth bhi leanntuinn an Uain,  
 Anns gach ceum anns na ghluais e féin :  
 'S e Fear-saoraidh nam buadh,  
 Thoir do ghaol da gach uair  
 'S bitheadh do chridhe dol suas na dheigh.

Bitheas e dhuit na bhaile dian  
 O gach stoirm agus sian ;  
 'S ni e do sgeadach gu sgiamhach ur ;  
 'S do chionta salach gu leir  
 Ni e am falach e fein  
 O fhradhrac ro gheur a shul.

Ma's neach thu 'sam beil ciall,  
 Na bi'sa socrach do mhiann  
 Air ni nach dean dian dhuit thall ;  
 Cìod an tairbh ann duit féin  
 Ged fhaigh thu an saoghal gu leir  
 Ma bhitheas t-anam a's tu féin air an call.

Thus' tha og ann do lath  
 Gabh'sa eolas air gras,  
 Ma'm bi do chridhe an sas anns an t-saoghal  
 Gabh'sa tlachd ann na thrath  
 Ma's an tig ort am bas,  
 No ma'n caill thu do chail leis an aois.

'S thusa oganaich threun,  
 Na dean uail asad féin :  
 Lean an t-Uan agus geill na thrath :  
 'Tha 'm bas a sior thighinn mu'n cuairt,  
 'S ged dhean thu stri bheir esa' buaidh,  
 'S bheir e sios thu do'n uaigh mar chach.

No ma's maighdean thu th'air  
 Bhi ni's boidhche na cach  
 Cha'n eil do mhaise ach mar bhath an fheoir :  
 Gabh'sa tlachd ann an Dia,  
 A's gheibh thu maise agus sgiamh  
 Gu bhi soillseach mar ghrian ann an glair.

'S ma thug an aois dhìot do threoir,  
 Na idir an-shocair mhor  
 A's ma's aill leat bhi og a rithis,  
 Teich gun dail dh'ionnsuidh an Uain,  
 'S bheir e gras dhuit bheir buaidh,  
 Ged a bha thu air a bhruaich dol sios.

'S ma tha thu seachranach truagh,  
 Gun chuid, gun chairdean ach fuar,  
 'S gun mheall na sgailean thu uair no dha ;  
 Thoir do ghaol nis gu mor  
 Do'n Fhear-saoraidh tha beo,  
 'S bithidh tu saibhair gu leor aig a bhas.

A's ged robh do ghreadhnachas mor  
 Le onair, saibhreas, a's glair,  
 Cha'n eil annad ach feoil fo bhath ;



A's mur eil t-Fhear saoraidh-sa beo  
 A's mar e neamh do thigh stoir,  
 Bithidh tu falaidh gu leor aig a bhas.

---

AN FHOIS SHIORRUITH.

NACH sona suaimhnach an sluagh a dh'fhag sinn,  
 Theich as gach truaigh 'sa chaidh suas gu Paras ;  
 Lean iad an t-Uan 's iad air chuairt 'san fhasach  
 Is dh'fhag sud suaimhnach aig uair a bhais iad.

'Se 'n fhuil chaidh dhortadh thug coir tre ghras dhaibh  
 Air beo-dhochas nach deach a narach ;  
 Thug fuil an Uain tuille 's buaidh na 'm bas dhaibh,  
 'S ged fhuir an uair iad b'e 'n leabaidh thamh i.

'Nuair chuir iad cul ris gach duil fo'n ghrein so,  
 Dh'fhosgail an suil ann an duthaich neamhaidh,  
 Seinn halleluiah, 'sa chliu na'm beul-san,  
 'S tha saoghal ur dhaibh a nis air eirigh.

Tha fois o'n t-saoghal 's o chorp a bhais ac',  
 O chionnt 's o dhaorsa 's o eagal trailleil,  
 'S o ana-mhiannaibh mi-rianail laidir,  
 'S a smuainntean diomhain bha riamh ga'n sarach :

Ach feartaibh ghaoil dh'fhosgail geat na'n gras dhaibh  
 'S cha deach mi-naomhachd a stigh ri'n sail'ean ;  
 Se an fuil thug saorsa dhaibh a's rinn glan an nadur  
 'S tha fois bith-bhuan ac' on truailleachd ghraineil.

Bha Satan 'n toir orra 's bha saighdean geur aig,  
 'S droch shluaigh air ordugh gu bhi ga'n teumadh ;  
 'S tric chrith an feoil 'n uair a bhitheadh e beucaich,  
 'S bhitheadh tuillteann mor a dol air an deigh *boir*

Ach thug iad buaidh, 's chaidh iad suas gu Paras,  
 'S tha comhnaidh bhuan ac' 'san daighneach laidir ;  
 A's cha tig droch shluagh ann na buaireadh Shatain,  
 Tha fois a's suaimhneas gu buan 's gu brath ac'.

Mi-chreidimh laidir, cion cail, 's mi-churam  
 Theich sud mar sgail nis 's tha sealladh sul ac' ;  
 'S a chogais b'abhaist a bhi gan sgiursadh,  
 Chaidh tosd le bhas orr' 's gu brath cha duisg i.

Cha d'thig fear fhiachan adh' iaraidh paigheadh  
 Na bagrain fiadhaich o bheinn Shinai :  
 Tha ceartas riaracht' 's an lagh air ardach,  
 'S tha fois gu siorruidh fo dhion a laithreachd.

Cha bluail tinn iad, no aire, no eiginn,  
 No tart, no sgios iad, no teas na greine ;  
 No bas, no bron, 's cha bhi caoidh, no eigheach,  
 Ach fois bhitheas siorruidh 's a ghrian air eirigh.

'S tric chuir e smuaineach air sluagh na h-oighreachd,  
 Gu'n tigeadh ghlaodh orr' mu mheadhon-oidhche,  
 'S nach bitheadh an lochran air sheol, no soillseach,  
 No deis thoirt combail do dh'Fhear na Bainnse.

Nis tha 'm Fear Posda ac' 's iad beo le laithreachd,  
 'S iad nis co sgiamhach 's bu mbhian le 'n cairdean ;  
 A's slainnte as ur tighinn o ghnuis an Ard-Righ,  
 'S iad sona suaimhnach gun luaidh air bas ac'.

Fhuair iad Sabaid a nis bhith's siorruidh,  
 'S coinneamh nach sgaoil 'sam bheil gaol neo-chrioch-  
     naicht' ;  
 Theich na neoil 's laithean bronach cianail,  
 'S tha sonas mor ac' 'sa ghloir ga'n lionadh.

Nach truagh do riridh an sluagh ni tair air,  
 'S nach creid na fhirinn an lath na slainnte

Gun fhois gun sith ac' 'san tim ta lathair,  
'S bitheadh bron a's truaigh gu buan 's gu brath ac'.

'S e 'n dream gheibh coir anns an fhois neo-chriochnach  
Fhuair sealladh mor air an cunnairt shiorruidh ;  
Ach fhuair iad eolas air gloir na Trianaid  
'S dh'fhag sud iad oirdhearca le mais' na Diadhachd.

---

ORAN DO'N UAIGH.

BHEIR mi 'n dan so duit uaigh  
On a tha thu gun truas ;  
'S tu dh'fhagas iomad gruaidh fo dheor ;  
'S ged tha muillionibh sluaigh  
Air an iomain fo'd bhruaich,  
Cha d'thubhairt thu fhathast gun d' fhuair thu gu  
leor.

S ann tha t-iartas co mor,  
'S nach bi thu riaracht' ri d'bheo ;  
Tha thu 'g iarraidh do choir gach la ;  
'S 'nuair chnamhas tu gu leor  
Eadar chnambainn is fheoil,  
Tha thu rithid, an toir air cach.

Tha thu eolach air a bhas  
Dol an comhnuidh ri shail,  
Deanamh coir air na dh'fhagas e marbh ;  
A's ann an lath do dha  
Bheir thu leat iad gun dail,  
Ged robh an dealachdain gabhaidh searbh.

Thug thu 'n leanabh o Mhathair,  
'S cha do ghearan thu cas ;

'S cha bu truagh leat a ran no ghaoir,  
 Ged bha broilleach cho blath,  
 'S a cuid chiochan cho lan,  
 Thug thu uaipe a h-ailegan gaoil.

'S ged robh an teaghlach a fas  
 Lan caoimhneas a's blathas,  
 'S iad nan oighreachain ard air sith,  
 Thig thu féin a's am Bas  
 Leis an sgeul nach bi blath,  
 G'an cuir o cheile an drasd 's a rithis.

Chunnaic mise thu co fuar  
 'S clann a ranaich aig do bhruaich ;  
 Thug thu am parantain uath' le cheile,  
 'S 'sann dh'aithn thu gun truas  
 Iad dhol dhachaidh gu luath,  
 Ged dh'fhag thu an dachaidh co fuar nan deigh.

Bhrist thu ceanghlaichean gaoil  
 Eadar mhnathan 's daoine,  
 'Nuair bu tairis an gaol 's an speis ;  
 Thug am bas dhiubh an snuadh  
 'S rinn thusa an caramh fo'd bhruaich,  
 Air chor 's gun d'fhas iad gle fhuar da cheil'.

Thug thu leat na cinn iul  
 A's dh'fhag thu an Eaglais bruite,  
 'S a luchd teagaisg san uir nan tamh :  
 Bheir thusa leat do chuid féin  
 Ged a sgapadh an treud,  
 'S an dream bha an caidraibh a cheil' co blath.

'S a mhiad 's a bheir thu fo chis  
 Cha'n eil deir ort a rithis ;  
 Ni thu 'm pronnadh co min ri luath,  
 'S cha'n aithnich neach a chuid féin,  
 Ni thu masgadh le cheil'  
 'S ann mar sud tha thu féin gun truas.

'S ged a ghleachdadh an sluagh  
 Chum a chreach a thoirt uat,  
 Thug thu an dreach dhiubh 's an snuadh 's an gloir;  
 'Nuair a dh'fhosglaas do bheul  
 Tha thu salach a's breun,  
 'S cha'n eil ni an do chreutair beo.

Ach nach cuimhne leat féin  
 Neach a b'aillt bha fo'n ghrein,  
 Fhuair e bas on chaidh cheus air crann;  
 'S 'nuair luidh e san uaigh,  
 Rinn thu caithream le buaidh,  
 Mar nach b'e ceannard an t-sluaigh bhithheadh ann.

Ach an ceann nan tri lath,  
 'S ann a dhuisg e an aird,  
 'S chuir e chul-thaobh ri bas a's uaigh:  
 B'e sud maduinn nan gras  
 A thug fuasgladh do chach;  
 Caite nis ma ta 'm bheil do bhuidh?

Thig e fhathast ann an gloir,  
 Sud an lath bhitheas mor:  
 Bheir e gairm 's thig gach feoil na lathair;  
 'S theid thusa a rannsach gu cul,  
 'S na mairbh a thionndadh on uir,  
 Bithidh moran ann diubb 's iad a bruchdadh an air.

Eirigh an dream a fhuair gras  
 Ann an lath na slainnt',  
 Theid an sgaradh o chach san uair,  
 'S bitheas iad sgiamhach gu leir  
 Ann an iomhaigh Mhic Dhé,  
 Mar a ghrian anns na speuran shuas.

Laigne, truailleachd, a's bas  
 Teichaidh uath nis gun dail:  
 'Clu do'n Uan on 's e 'n Slanaighear treun,  
 'S e their iad ris an uaigh

C'ait nise bheil do bhuaidh ;  
 Bitheas iad seinn sud dol suas gu neamh.

---

A CHULAI DH SGIAMHACH.

THA 'n t-al so fas co diomhain  
 'S iad ruith air sgiamh na feol' ;  
 Gach fasan ur ga iarraidh  
 A lionas iad le pois :  
 Bitheas iad a deanamh uail as  
 Ma bhitheas an gruaidh mar ros,  
 Ma sgeadaichar le side iad  
 Le olainn mhin 's le or.

Ged fhaighinn bhi co oirdhearc  
 'S gur mi bu bhoidhche snuadh,  
 Tha sud mar bhlath an fheoir,  
 A's cha mhair a ghloir car uair ;  
 Ged sgeadaichear le side mi  
 On durag dhiblidh fhuar ;  
 'S cha'n eil an each ach aodach  
 A thilg na caoraich uath.

Cha'n fhag' sud mi co boidheach  
 Ri neomhnaidean nan gleann :  
 Theicheadh e mar sgail uam  
 'S cha bhitheadh e mairach ann ;  
 Bheir An-shocair an snuagh dhiom ;  
 'S ni 'n uaigh a chur gu ceann,  
 'S cha 'n aithneadh neach a chi mi  
 An sin gur mi bhitheas ann.

Ach 's e dh'fhagadh sgiamhach sinn  
 Iomhaigh 'n Ti is Aird ;

Firinnteachd, a's naomhachd,  
 A's gaol, 's na h-uile gras ;  
 Umhlachd an Fir-shaoraidh,  
 Bhi dhuinn mar Eudach slainnt',  
 Sud firinnteachd bhitheas siorruidh  
 A's sgiamh nach cail a bhlatl.

'S e sud a chulaidh sgiamhach  
 Cho gheal ri grian nan speur,  
 A's bha comhairle na Trianaid  
 Ga cur an rian gu leir ;  
 Cha'n fhuiling i a caramh  
 'S gu brath cha bhi na fheum,  
 Is ann cheannaich Criosd le bhas i,  
 Gu toirt da chairdean féin.

Freagras i sliochd Adhamh,  
 Gach inbhe, a's ait, a's duil ;  
 A's tha i saor tre ghras dhaibh,—  
 Gach neach le an aill thighinn dluth  
 O m'anam faigh'sa pairt dhi !  
 Gu brath 's i 'n trusgan ur ;  
 Freagras i an drasd thu,  
 Sa bhas, a's aig a chuir.

Cuir uat gach luidag ghraineil  
 A's paisg an aird thu féin ;  
 'Sa chulaidh-sgiamhach aillt' so  
 Bheir bar air each gu leir :  
 Ged sgeadaichear le h-or iad  
 'S tu 's ghlormhor no iad féin,  
 Na liliain 's na rosan  
 'S tu 's boidhche no iad gu leir.

'Nuair chuireas tu an aird i  
 Bheir i dhuit slainnt 'san uair,  
 A's cumaidh i cho blath thu  
 'Nuair bhitheas each cho fuar.  
 Bheir i nuas an t-ardan,

A's ni i tair air uailse :  
 'S theid gaol air feadh do naduir  
 Bheir iochd a's blathas mu'n cuairt.

Le bhi ga caitheadh 'n comhnuidh  
 Cha chaill i gloir, no lith,  
 A's ni i an latha Phosaidh  
 Do nighean og an Rìgh,  
 Ni i 'san latha mhor dhuit  
 A's am fianuis sloigh gach tìr,  
 A's soillsichidh tu an gloir le  
 Fad siorruidheachd mhor gun chrìch.

Ged thig an aois mu'n cuairt ort,  
 'S ged dh'fhalbh do shnuadh gu leir,  
 Ni i t-'oige ath-nuadhachadh  
 Mar iolair luath nan speur ;  
 Neartaichidh i shluagh-san  
 Nan siubhal suas gu neamh,  
 'S is ioghanntach ri luaidh leam  
 Gach buaidh tha innt' gu leir.

'S an saighdear chuir an aird i  
 An latha bhlaire a's chruathas,  
 Dh'fhag i e cho dana  
 Gun eagal bais no truaigh ;  
 Cha druigheadh saighdean Shatain air  
 A's lotan bais cha d' fhuair ;  
 'S 'sann phill e dh'ionnsuidh Paras  
 Le gairdheachas a's buaidh.

'S 'sann le bha mnathan diadhaidh  
 Gan deanamh sgiamhach féin ;  
 'S 'sann le sud thug Sarai  
 Am bar thar chaich gu leir,  
 'S gach nighean th'aic 'san fhasach  
 'S iad 's aillte tha fo'n ghrein ;  
 Tha spioraid thairis bhlaith ac,  
 'S e gras a thig o'm beul.



'S an dream a chunnaic Eoin diubbh  
 A seinn an orain nuaidh,  
 Bha gach aon na'n oighean,  
 'S iad seinn air gloir an Uain ;  
 'S aig radh 'Cliu gu brath dha,  
 'S e ghras thug dhuinne buaidh ;  
 Is sona sinn le laithreachd.  
 'S air bas cha chluinn siun luaidh.



## STRI ANN AN SION

BITHIDH iomadh teangaidh comhla  
 A seinn air gloir an Uain,  
 'Nuair thionaileas gach seors' dhiubh  
 Air comhnard Shion suas ;  
 Gach aon a stri ri chairdean  
 Co 's airde gu dol suas,  
 A's co bheir barachd graidh dha  
 Airson a ghrais a fhuair.

Bithidh leanabh o na chich ann  
 'S e strith ri ghuth bhi ard,  
 'S ag radh cliu gun chrich dhuit  
 Thug mise tir 'san ait-s' ;  
 'S sgeadaich mi le firinnteachd  
 Le slainnte a's sith tre ghras,  
 'S cha deach mo chlaoidh le ni, dhet  
 Na trioblaidean fhuair each.

Their oganach measg chaich ann  
 Gu h-ard le moladh mor,  
 Is mise an comhar araidh  
 Air gras 'nuair tha mi beo ;  
 Bu leanabh do na bhas mi  
 Bha 'g aicheadh Rìgh na gloir

'S 'sann phil e mi 'nuair bha mi  
Gun tuigse, gun slainnt, gun treoir.

Bithidh seann duine liath ann  
'S e ag iarraidh ghuth bhi ard,  
Molam-s' e gu siorruidh  
'S ann dhomh a b'fhiach thar-chaich,  
Chaith mise mo neart 's mo bhliadhnaibh  
A's mi riabh do'n pheac' 'mo thraill  
'S ann aig an aon uair-deug, orm-sa  
Dh'eirich grian na'n gras.

Bithidh cinnich dheth gach seors' ann  
Ag iarruidh gloir thoirt dha,  
Airson gun d'sgap e an ceo sin  
A chomhdaich iad gach la;  
'S gun sheol e dhaibh na throcair  
An dochas chur na bhas,  
'S gu cinnt' their iad bu choir dhuinn  
A gloir thoirt da thar chaich.

Bithidh Pharasaich fhuair trocair  
A seinn an oran nuaidh;  
B'e 'n oibreachean an dochas  
Ach thug e 'n cleochd sinn uath',  
'S bu mhiann leo bhi toirt gloir dha  
O's cionn gach seors', do'n t-sluagh,  
O'n shaor e le fhuil féin iad  
'S gach faspadh breig thoirt uath.

Their leam gur binn an ceol sud  
'S gur solasach an stri;  
Bitheas iad a sealltainn comhladh  
Air mise 's gloir an Righ;  
Toirt cliu 's onair ard dha  
'S gu brath cha bhi iad sgith,  
Millteabh do mhillteabh an aireamh,  
Ach 's aon a mhain an cridh.

Ach anam rannsaich féin sud  
 'S na meall thu féin gu truagh;  
 Mar dean thu 'm peacadh threigsinn  
 A's mur toir thu geill do'n Uan,  
 'S mur bi thu air do naombachadh  
 An taobh a bhos do'n uaigh,  
 Cha bhi thu measg an aireamh  
 Bhitheas seinn gu brath le buaidh.

---

AN SOISGEUL.

'S e 'n Soisgeul siorruidh an naigheachd ghlormhor,  
 Tha an obair crìochnaicht', na dh'iarr le hobhah,  
 Tha ceartas, firinn, tha sìth a's trocair,  
 Toirt slaint' do dhaoine 's i saor gu leor dhaibh.

Is gaol bha siorruidh 'san d' rinn e toiseach',  
 Gun d'thigeadh Iosa le slainte mor dhaibh,  
 'San uair ghabh e nadur gu'n phaidh e 'm fiachan,  
 A's thug e dioladh le a fhuil dhortadh.

Tha gaol ri luaidh ann 's cha chualas aicheadh,  
 Rìgh nan sluagh dol an deigh nan trailleann,  
 A's ag eigheach sìth, 's O nach pill sibh chairdean  
 'S gu'm bi mo ghaol dhuibh co saor 's is aill leibh.

Mar thog Maois an nathair ann 'san fhasach,  
 A's 'nuair sheall an sluagh ris bha buaidh a's slainte  
 ann,  
 Mar sin tha'n t-Uan sin Mac Dhé air ardach',  
 Thoirt slaint do dhaoine le shaor ghrasain.

B'e 'n sgeul ro-bhinn e air tighinn do'n fhasach,  
 Gu sluagh tha tinn leis na lotan basmhor,  
 Tha leigheas cinnt ann, a's leigh grasmhor,  
 Nach d'fhaillinn riamh, 's cha d'iarr e paigheadh.

'S trompaid Dhé e ni feum do thraillean,  
 'S do luchd nam fiachan nach urrainn paigheadh,  
 Bha ceangailt' riamh ann an' cuibhreach Shatain,  
 'S gum faigh iad fuasgladh 'san uair ma's aill' leo.

'S e 'n sgeul ro phriseal bheir sith a's suaimhneas,  
 Do 'n dream tha sgith a's fo throm nallach,  
 Tha 'n lagh 'g an diteadh 's 'g an sior-ruagadh,  
 Gu fois a's sith ann am fuil an Uain sin.

Tha'n t-aran beo ann, 's gu leor ri fhaotuinn,  
 Do'n mhac struidheil bha deothal nam plaosgain;  
 Tha Athair trocaireach ruith 'na chomhail,  
 A's bheir e pog dha le moran faoilte.

'S e 'n sgeul ro-ghrasmhor do'n aireamb sluaigh sin,  
 A threig an cairdean 's a rinn each chur suarach,  
 Gum faigh iad peath'raichean agus braithrean.  
 'S bithidh an Ti is aird deanamb cairdeas buan riu.

So sgeul air fireantachd fhior-ghlan aluinn, '  
 A's deise rioghail theid sios gu'n sail'ean,  
 'S na fhuair am fireantachd féin ro ghraineil,  
 Sud trusgan dubailt bhitheas ur gu brath dhaibh.

Tha'n Soisgeul priseal do'n Ti chaidh sharach',  
 Air son bhi dileas air taobh an t-Slanaighear:  
 Cha bhi dith air dol trid na fasaich,  
 'S tha an saibhreas fìor aig an tir IMMANUEIL.

A chà' lean gaoil nis nach gabh sibh coir dheth,  
 'S gum bheil iad saor dhuibh na nithe ghlormhor,  
 O'n 's rabhadh fìor e, cinnt 's mor an diteadh  
 D' dream ni di-mheas air slaint co mo ris.

A' CHRIOCH.

375.

m'6

m'6

*Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart.*

	s.	d.
Harp of Caledonia, Gaelic Songs, 32mo, <i>sewed</i> ,	0	4
History of Animals named in the Bible, ...	0	6
History of Prince Charles, fcap. 8vo, <i>cloth</i> , ...	3	0
Ditto. ditto. <i>cheap edition, sewed</i> ,	1	6
James' Anxious Enquirer, 12mo, <i>sewed</i> , ...	1	0
Joseph, Life of, by Macfarlane, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Joseph, History of, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	4
Laoidhean Eadar-Theangaichte o'n Bheurla, <i>cloth</i> ,	0	6
Lessons on the Shorter Catechism and the Holy Scriptures, by Forbes, 18mo, ...	0	4
Lessons in Gaelic, crown 8vo, ...	1	0
Logan's The Scottish Gael, or Celtic Manners of the Highlanders, 2 vols, ...	28	0
M'Alpine's Gaelic Grammar, 12mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
M'Callum's History of the Church of Christ, 8vo,	4	0
... The Catholic or Universal Church, ...	0	6
Maccoll's Mountain Minstrel, English Edition,	1	6
Macdonald's (Mac Mhaistir Alistir) Gaelic Songs,	2	0
Macdonald's (Rev. Dr) Gaelic Poems, <i>cloth</i> ,	2	6
... Waters of Jordan, 18mo, <i>sewed</i> , ...	0	2
M'Gregor's (Rev. Dr) Gaelic Poems, 18mo, <i>cloth</i> ,	0	8
M'Intyre's (Duncan Ban) Poems and Songs, with an English Translation of "Coire Cheathaich" and "Ben Dorain," 18mo, ...	2	0
M'Intyre (Rev. D.) on the Antiquity of the Gaelic Language (in English) ...	1	6
Mackay's (Rob Donn) Songs and Poems, 18mo,	2	6
Mackenzie's (A.) History of Scotland, Eachdraidh na H-Alba, 12mo, <i>cloth</i> , ...	3	6
Mackenzie's Beauties of Gaelic Poetry, royal 8vo,	12	0
... Gaelic Melodist, 32mo, ...	0	4
Macleod, Rev. Dr., Sermon on the Life of the late, by Rev. John Darroch, 8vo, <i>sewed</i> , 1s. for	0	6
M'Lauchlan's (Rev. Dr) Celtic Gleanings, or Notices of the History and Literature of the Scottish Gael (in English) fcap. 8vo, <i>cloth</i> ,	2	6
M'Naughton (Peter) on the Authenticity of the Poems of Ossian (in English), 8vo, ...	0	6
Macneill's Neniae, and other Poems, <i>cloth</i> , ...	2	0
Macpherson's "Duanaire," a New Collection of Songs, &c., <i>never before published, cloth</i> , ...	2	0

*Gaelic Books Sold by Maclachlan and Stewart.*

	<i>s.</i>	<i>d.</i>
Menzies' Collection of Gaelic Songs, 8vo, <i>cloth</i> , ...	6	0
Mountain Songster, Collection of Original and Selected Gaelic Songs, ... ..	0	6
Munro's Gaelic Primer and Vocabulary, 12mo,	2	0
... Selection of Gaelic Songs, 32mo, ... ..	0	4
Ossian's Poems, revised by Dr M'Lauchlan, <i>cloth</i> ,	3	0
Ossian and the Clyde: Fingal in Ireland, Oscar in Iceland, by Dr H. Waddell, ... ..	12	6
Peden's Two Sermons and Letters, 18mo, <i>sewed</i> ,	0	6
Philipps' Seven Common Faults, translated by Rev. H. Maccoll, 12mo, ... ..	1	0
Prayers and Admonitions (series of six, large type), in packets of 2 dozen, <i>sorted</i> , ...	0	6
Psalm Book (General Assembly's Version), large type, 18mo, <i>bound, gilt edges</i> , ... ..	2	6
Do. do., 18mo, <i>cloth</i> , ... ..	1	0
Do. Smith's or Ross's, large type, 18mo, <i>bd.</i>	2	0
Do. Gaelic and English, on one page, ... ..	1	6
Ross's (William) Gaelic Songs, 18mo, <i>cloth</i> , ...	1	6
Sinner's (The) Friend, 12mo, <i>sewed</i> , ... ..	0	3
Sixteen Short Sermons, 12mo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2
Skene's Celtic Scotland; a History of Ancient Alban, Vol. I., ... ..	15	0
Smith's (Dr) Sean Dana, with English Translation and Notes, by C. S. Jerram, ... ..	2	6
Stewart's Elements of Gaelic Grammar, New Edition, crown 8vo, <i>cloth</i> , ... ..	3	6
Sum of Saving Knowledge, 12mo, <i>sewed</i> , ...	0	4
Thomson's (Dr) Sacramental Catechism, <i>sewed</i> ,	0	2

---

New Testament for Schools, 12mo, <i>bound</i> , ...	1	0
Job to Ecclesiastes, 12mo, <i>bound</i> , ... ..	0	6
Proverbs of Solomon, 8vo, <i>sewed</i> , ... ..	0	2

---

BIBLES, TESTAMENTS, AND PSALM BOOKS,

AT VARIOUS PRICES.

*64 South Bridge, Edinburgh.*

